

Cànan nan Gàidheal



About this free course

Find out more about studying with The Open University by [visiting our online prospectus](#)

This version of the content may include video, images and interactive content that may not be optimised for your device.

You can experience this free course as it was originally designed on OpenLearn, the home of free learning from The Open University –

www.open.edu/openlearn/languages/more-languages/canan-nan-gaidheal/content-section-0

There you'll also be able to track your progress via your activity record, which you can use to demonstrate your learning.

Copyright © 2016 The Open University

Intellectual property

Unless otherwise stated, this resource is released under the terms of the Creative Commons Licence v4.0 http://creativecommons.org/licenses/by-nc-sa/4.0/deed.en_GB. Within that The Open University interprets this licence in the following way:

www.open.edu/openlearn/about-openlearn/frequently-asked-questions-on-openlearn. Copyright and rights falling outside the terms of the Creative Commons Licence are retained or controlled by The Open University. Please read the full text before using any of the content.

We believe the primary barrier to accessing high-quality educational experiences is cost, which is why we aim to publish as much free content as possible under an open licence. If it proves difficult to release content under our preferred Creative Commons licence (e.g. because we can't afford or gain the clearances or find suitable alternatives), we will still release the materials for free under a personal end-user licence.

This is because the learning experience will always be the same high quality offering and that should always be seen as positive – even if at times the licensing is different to Creative Commons.

When using the content you must attribute us (The Open University) (the OU) and any identified author in accordance with the terms of the Creative Commons Licence.

The Acknowledgements section is used to list, amongst other things, third party (Proprietary), licensed content which is not subject to Creative Commons licensing. Proprietary content must be used (retained) intact and in context to the content at all times.

The Acknowledgements section is also used to bring to your attention any other Special Restrictions which may apply to the content. For example there may be times when the Creative Commons Non-Commercial Sharealike licence does not apply to any of the content even if owned by us (The Open University). In these instances, unless stated otherwise, the content may be used for personal and non-commercial use.

We have also identified as Proprietary other material included in the content which is not subject to Creative Commons Licence. These are OU logos, trading names and may extend to certain photographic and video images and sound recordings and any other material as may be brought to your attention.

Unauthorised use of any of the content may constitute a breach of the terms and conditions and/or intellectual property laws.

We reserve the right to alter, amend or bring to an end any terms and conditions provided here without notice.

All rights falling outside the terms of the Creative Commons licence are retained or controlled by The Open University.

Head of Intellectual Property, The Open University

Contents

Ro-ràdh	4
Learning Outcomes	6
1 A' Ghàidhlig mar chànan nàiseanta ann an Alba	7
1.1 Ro-ràdh	7
1.2 Eachdraidh	7
1.3 Ainmean-àite	15
1.4 Cruthachadh na Gàidhealtachd	16
1.5 Creideamh	18
1.6 Foghlam	20
2 Bun-tùsan Ceilteach agus Sgaoileadh Eadar-nàiseanta	21
2.1 Ro-ràdh	21
2.2 Leudachadh nan Ceilteach	21
2.3 Ainmean-àite Ceilteach	27
2.4 Na Ceiltich Eileanach	29
2.5 Na Cànanan Brythonic	31
2.6 Na Cànanan Goìdelic	32
2.7 Sgaoileadh nan Ceilteach	35
2.8 Luchd-ionnsachaidh is luchd-taice air feadh an t-saoghail	37
3 A' Ghàidhlig san latha an-diugh	39
3.1 Cò tha bruidhinn Gàidhlig?	39
3.2 Carson crionadh?	42
3.3 Ath-bheothachadh na Gàidhlig	45
3.4 Tha a' Ghàidhlig beò!	49
4 A' Ghàidhlig – feallsanachd	53
4.1 Carson dà-chànanas?	53
4.2 Carson Gàidhlig?	57
4.3 C òirichean mion-chànanan	59
4.4 Thall 's a-bhos: eisimpleirean	61
5 Mar a tha a' Ghàidhlig ag obair	63
5.1 Mar a chanas mi	63
5.2 A' Ghàidhlig – beagan mu na bunaitean	64
5.3 Cànan a' mean-fhàs	72
5.4 Ag ionnsachadh na Gàidhlig	79
5.5 Cothroman dhan chloinn	93
6 Cultar nan Gàidheal: maoin nàiseanta	101
6.1 Ealain na Gàidhealtachd	102
6.2 Ceòl agus Òrain	125
6.3 Dannsa	160
6.4 Litreachas	192

Ro-ràdh

'S e dùthaich ioma-chànanach a tha ann an Alba an-diugh. Tha a' Ghàidhlig, Albais agus Beurla, còmhla ri càinair Èòrpach agus eile a tha nise san dùthaich, uile a' toirt buaidh air mar a tha sluagh Alba a' bruidhinn ri chèile agus ris a' chòrr dhen t-saoghal.

Chaidh an t-aonad seo - a tha ri fhaotainn an Gàidhlig agus am Beurla - a chruthachadh le misneachadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus le taic bhon a' BhBC. Tha e na ghoireas do dhuine sam bith aig a bheil ùidh phearsanta no phroifeiseanta ann a bhith a' cur ris an eòlas agus an tuigse a tha aca air eachdraidh agus buaidh na Gàidhlig agus cultar nan Gàidheal air Alba.

Is mathaid gum bi pàirt dheth na iongnadh, pàirt na dhùbhlan. Tha beachdan agus ceangalan ann a threòraicheas neach gu tuilleadh fiosrachaидh. Do chuid, 's dòcha gum bi seo na thoiseach tòiseachaidh air cànan a tha bunaiteach a thaobh dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba ionnsachadh.

Tha seachd earrainnean san aonad, agus faodar dèiligeadh riutha mar a tha iad a' tighinn no an òrdugh sam bith. Tha an t-aonad seo cuideachd ri fhaotainn air àrainn OpenLearn Works, far am faod sibh a luchdachadh a-nuas, ur dreach fhèin a chur air na stuthan agus an cleachdadh airson teagast no a chum leasachadh a thoirt air eòlas luchd-obrach.

Clàr-innse

1 A' Ghàidhlig mar chànan nàiseanta ann an Alba

Seo far an ionnsaich thu mun àite a tha aig a' Ghàidhlig ri taobh Albais agus Beurla mar aon de chàinair nàiseanta na h-Alba. Mar eisimpleir, le rannsachadh a dhèanamh air ainmean-àite dh'ionnsaichidh tu mun bhuaidh a tha aig a' Ghàidhlig thairis air Alba cha mhòr air fad.

2 Bun-tùsan Ceilteach agus sgaoileadh eadar-nàiseanta

Bheir an earrainn seo dhut tuigse air bun-tùsan na Gàidhlig mar chànan Ceilteach le dlùth chàirdeas ri Gàidhlig na h-Èireann agus Gàidhlig Eilean Mhanainn. Cluinnidh tu agus chì thu mar a thug eilthirich a' Ghàidhlig gu ruige Ameireaga a Tuath agus mar a tha daoine air feadh an t-saoghail a-nise ag ionnsachadh Gàidhlig.

3 A' Ghàidhlig san latha an-diugh

Bheir an earrainn seo dhut dealbh air cò a tha a' bruidhinn Gàidhlig an-diugh. Cuidichidh e thu gus tuigse fhaighinn air na h-adhbharan a chrion àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba agus an obair a tha an Riaghaltas, ionadan foghlam agus buidhnean neo-eisimeileach a' dèanamh gus taic a thoirt dhan chànan agus fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt.

4 A' Ghàidhlig – feallsanachd

Tha an earrainn seo ag iarraidh ort beachdachadh air an luach a tha aig dà-chànan agus ioma-cànanas do dhaoine fa leth agus don chomann-sòisealta. Tha Sealan Nuadh na dheagh eisimpleir air mar a tha dùthchannan eile a' strì gus dòn a chur air am mion-chàinair agus gu bhith subhach mu na tha iad a' cur ri beatha na dùthcha.

5 Mar a tha a' Ghàidhlig ag obair

Cluinn mar a tha a' Ghàidhlig air a fuaimneachadh agus faigh blasad air litreachadh agus grammar.

6 Cultar nan Gàidheal: maoin nàiseanta

Dealbhan, dealbhan beò agus mòran cheangalan gus do chuideachadh a' tuigsinn mar a tha a' Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal a' cur ri beatha na h-Alba a thaobh litreachas, ealain, ceòl, dannsa agus spòrs is cur-seachadan.

7 Ceistean Cumanta

Liosta de cheistean cumanta mun Ghàidhlig a bhios feumail do dhaoine a dh'fheumas freagairtean ann an cabhaig mu firinn agus figearan a thaobh na Gàidhlig.

Find out more about studying with The Open University by [visiting our online prospectus](#)

Learning Outcomes

Ma chuireas tu crìoch air an aonad seo bu chòir gum biodh tu fiosrachail agus eòlach a thaobh:

- an t-àite a tha aig a' Ghàidhlig ri taobh Albais agus Beurla mar aon de chànan nàiseanta na h-Alba
- bun-tùsan na Gàidhlig mar chànan Ceilteach le dlùth chàirdeas ri Gàidhlig na h-Èireann agus Gàidhlig Eilean Mhanainn agus sgapadh nan Gàidheal
- cò a tha a' bruidhinn Gàidhlig an-diugh, mar a chròn àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba agus an obair a tha an Riaghaltas, ionadan foghlam agus buidhnean neo-eisimeileach a' dèanamh gus taic a thoirt dhan chànan agus fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt
- mar a tha a' Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal a' cur ri beatha na h-Alba a thaobh litreachas, ealain, ceòl, dannsa agus spòrs is cur-seachadan
- ceistean cumanta mun Ghàidhlig.

1 A' Ghàidhlig mar chànan nàiseanta ann an Alba

1.1 Ro-ràdh

Tha iomadh cànan air a bruidhinn ann an Alba agus bha riamh. Anns an dòigh sin, tha i coltach ris a' chuid as mothà de dhùthchannan air feadh an t-saoghal. Ann am beachd mhòran, buinidh a' Ghàidhlig don Ghàidhealtachd agus na h-eileanan air an taobh an iar, ach chan eil an sgaradh eadar Gàidhealtachd is Galltachd a' riochdachadh gu coileanta eachdraidh fhada ioma-fhillte na dùthcha.

Gu dearbh, de na cànanan Albannach a chaidh a chlàradh, 's e a' Bheurla Shasannach a-mhàin a sgaoil na b' fharsainge na a' Ghàidhlig ann an Alba. 'S iad na h-aon roinnean riaghlaidh anns an latha an-diugh aig nach eil dualchas Gàidhlig an ìre mhath mòr Na h-Eileanan mu Thuath – Arcaibh is Sealainn. Bha na h-eileanan sin taobh a-muigh Alba (agus 'A' Ghàidhealtachd a dh'èirich innte) nuair a bha na Gàidheil a' smachdachadh na rioghachd, agus tha muinnir Arcaibh is Shealainn dileas don dualchas Lochlannach aca. Anns an aonad seo, bheir sinn sùil air a' cheangal eadar a' Ghàidhlig agus Alba, an dà chuid a' Ghàidhealtachd agus a' Ghalltachd.

1.2 Eachdraidh

Tràth sa chiad mhìle bliadhna AC, 's iad cànanan Ceilteach a bu mhotha a bh' air am bruidhinn ann am Breatainn is Èirinn. Ann am Breatainn, bha luchd-labhairt cànan P-Ceilteach anns a' mhòr-chuid; dh'èirich Cuimris, Còrnais is Breatannais às a' chànan sin. Ann an Èirinn, bha teanga Q-Ceilteach aig a' mhòr-chuid – an cànan màthaireil aig Gàidhlig na h-Alba, Gàidhlig na h-Èireann is Gàidhlig Eilean Mhanainn. Thathar a' smaoineachadh gun tug imrichean à Èirinn Q-Celtis gu pàirtean dhen Chuimhrigh, a' Chòrn, Eilean Mhanainn agus taobh an iar na h-Alba, ach 's ann an Alba is Eilean Mhanainn a-mhàin a mhair i beò anns an ùine fhada.

Chan eil a h-uile eòlaiche-eachdraidh a' gabhail ris a' bheachd gun do dh'èirich Gàidheil na h-Alba à in-imrich de dh' Èireannaich gu ruige Alba tràth sa chiad mhìle bliadhna AC. Tha gu leòr dhen fhianais airson sin a' tighinn bho sheann làmh-sgriobhainnean leithid Senchus Fer nAlba (Seanchas Fir Alba) agus Eachdraidhean Thigearnaich, ach chaidh na lethbhreacan a th' againn de na sgriobhaidhean sin a dhèanamh ceudan bhliadhnaichean às dèidh nan tachartasan air a bheil iad ag aithris agus chan urrainn a bhith cinnteach nach deach an atharrachadh air sgàth adhbharan politigeach. Tha cuid de luchd-eachdraidh ag ràdh nach urrainn a bhith cinnteach nach eil na sgeulachdan mu thùs Èireannach aig Gàidhlig na h-Alba a' cur am falach eachdraidh nas fhaide a tha a' toirt nan Gàidheal nas fhaide air ais na sin ann an Alba, 's dòcha gu Linn an larainn (timcheall 700 RC gu 500 AC).

Anns na làithean ro chruthachadh einnseanan stèidhichte air connadh, 's ann aig muir, seach air tir, a bhiodh daoine a' siubhal agus a' gluasad am bathair. Leis cho faisg 's a tha cladaichean ceann an ear-thuath na h-Èireann agus taobh an iar na h-Alba, bha e

nàdarrach gum biodh daoine anns gach dùthaich ann an dlùth-chonaltradh le chèile.

Timcheall 500 AC bha rìoghachd bheag Dhàil Riata air a dhol an leud à Ulaidh, gus cuibhreann mhòr de thaobh an iar na h-Alba a chòmhdachadh.

Bha luchd-sgriobhaidh Laidinn a' gabhail Scotti air an fheadhainn a bha a' fuireach anns an dùthaich sin; 's e Gàidhlig a bh' aca mar chànan. Ann an Alba bha am fearann aca aig a' cheann thall a' dol bho Mhaol Chinn Tire anns a' cheann a deas gu ruige Loch Bhraoin anns a' cheann a tuath. 'S e Airer Goídel (oirthir Ghàidheal) an t-ainm a bh' air – Earra-Ghàidheal anns an latha an-diugh.




Figear 1 Bha an làrach-coise anns a' chreig aig mullach Dùn Ad ann an Earra-Ghàidheal air a chleachdadadh nuair a bhathas a' coisridgeadh rìghrean Gàidhealach Dhàil Riata. Fad bhliadhnaichean bhathas an dùil gur e cànan nan Cruithneach a bha anns an t-snaigheadh Ogham a bha faisg air làimh ach 's e Gàidhlig a tha ann.

Thachair na Gàidheil ri slòigh eile mar a thug iad buaidh air ceàrnaidhean eile de dh'Alba. Ann a' cheann a tuath, 's iad na Cruithnich aig an robh cumhachd; thathar a' smaoineachadh gur e cànan P-Ceilteach a bh' aig a' mhòr-chuid acasan. Thairis air a' cheann a deas, bha na Cuimrich no Breatannaich, aig an robh cànan P-Cèilteach cuideachd, agus anns an earra-dheas bha na h-Anglanaich, feadhainn aig an robh teanga Gearmailteach a bha na sinnsear do dh'Albais agus don Bheurla Shasannaich. Airson timcheall air 600 bliadhna, chaidh a' Ghàidhlig am meud agus an leud, a' gabhail thairis bho chànanan eile, ach a-mhàin anns an fhòr cheann a tuath agus san iar-thuath, far an robh Seann Lochlannais ga lagachadh bhon 9mh linn a-mach.

Bha eaglais Chaluim Chille (521-97) cudromach ann an leudachadh na Gàidhlig. À manachainn Eilean Ì, a chaidh a stèidheachadh le Calum Cille ann an 563, chaidh manachainnean beaga a chur air dòigh ann am mòran àiteachan. Thug miseanaraidhean Gàidhealach is Cruithneach an soisgeul thairis air an dùthaich, agus tha e coltach gun robhar a' cleachdadadh na Gàidhlig (a bharrachd air Laideann) barrachd is barrachd.

Mar eisimpleir, tha na notaichean ann an Leabhar Dheir, a rinneadh ann am manachainn Dheir ann an tir iosal Siorrachd Obar Dheathain anns an 12mh linn, agus a tha a' cumail

a-mach gun deach a' mhanachaínn a chur air chois gu dìreach à Eilean ì, air an sgriobhadh ann an Gàidhlig.



Figear 2 Eisimpleir de na notaichean sgrìobhete an Gàidhlig san 12mh linn air oir duilleig ann an Leabhar Dheir. Cliog an seo airson faicinn càite a bheil Deir an Siorrachd Obar Dheathain

Ged a chanadh cuid gu bheil e iomallach an-diugh bha Eilean ì ri linn Chaluim Cille aig teis mheadhan slighe mara a bha ceangal choimhearsnachdan fad oirthir an iar Alba agus ceann a tuath Èirinn. Àite a bh' ann aig an robh buaidh mhaireannach agus aig an robh làmh chudromach ann a bhith tionndadh nan Cruithneach agus an sluagh a bha ann an Northumbria chun a' chreideimh Chriosdail.

Ann an Gàidhlig 's e Eilean ì no ì Chaluim Cille a bha air, a' toirt dhuinn Icolmkill, an t-ainm Beurla a bha air fad linntean. Tha an t-ainm nuadh Iona a' tighinn bho dhroch làmh-sgriobhaidh dhen Laideann Ioua (Insula).

Tha an dealbh bhidio gu h-ìosal a' sealtainn cho cudromach agus a bha na h-Eileanan Siar air an t-slighe mhara seo.

Video content is not available in this format.

Na h-Eileanan Siar

Le cead [BBC](#)

Thatas dhen bheachd gun deach an leabhar a tha ainmeil air feadh an t-saoghail, Leabhar Cheanannais (an-diugh ann an Colaiste na Trianaid am Baile Ath Cliath), a thòiseachadh agus 's dòcha fiù 's a chrìochnachadh ann an Eilean ì tron ochdamh linn mus deach a thoirt a dh'Èirinn airson a chumail tèrainte nuair a bha na Lochlannaich a' toirt ionnsaighean air na h-Eileanan Siar anmoch san ochdamh linn.



Figear 3 Duilleag à Leabhar Cheanannais

Dsmdgold/Wikipedia

Chan eil fianais làidir ann gun do smachdaich na Gàidheil na Cruithnich le armachd no gun deach na Cruithnich fhuadachadh. Timcheall 841 ghabh Coinneach mac Ailpein thairis crùn Dhàil Riata agus, dà bhliadhna às dèidh sin, dh'aonaich e na Cruithnich agus Gàidheil fo a cheannas-san. Mar chànan an riaghaltais, agus mòr-inbhe aice, ghabh a' Ghàidhlig smachd gu nàiseanta, agus dh'fhalbh Cruithnis à fianais. 'S e Alba a bh' air an

rìoghachd mar ainm (mar a tha a-nise); bha an t-ainm air a bhith a' riochdachadh Breatainn air fad anns an linn ro na h-Anglo-Sasannaich.

Thatar a' lorg Scotland air a chleachdadhl le muinntir na Beurla airson a' chiad turais anns an 11mh linn; thatar dhen bheachd gun robh a' Ghàidhlig air a bruidhinn le mòr-chuid dhen t-sluagh mun àm sin agus gum b' i an teanga a bu chliùitiche san rioghachd.

'S ann ann an dòigh-sgriobhadh air cloich ris an canar Ogham a tha an sgriobhadh as sine ann an Gàidhlig. Anns an 6mh linn AC, ge-tà, bha manaich ann an seòmraichean-sgriobhaidh mhanachainnean a' tùiseachadh air aibidil cànan na h-Eaglais – Laideann – a chleachdadhl airson an cànan fhèin a chur ann an clò. Tha an aon aibidil (gu ire mhòr) air a bhith aig a' Bheurla agus Gàidhlig airson ùine mhòr mhòr ach b' fheudar na litrichean Laidinn a chleachdadhl airson fuaimean a riochdachadh nach robh buileach co-ionann anns gach cànan.

Bidh leughadairean aig nach eil ach a' Bheurla Shasannach ag ionnsachadh gu luath nach eil na 'riaghailtean' a tha a' dèanamh ceangal eadar litrichean is buidhnean litrichean (agus a tha gu math neo-riaghailteach ann am Beurla) ag obair anns an aon dòigh ann an Gàidhlig. Tha riaghailtean eadar-dhealaichte aig gach cànan. Mar eisimpleir, tha 'b' ann am meadhan facail nas coltaiche ri 'p' ann am Beurla. Agus tha rud sònraichte ann an Gàidhlig, nach eil ri lorg gu mòr ann am Beurla – an fhuaimreag thaiceil no Svarabhakti (tha an teirm a' tighinn bho Shansgrait). Is e seo fuaimreag nach eil sgriobhte ach a tha a' dèanamh ath-aithris (gu ire mhòr) air an fhuaimreig a bh' ann roimhpe. Tha am facal 'Alba' fhèin na dheagh eisimpleir.

Ghabh a' Ghàidhlig thairis bhon Chuimris anns a' chuid mhòir de cheann a deas na h-Alba, a' gabhail a-steach seann rìoghachd Shrath Chluaidh, aig deireadh nam meadhan-aoisean. Thatar a' smaoineachadh, às dèidh do dh'arm na h-Alba a' chùis a dhèanamh air na Northumbrianaich aig Blàr Charham¹ (anns na Crìochan) ann an 1018, gun do chuireadh stad air na h-Anglianaich bho bhith a' leudachadh ann an Alba.

Ach tha e euoltach gun robh na Gàidheil, ged a bha iad am measg nan uaislean ann an Lodainn agus san earra-dheas cho fada deas ri críoch Shasainn (agus 's dòcha thairis oirre), riamh anns a' mhòr-chuid anns a' cheàrnaidh sin. Ann an 1091, nuair a bha am fearann gu tuath air Abhainn Thuaidh fo cheannas righ Gàidhealach (ach a-mhàin anns an fhòr cheann a tuath is taobh an iar a bha fo smachd nan Lochlannach), tha an Anglo-Saxon Chronicle ag innse dhuinn gun deach Maolchalum III (1058-93) le arm 'ut of Scotlande into Lodene on Englaland' (a-mach à Alba gu ruige Lodainn ann an Sasainn); thatar an dùil gu bheil sin a' ciallachadh gur e a' Bheurla an cànan a bu chumhachdaiche ann an Lodainn.

Nuair a bha Maolchalum III air an rìgh-chathair, bha a' Ghàidhlig a' tighinn fo dhùbhlan mar phrìomh chànan na rìoghachd; faodar a ràdh gun do thòisich crìonadh na Gàidhlig ann an ceann a deas agus taobh an ear na h-Alba timcheall air deireadh an 11mh linn.

Bha grunn chànanan, a' Ghàidhlig nam measg, aig 'Calum a' Chinn Mhòir' (bha am farainm a' buntainn ri a cheannas no ri meud a chinn). Ghabh e an rìgh-chathair às dèidh bàs MhicBheatha aig Blàr Lann Fhionghain ann an 1057. Phòs e Mairead, bana-phrionnsa a bha leth-Shasannach; bha a bràthair an dùil crùn Shasainn a ghabhail dha fhèin ach chaill e a chothrom an cois mar a ghabh Normanaich Sasainn thairis ann an 1066. Bhrosnaich Mairead, a rinneadh na naomh aig a' cheann thall, adhbhar na Beurla anns a' chùirt rioghail agus san Eaglais.



Figear 4 A' bhanrigh Mairead, a bhrosnaich adhbhar na Beurla anns a' chùirt rioghail agus san Eaglais

Stèidhich righrean às dèidh Mhaolchaluim bailtean le inbhe rioghail ann an Alba nan Gàidheal anns am biodh an luchd-riaghlaidh, aig an robh sinnsearachd Normanach no Flannrasach gu tric, dileas don chrùn agus do chleachdadh na Beurla.

Fhuair uaislean Anglo-Normanach fearann ann an grunn àiteachan. Ged a b' iad Fraingis Normanach agus Laideann na cànanan a b' fheàrr leotha aig tùs, thàinig iad fo bhuidh na Beurla. An aghaidh sin, bha fineachan Gàidhealach le tùs Normanach² – mar na Frisealaich, Granntaich is Siosalaich – a ghabh a' Ghàidhlig mar chànan. Aig an ire seo, 's ann direach anns a' cheann a deas agus air a' chosta sear a bha a' Ghàidhlig a' crionadh agus, a dh'aindeoin 's gun robhar a' bruidhinn Beurla, Fraingis is Laideann anns a' chùirt rioghail, a bha a-nise stèidhichte ann an Dùn Èideann, 's e a' Ghàidhlig a bh' aig a' mhòr-chuid de shluagh na h-Alba. Thathar a' smaoineachadh nach do chaill i an uidheachadh sin chun a' 15mh linn.

Ann an Historia Majoris Britanniae (1521), sgrìobh Iain Major, feallsanaiche a rugadh ann an Lodainn, mun sgaradh chànanach ann an Alba, a' gabhail 'Irish' air na Gàidheil:

‘The Irish tongue is in use among the former, the English tongue amongst the latter. One half of Scotland speaks Irish and all these as well as the Islanders ... belong to the Wild Scots. In dress, in the manner of their outward life, and in good morals, .. these come behind the householding Scots.’

Ged a rinn e soilleir, mar a rinn Goill eile na latha, nach robh spèis mhòr sam bith aige do na Gàidheil, sgrìobh e 'most of us spoke Irish a short time ago'.

Cha do chuir na righrean an cùil ri dualchas nan Gàidheal, ge-tà. Mar eisimpleir bha Alasdair III air a chrùnadh ann an Sgàin ann an 1249 anns an nòs thraigheanta Ghàidhealach. Bha dùthchas measgaichte aig Raibeart Brus, Rìgh nan Albannach eadar 1306 agus 1329, agus am buadhair aig Blàr Allt a' Bhonnaich ann an 1314; tha dùil gun robh Gàidhlig am measg nan cànanan aige. Bha dùthchas Normanach aig athair agus

bha a' mhàthair às a' Charraig (a-nise ann an ceann a deas Siorrhachd Adhair) a bha na Gàidhealtachd làidir aig an àm sin.

Bha Foирgheall Obar Bhothaig na thagrachd (sgriobhte ann an Laideann) don Phàp ann an 1320, a' sireadh aithneachadh oifigeil do dh'Alba mar rioghachd neo-eisimeileach. Rinn am Foирgheall soilleir gun robh uaislean na rioghachd gan tomhas fhèin mar Albannaich (Gàidheil) seach Cuimrich (Breatannaich), Cruithnich, Nirribhich, Dànaich no Sasannaich. 'S iad na Gàidheil gu ire mhòr a chruthaich fèin-aithne nàiseanta na h-Alba.



Figear 5 'S e sgriobhainn ainmeil a tha ann an Foирgheall Obar Bhothaig a tha air a chumail ann an Tasglann Nàiseanta na h-Alba. Air a sgriobhadh aig àm cogaidhean na saorsa an aghaidh nan Sasannach a thòisich nuair a dh'fheuch Èideard 1 ri smachd fhaighinn air Alba ann an 1296, tha an litir seo chun a' Phàp bho iarlan agus barain na dùthcha ag iarraidh air gabhail ri Alba mar dhùthaich neo-eisimeileach. Ged a chuireadh eòlaichean an-diugh ceist nan tagradh gu robh na h-Albannaich air imrich a dhèanamh bho 'greater Scythia by the Tyrrene Sea and the Pillars of Hercules' tha an creideas a bha aca ann am fèin-aithne Albannach follaiseach nuair a tha iad ag agairt, 'Britons they first drove out, the Picts they utterly destroyed, and, even though very often assailed by the Norwegians, the Danes and the English, they took possession of that home with many victories and untold efforts; and, as the historians of old time bear witness, they have held it free of all bondage ever since.'

Fhad's a bha a' Ghàidhlig a' crionadh anns a' cheann a deas agus air a' chosta an ear, 's ann air an rathad eile a bha gnothaichean a' dol anns a' cheann a tuath agus san iarthuath, le mòran dhaoine aig an robh dualchas Lochlannach no Lochlannach-Gàidhealach a' tionndadh chun na Gàidhlig. 'S dòcha gur e am fear a b' ainmeile dhiubh sin Somhairle, a tha a' nochdadh an toiseach ann an 1140 mar regulus no rìgh Chinn Tìre. Nuair a chaochail an dà chuid, Daibhidh I nan Albannach agus Amhlaibh, Rìgh Mhanainn, ann an 1153, leudaich Somhairle an sgìre a bha fo a smachd, a dh'aindeoin mi-thoileachas nan Nirribheach a bha dhen bheachd gur ann leothasan a bha na h-eileanan. Mu dheireadh, bha rioghachd-mhara aige a bha a' dol eadar Eilean Mhanainn agus Leòdas, agus dh'fhàs Innse Gall Gàidhealach a-rithist. Dh'èirich Rìoghachd no Tighearnas nan Eilean às a dhileab – rioghachd Ghàidhealach a thug dùbhlann do rìghean na h-Alba air an taobh an iar agus a chaidh fodha direach aig deireadh a' 15mh linn. Coimhead air an bhidio gu h-iosal airson an tuilleadh ionnsachadh mu Thighearnas nan Eilean. Tha cuideam ga chur air neart na fo-rioghachd seo aig an robh Gàidhlig mar phriomh chànan.

Video content is not available in this format.

[Tighearnas nan Eilean](#)

Le cead [BBC](#)

Leig Nirribhidh seachad a h-uachdranas air a tìrean ann an Alba, ach a-mhàin Arcaibh is Sealtainn, do chrùn na h-Alba ann an Co-chòrdadh Pheairt (1266). Thug sin neart don Ghàidhlig air feadh an taoibh an iar agus sa cheann a tuath, agus fhuair i làmh-an-uachdair air Lochlannais anns na h-eileanan. Bha Norn, an cànan ionadail a dh'èirich bhon t-Seann Lochlannais, beò airson ùine ann an Gallaibh ach chaill i ann am farpais le Albais ann an leth an ear-thuath dhen sgìre agus le Gàidhlig anns an leth eile.

Thug a' Ghàidhlig agus an t-Seann Lochlannais buaidh air a chèile thar nan ceudan, a' fàgail dileab a ghabhas faicinn fhathast ann an Gàidhlig (ghabh Lochlannais faclan Gàidhlig a-staigh cuideachd – leithid àirigh, coinneamh agus gadan – ach cha chluinnear Norn ann an Alba tuilleadh). Tha tùs Lochlannach aig faclan Gàidhlig mar uinneag, sgeir agus sgarbh, mar a th' aig mòran dhen bhriathrachas co-cheangailte ris a' mhuiir. 'S dòcha gun tug Lochlannais buaidh cuideachd air dòighean labhairt nan Gàidheal, leithid a' bhlas-chainnt Leòdhasach agus an ro-analachadh ann an Gàidhlig na h-Alba nach cluinnear ann an Gàidhlig na h-Èireann. 'S e ro-analachadh am fuaim mar 'h' no 'ch' a nochdas ro chuid de chonnragan (mar eisimpleir, canaидh na h-Èireannaich 'mak' seach 'machk' airson mac).

Aig deireadh an 14mh linn, bha a' Bheurla air fàs cho cumhachdach ann an ceann a deas is taobh an ear na h-Alba gun robh 'Highlander' (no Hielandman) co-ionann ri 'neach-labhairt na Gàidhlig'. Do na Gàidheil, b' iad 'garbh chriochan' a' chinn a tuath A' Ghàidhealtachd agus b' iad tìrean iosal a' chinn a deas A' Ghalltachd, ged a bha na Gàidheil riamh mothachail do na ceanglaichean eachdraidheil eadar an cànan agus na sgìrean de dh'Alba a bh' air a dhol Gallta.

Aig an àm sin, bha droch bheachd aig mòran de luchd na Beurla air na Gàidheil; bha iad dhen bheachd gun robh na Gàidheil aig ire na b' ìse a thaobh cultar is gnothaichean sòisealta. Ach, mar a sgrìobh fear dhiubh, John of Fordun, anns na 1380an, bha iad fhèin fhathast a' déanamh tuairisgeul dhen Ghàidhlig mar 'a' chainnt Albannach'.

'[T]wo languages are spoken among them, the Scottish and the Teutonic; the latter of which is the language of those who occupy the seaboard and plains, while the race of

Scottish speech inhabits the Highlands and out-lying islands. The people of the coast are of domestic and civilised habits, trusty, patient and urbane, decent in their attire, affable and peaceful, devout in Divine worship ... the Highlanders and people of the islands, on the other hand, are a savage and untamed nation, rude and independent, given to rapine, ease-loving, of a docile and warm disposition, comely in person, but unsightly in dress, hostile to the English-speaking people and language ... and exceedingly cruel.'

1.3 Ainmean-àite

Chithear sgaoileadh na Gàidhlig thairis air Alba anns na h-ainmean-àite a dh'fhàg na Gàidheil às an dèidh. Uaireannan, rinn na Gàidheil atharrachadh air ainmean a chaidh a chruthachadh na bu tràithe le luchd-labhairt na Cruithnis, Cuimris, Lochlannais no eadhon na Beurla, ach gu math tric chruthaich iad ainmean ùra (cuid dhiubh a chaidh a leasachadh a-rithist an ceann ùine le luchd-labhairt chànanan eile).

Tha an eileamaid Ghàidhlig baile – àite anns an robh daoine a' fuireach fad na tide a dh'haodadh a bhith cho beag ri baile-fearainn ach cho mòr ri cathair-bhaile – gu math pailt; nochdaidh e ann an dreach na Beurla mar bal-, balla- no uaireannan bella-. Tha sgaoileadh ainmean baile a' sealltainn mar a sgaoil a' Ghàidhlig fhèin thar Alba, le àireamh mhòr dhiubh ann an Siòrrachd Obar Dheathain, Siòrrachd Aonghais agus Fiobha, agus eisimpleirean rin lorg ann an àiteachan mar Siòrrachd Chille Chuithbeirt (Balcarly, Balmaclellan, Balmingan), Siòrrachd Dhùn Phris (Ballaggan, Baltersan), Siòrrachd Shalraig (Balnakiel) agus Lodainn an Ear (Balgone, Ballencrieff).

'S e eileamaid eile achadh (gu tric air a ghiorrhachadh gu acha- no ach-). 'S iad na h-aon phàirtean de dh'Alba far a bheil a leithid gann am flor earra-dheas, 's dòcha a chionn 's nach robh na Gàidheil a rinn tuineachadh an sin ag obrachadh na talmhainn gu ire mhòr, agus na h-Eileanan an Iar, air sàillibh buaidh nan ainmean Lochlannach an sin. Ann an ceann a deas is taobh an iar na dùthcha, tha an eileamaid air a glèidheadh ann an dreach na Beurla mar auch- mar as trice; 's iad eisimpleirean dheth sin Auchinbo agus Auchintoul (Siòrrachd Obar Dheathain), Auchendinny agus Auchendoon ann am Meadhan Lodainn, agus Auchabrick is Auchenree ann an Siòrrachd na h-Ùige. Air a' Ghàidhealtachd gheibhear eisimpleirean mar Achachork is Achnacloich (An t-Eilean Sgitheanach), Achanalt is Achnashellach (Siòrrachd Rois) agus Achavanich (Gallaibh).

Ged a dh'haodas seann ainmean-àite a bhith doirbh a thuiginn uaireannan, tha an fheadhainn a chaidh a chruthachadh no a chleachdadh anns a' bheag-ùine a dh'fhalbh (a' chuid as mothà air a' Ghàidhealtachd) an ire mhath follaiseach. Mar eisimpleir, 's e Achachork Achadh a' Choirce, 's e Achnacloich Achadh na Cloiche, 's e Achanalt Achadh nan Alit agus tha Achnashellach a' riochdachadh Achadh nan Seileach.

Am measg eileamaidean Gàidhlig eile a tha a' nochdadhe ann am farsaingeachd de sgìrean ann an Alba, tha kil- (cill), tully- no tilly- (tulach) agus knock- (cnoc).

'S iad eisimpleirean de dh'ainmean le sill anna – Kilmarnock, Kilbirnie agus Kilpatrick (Siòrrachd Àir), Kilbride (grunnan dhiubh ann an Siòrrachd Lannraig, Earra-Ghàidheal is eile), Kilallan (Siòrrachd Rinn Friù), Kilfeddar (Siòrrachd na h-Ùige), Kilbucho (Siòrrachd nam Puballan), Kilconquhar (Fiobha) agus Kildrummy (Siòrrachd Obar Dheathain).

Tha tulach a' nochdadhe ann an àiteachan mar Tillydrine, Tillyfourie agus Tillytarmont (Siòrrachd Obar Dheathain) agus Tullybelton, Tullyfergus is Tullymurdoch (Siòrrachd Pheairt).

Gheibhear cnoc ann am Big Knock (Siòrrachd nam Puballan), East Knock is West Knock (Siòrrachd Aonghais) agus mòran àiteachan air a bheil Knock no The Knock.

Air a' Ghàidhealtachd, chruinnich an Suirbhidh Òrdanais ainmean slàna Gàidhlig, air nach deach atharrachadh sam bith a dhèanamh. Tha feadhainn dhiubh a' dol air ais gu làithean Dhàil Riata ach tha mòran dhiubh nas ùire na sin. Tha cumadh fillte air gu leòr dhiubh agus tha iad dùbhlanach do mhòran Albannach an-diugh, ach tha iad cuideachd air leth beartach mar phàirt de dhualchas na h-Alba.

Smaoinich, mar eisimpleir, air na tha de dh'fhiorsachadh ann an ainmean leithid Meall a' Choire Chreagaich, Cnoc Alltan Iain Duinn, Allt Cnoc Àirigh an t-Seilich Bhig agus Rubha Camas nam Meanbh-chuileag.

Cleachd na ceangalan gu h-iosal airson èisteachd ri fuaimneachadh nan ainmean:

Audio content is not available in this format.

[Meall a' Choire Chreagaich](#)

Audio content is not available in this format.

[Cnoc Alltan Iain Duinn](#)

Audio content is not available in this format.

[Allt Cnoc Àirigh an t-Seilich Bhig](#)

Audio content is not available in this format.

[Rubha Camas nam Meanbh-chuileag](#)

Ma tha thu airson fuaimneachadh ainmean na Rothach, beanntan Alba a tha os cionn 3,000 troigh, a chluinntinn ann an Gàidhlig cliog [an seo](#).

Cleachd am mapa gu h-iosal airson fiosrachadh fhaotainn mu ainmean cuid de bhaltean na h-Alba, dè tha iad a' ciallachadh agus mar a chanar iad ann an Gàidhlig.

Interactive content is not available in this format.

1.4 Cruthachadh na Gàidhealtachd

Aig deireadh an 15mh linn, bha an fheadhainn aig an robh Beurla na Galltachd air tòiseachadh air 'Scottis' a ghabhail air an cainnt, a' sealltainn, ged a bha an cànan aca dlùth-chàirdeach do theanga an nàbannan ann an Sasainn, gun robh fèin-aithne Albannach aca. Ghabh a' Bheurla Ghallta, no Albais mar a their mòran rithe an-diugh, agus a' Ghàidhlig briathrachas bho chèile, mar a thachair le Albais is Lochlannais, agus Gàidhlig is Lochlannais.

'S iad eisimpleirean de dh'fhaclan Gàidhlig a thàinig bho Albais *bodhaig* (à bouk, corp), *dìg*, *eàrlas* (à arles), *poca* (à poke) agus *radan* (à rattan). Am measg fhaclan ann an Albais a thàinig bhon Ghàidhlig tha *ben* (beinn), *claymore* (claidheamh mòr), *corrie* (coire), *ghillie* (gille), *kyle* (caol), *machair* agus *whisky* (uisge-beatha).

Ach, a dh'aindeoin 's gun robh a' Ghàidhlig na cànan tùsail aig rioghachd na h-Alba, thòisich sgrìobhadairean Gallta air Irische no Ersch a ghabhail oirre. Chithear sin anns an

dàn ainmeil dhùbhlanach ris an canar 'Flying of Dunbar and Kennedy', a chaith a sgriobhadh ann an Albais timcheall air 1505, anns a bheil Uilleam Dunbar à Lodainn a' magadh air Bhaltar Ceanadach, aig an robh Ghàidhlig mar chiad chànan, airson a bhith *Heiland* agus na *Ersch Katherane* (gu h-ioranach a' cleachdadh falal a fhuras bhon Ghàidhlig). Air an làimh eile, tha an Ceanadach ag innse don Bhàrrach gur i a' Ghàidhlig *all trew Scottismennis leid* (cànan nam fior Albannach gu lèir) agus tha e ag ràdh gur dòcha gum biodh an Gall na bu riaraichte nam biodh e a' fuireach ann an Sasainn.

Cha robh Bhaltar Ceanadach, a bha cliùmhòr is ainmeil, à Gàidhealtachd a' chinn a tuath idir, ach às a' Charraig. Dh'fhan a' Ghàidhlig beò anns an sgire sin agus Gall-Ghàidhealaibh (theirear Ghàidhlig Ghall-Ghàidhealaibh ris an dualchainnt) fada às dèidh dhi a dhol bàs anns a' chòrr de thìr-mòr ceann a deas na h-Alba; bha i fhathast air a bruidhinn an sin anns an 17mh linn. Mhair Ghàidhlig Arainn, a thathar a' smaoineachadh a bha car coltach ri Ghàidhlig Ghall-Ghàidhealaibh, beò chun an fhicheadamh linn.

Tha an dì-meas a bha am Bàrrach a' sealtainn do fhreumhan a' Cheanadaich anns a' Charraig (Siorrachd Àir) soilleir anns an earrainn a leanas:

Sic eloquence as thay in Erschry use, In sic is sett thy thraward appetyte. Thow hes full littill feill of fair indyte. I tak on me, ane pair of Lowthiane hippis Sall fairar Inglis mak and mair perfyte Than thow can blabbar with thy Carrick lippis.	Such eloquence as they in Irishry [Gaeldom] use Is what defines your perverse taste. You have very small aptitude for good verse-making. I'll wager, a pair of <u>Lothian</u> hips Shall fairer English make and more polished Than thou can blabber with thy <u>Carrick</u> lips.
---	---

Aig deireadh an 16mh linn, thathar a' smaoineachadh gun robh an dàrna leth de muinntir na h-Alba a' fuireach gu tuath air Uisge Tatha agus nach robh ach a' Ghàidhlig mar chànan aig cuid mhath dhiubh. Bha an cainnt, dòigh-beatha agus uaireannan an neo-dhìlseachd don rìgh ann an Dùn Èideann na adhbhar gràin do Rìgh Seumas VI, agus thòisich esan air ro-innleachd airson a rioghachd aonachadh le bhith ag atharrachadh muinntir na h-Alba gu sluagh aona-chànanach na Beurla. Rinn e oidhrip gus cumhachd nam fineachan Gàidhealach a bhriseadh agus Goill a chur air fearann Ghàidheal. Cha robh e soirbheachail, ge-tà, ann an Leòdhas, far an do chuir muinntir an eilein an aghaidh buidheann air an robh The Fife Adventurers le strì is fòirneart.

Às dèidh aonadh Crùinteán Shasainn is na h-Alba ann an 1603, bha an rìgh (a-nise Seumas I Shasainn) ann an suidheachadh na bu làidire airson a phoileasaidh gus a' Ghàidhlig a chur à bith a choileanadh. Ann an Reachdas I (1609) thug e air cinn-chinnidh nam fineachan am mic a bu shine a chur gu sgoil air a' Ghalltachd, agus tha Achd na Comhairle Dhìomhair³ air 10 Dùblachd 1616 a' foillseachadh a' mhiann gum bi a' 'vulgar Inglishe toun ... universallie plantit, and the Irische language ... may be abolisheit and removeit'. Bha an Achd a' brosnachadh stèidheachadh sgoiltean Beurla anns a h-uile paraiste, ge bith dè an cànan a bhathar a' bruidhinn annta.

Chaidh a thomhas gun robh Ghàidhlig aig 290,000 duine, 23 às a' cheud de shluagh na h-Alba, ann an 1755. Bha e sios beagan gu 254,000 ann an 1891 ach an uair sin, cha robh am figear a' riochdachadh ach 6.8 às a' cheud de muinntir na dùthcha. Bha a' Ghàidhlig air a dhol na mion-chànan gu nàiseanta ged a bha i làidir fhathast gu h-ionadail ann am pàirtean dhen Ghàidhealtachd is na h-Eileanan.

1.5 Creideamh

Leis gun deach a' Ghàidhlig a chur a-mach à riaghaltas agus a' chuid as mothaidhean poblach na dùthcha, bha an Eaglais gu math cudromach mar fhear de na h-Ùgħdarrasan nàiseanta far am bite a' cleachdad a' chànan ann an suidheachadh àrd-chainnteach. Bhon 17mh linn a-mach, rinn an Eaglais oidhirp gus ministreachd Ghàidhlig a chur an sàs air a' Ghàidhealtachd, ged a bha duilgheadasan aca le gainneadh mhinistearan.

Ge-tà, bha mòran le àrd-dhreuchdan air a' Ghalltachd fada an aghaidh na Gàidhlig agus chuireadh bacadh air eadar-theangachadh nan sgiobtaran don chànan. B' e a' chiad oidhirp an ath-bhualadh ann an 1690 dhen Bhìoball ann an Gàidhlig na h-Èireann – ann an clò Ròmanach, seach Èireannach. Cha robh seo uabhasach soirbheachail, ge-tà, oir bha a' Ghàidhlig Èireannach Chlasaigeach anns a' Bhìoball pìos math air falbh bho chainnt nan daoine àbhaisteach ann an Alba.

Chuireadh crìoch air an Tiomnadh Nuadh Ghàidhlig ann an 1767 agus rinneadh an Seann Tiomnadh ann an 1801, dà cheud bliadhna às dèidh dhan Bhìoball nochdadhean ann an Cuimris.



Figear 6 Air taobh a-muigh Eaglais na h-Alba an Cill Fhinn an Siorrachd Pheairt tha Carragh-cuimhne an Urr. Seumas Stiùbhart a dh'eadar-theangaich an Tiomnadh Nuadh gu Gàidhlig.

1.6 Foghlam

Chuir eilthireachd (an dà chuid saor-thoileach agus èiginneach) às do dh'fhàs nàdarrach sam bith a bh' air a bhith ann an sluagh na Gàidhlig. Dh'obraich siostam an foghlaim an aghaidh a' chànan cuideachd. Bha The Society in Scotland for the Propagation of Christian Knowledge⁴, a chaidh a stèidheachadh ann an 1709, cudromach ann am foghlam Ghàidheal òga tro na 18mh agus 19mh linntean. An toiseach, bha nàimhdeas mòr aca don chànan agus bha casg eadhon air labhairt na Gàidhlig anns an raon-chluiche.

Ann an 1750, dh' iarr an Society air sgoilearan 'either in the School house or when playing about the doors thereof to speak Earse [Gàidhlig] on pain of being chastised and that the Schoolmasters appoint Censors to note down and report to the Schoolmaster such as transgress this rule', ach ann an 1766 thug iad cead do leughadh ann an Gàidhlig, leis an amas leughadh na Beurla a thoirt am feabhas am measg clann Ghàidhealach. Agus ann an 1825, len sùilean fhathast air suidheachadh na Beurla a thoirt am feabhas, mhol iad gum biodh clann le Gàidhlig 'instead of being taught first to read English as has been Universally practiced throughout the Highlands, be taught first to read Gaelic'.

Ge-ta, nuair a thàinig foghlam fo smachd na stàite mar thoradh air Achd an Foghlaim (Alba) ann an 1872, bha a' Ghàidhlig air fhàgail taobh a-muigh an t-siostaim foghlaim a dh'aona-ghnothach. Tha beachd Mhgr D Sime, Neach-sgrùdaidh nan Sgoiltean ann an Ros, Gallaibh is Cataibh a' riochdachadh dòigh-smaoineachaidh nan ùghdarrasan aig an àm. Ann an 1878, sgriobh e, 'I should regard the teaching of Gaelic in schools in any shape or form as a most serious misfortune.'

Ged a dh'aithnich achdan foghlaim an fhicheadamh linn gun robh còir aig a' Ghàidhlig a bhith air a teagasc mar chuspair ann an àireamh bheag sgoiltean, cha deach siostam foghlaim dà-chànanach ath-stèidheachadh riamh. Bhathar a' dol a chumail na Gàidhlig gu tur air an iomall agus, anns a' mhòr mhòr-chuid de shiostam foghlaim na h-Alba, 's e sin an suidheachadh a th' aice fhathast.

Mar thoradh air sin, tha inbhe is cliù na Gàidhlig air sìor dhol nas ingle. Chan eil cuid mhath dhen t-sluagh fiosrachail mu àite na Gàidhlig mar chànan tùsail aig rioghachd na h-Alba no gun robh i air a bruidhinn thar a' chuid mhòr dhen dùthaich. Tha a' chuid as mothaidh de dh'Albannaich neo-chomasach air mapa na h-Alba a leughadh is a thuigsinn, oir tha còrr is an dàrna leth dheth còmhdaichte le ainmean-àite Ghàidhlig.

Dh'obraich droch shuidheachadh an foghlaim an co-bhuinn ri eaconamaidh thruagh agus call sluaigh air a' Ghàidhealtachd gus àireamh nan Gàidheal a lughdachadh gu nas lugha na 100,000 ro dhereadh an 20mh linn. Mar beag-chuid a thaobh cànan is cultair ann an dùthaich a th' air tighinn fo mhòr-bhuaidh na Beurla, an cànan as cumhachdaiche san t-saoghal airson conaltradh, saidheans is malairt, tha na Gàidheil air a bhith dhen bheachd aig amannan gun robh mòran ann an Alba neo-thaiceil dhaibh agus a' coimhead sìos orra mar shluagh. Thàinig mòran dhiubh fo bhuaidh a' bheachd gun robh a' Ghàidhlig ag obair an aghaidh adhartais, agus sguir iad bho bhith ga bruidhinn anns an dachaigh.

Ach tha gu leòr taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig, agus an luchd-taice air feadh Alba agus san t-saoghal mhòr, nach do thrèig an seasamh nach i a' Ghàidhlig a-mhàin mion-chànan a bhuineas don choimhearsnachd aca (agus mar sin a tha airidh air a h-àite ann an dùthaich a tha mothachail do chòraichean dhaoine), ach gu bheil i cuideachd na cànan nàiseanta do dh'Alba. Bha tagradh na Gàidhlig airson àite daingnichte ann am beatha poblach na h-Alba air aithneachadh le Pàrlamaid na h-Alba ann an 2005 nuair a chaidh Achd na Gàidhlig (Alba)⁵ tron Phàrlamaid le taic aona-ghuthach. A rèir na h-Achd,

tha inbhe nàiseanta aig a' Ghàidhlig mar 'an official language of Scotland commanding equal respect to the English language'.

Ged as e Pàrlamaid na h-Alba a th' air am priomh uallach a ghabhail airson leasachadh a' chàinain, chan eil an Rìoghachd Aonaichte saor bho uallach air a son. 'S e an Rìoghachd Aonaichte a chuir a h-ainm ris a' Chùmhant Eòrpach airson Chànanan Roinneil is Mion-chànanan, agus tha sin a' toirt oirre cuir an aghaidh rud sam bith a chuireadh seasmhachd no leasachadh na Gàidhlig ann an Alba ann an cunnart. Tha e a' tighinn gu aire nan Gàidheal, barrachd is barrachd, gur e a th' annta fear de mhion-shlòigh ann am mòr-thir a tha làn chànanan diofraichte, anns a bheil co-dhiù dà chànan aig a' mhòr-chuid de dhaoine. Mar a thuigeas barrachd dhaoine ann an Alba gu bheil buannachdan inntinn, sòisealta is cultarail an cois ioma-chànanas, tha dùil gum fàs a' Ghàidhlig nas tarraigiche do bharrachd dhaoine a bhuineas do dh'eugsamhlachd de dhùthchais.

2 Bun-tùsan Ceilteach agus Sgaoileadh Eadar-nàiseanta

2.1 Ro-ràdh

Bithear a' comharrachadh Alba gu tric mar nàisean 'Ceilteach', feart a tha sa chumantas aice le nàiseanan beaga eile sna h-Eileanan Breatannach, gu sònraichte Èirinn agus a' Chuimhrigh. Bithear a' smaoineachadh gu tric gu bheil 'Ceilteach' a' buntainn ri tir agus/no poilitigs, no eadhon feartan cinneachail. Ach 's ann air cànanan a tha 'Ceilteach' a-mach; tha e a' buntainn ri còmhlan de chànanan a tha càirdeach do chèile.

Faodar 'nàisean Ceilteach' a ghabhail air Alba air sàillibh a dualchais chànanach. Bha Cruithnis is Seann Bhreatannais Ceilteach, mar a tha a' Ghàidhlig, an cànan a bu mhotha, chanadh mòran, a thug buaidh air fèin-aithne nan Albannach.


Ach chan eil, is cha robh, a h-uile cànan a bh' air a bruidhinn ann an Alba Ceilteach. Buinidh Albais is Beurla do na cànanan Gearmailteach, mar a bhuineadh an t-Seann Lochlannais. Ann an aonad seo, bheir sinn sùil air na cànanan Ceilteach agus air an fhèin-aithne Cheilteach a tha beò fhathast ann an Alba agus dùthchannan eile.

2.2 Leudachadh nan Ceilteach

Buinidh a' mhòr-chuid de chànanan na Roinn Eòropa, a' Ghàidhlig nam measg, do theaghlaich ris an canar Indo-Eòrpach; tha an t-ainm sin air oir tha e a' gabhail a-steach a' chuid as motha de theangannan ceann a deas Àisia (ach a-mhàin ceann a deas nan Innseachan), a bharrachd air an Roinn Eòropa. Gus an do sgaoil iad gu mòr bhon 15mh linn a-mach, gu sònraichte tro chruthachadh impireachdan, bha na cànanan sin an ire mhath air am bruidhinn a-mhàin anns an Roinn Eòropa agus taobh an iar is ceann a deas Àisia. A-nise tha iad air feedh an t-saoghail, le faisg air 3 billean neach-labhairt aig a bheil iad bho dhùthchas; tha iad a' gabhail a-steach cuid de na cànanan as motha aig a bheil sluagh, leithid Spàinnit, Beurla, Hindi, Portaigeusais, Beangali, Ruiseanais, Gearmailtis is Fraingis.

Taobh a-staigh an teaghlach Indo-Eòrpaich, tha grunn fo-bhuidhnean a tha eòlaichean-cànan ag aithneachadh. Mar eisimpleir, buinidh Beurla, Dùtsis is Nirribhis don fo-bhuidhinn Ghearmailtich, buinidh Fraingis, Eadaitis is Spàinnnis don fo-bhuidhinn Eadailtich, agus thathar a' comharrachadh Ruisseanais, Slobhàigianais agus Pòlainnis mar chànanan Slàbhach. 'S e tè de na fo-bhuidhnean Ceilteach, a tha a' gabhail a-steach nan sia cànanan Ceilteach a tha beò – Gàidhlig, Gaeilge is Gàidhlig Eilean Mhanainn, Cuimris, Breatannais is Còrnais – agus feadhainn nach do mhair, leithid Gallais, Galaitianais, Ibioro-Cheilteis, Cruithnis agus Seann Bhreatannais.

PROTO-INDO-EUROPEAN



Figear 7 Aon mhodail de chraobh cànan a' sealltainn a' chàirdeis eadar priomh chànan na teaghlach Eòrpaich.

Tha na Ceiltich a' nochdadadh ann an clàr na h-eachdraidh an toiseach mu 500 RC, nuair a bha teacsainaichean Greugach a-mach air daoine a bha a' fuireach gu tuath orra mar Keltoi. Ann an Laideann, 's e Celtae a chainte riutha – treubhan is nàiseanan a thathar a' tuigsinn a-nise a bha a' bruidhinn chànanan Ceilteach. 'S ann a-mhàin ri slòigh a bha a' fuireach air tir-mòr na Roinn Eòrpa a bha am facial a' buntainn aig an ìre sin.

'S e an cànanach Edward Lhuyd anns an 17mh linn a thòisich air Ceilteach ['Celtic'] a ghabhail air slòigh a bhuiheadh do Bhreatainn is Èirinn. Rinn esan rannsachadh coimeasail air Cuimris, Gàidhlig, Gaeilge, Còrnais agus Breatannais; dhaingnich e gun robh na cànanan sin càirdeach do chèile agus càirdeach do sheann chànan marbh nan Gall air tir-mòr na Roinn Eòrpa a bha le cinnt Ceilteach.

Mar eisimpleir tha am facial Gallais *mapos* ('mac') dlùth-chàirdeach do *mab* ann an Cuimris an latha an-diugh, a bharrachd air *mac* ann an Gàidhlig; tha am facial Gallais *tarvos* ('tarbh') dlùth-chàirdeach do *tarw* (Cuimris) agus *tarbh* (Gàidhlig).

Anns a' chlàr a leanas chithear faclan ann an Gàidhlig, Gaeilge, Cuimris is Còrnais a thathar a' smaoineachadh a dh'èirich bhon aon tùs Cheilteach.

**Clàr 1 Faclan ann an Gàidhlig, Gaeilge,
Cuimris is Còrnais a thathar a'
smaoineachadh a dh'ëirich bhon aon tùs
Cheilteach**

Gàidhlig	Gaeilge	Cuimris	Còrnais	Beurla
aimsir	aimsir	amser		time, weather
anail	lanáí	anadl	anall	breath
cath	cath	cad	kas	battle
caol	caol	cul	cul	slender
cnò	cnó	cneuen	know	nut
creamh	creamh	craf		wild garlic
cù	cú	ci	ki	dog, hound
làn	lán	llawn	leun	full
roth	roth	rhod	ros	wheel
taigh	teach	ty	ti	house
troigh	troigh	troed	troes	foot

Cha robh Ceiltich tìr-mòr na Roinn Eòrpa aonaichte gu poilitigeach – cha robh impireachd Cheilteach ann riamh – ach bha slòigh, aig an robh cànanan Ceilteach agus feartan cultarach sa chumantas eatarra, a' fuireach thairis air pìos math dhen mhòr-thìr. Dh'fhàg iad glè bheag de dhileab sgrìobhte agus mar sin tha ar tuigse orra stèidhichte gu ìre mhòr air na sgrìobh na Greugaich is Ròmanach mun deidhinn, bho airceòlas agus bho na h-ainmean-àite a dh'fhàg iad às an dèidh.

'S e a' chiad chultar Ceilteach a nochdas, timcheall air an 8mh linn RC, Cultar Hallstatt, stèidhichte air na lorgadh faisg air baile beag Hallstatt anns an Ostair.



Figear 8 Torc òr, eisimpleir de chultar Hallstatt

Rosemania/Flickr

Fhuaradh lorg air fianais de chultar beartach le ceanglaichean malairt do dhùthchannan na Mara Meadhan-tìrich. Timcheall a' 5mh linn RC, tha sinn a' faicinn cultar ùr ris an canar La Tène, a chaidh ainmeachadh às dèidh làrach san Eilbheis far an do lorgadh stuth ann an cladhach airceòlach.




Figear 9 Eisimpleir de dh'egalain La Tène

Bha seo Ceilteach cuideachd agus thathar a' smaoineachadh gun robh e air a sgaoileadh na b' fharsainge. Lorgadh obair-mheatailt de stoidhle La Tène, mar eisimpleir, ann am Breatainn is Éirinn.



Figear 10 Sgàthan Romano-Ceilteach

Chan eil e cinnteach dè na cànanan a bhathar a' bruidhinn ann am Breatainn is Éirinn aig an àm sin, ach tha dùil gun robh Ceilteis nam measg. Anns an 3mh linn RC, bha na Ceiltich rin lorg thairis air earrann mhòr de mhòr-thir na h-Eòrpa, eadar far a bheil a' Phortagail an-diugh, gu ruige a' Bheilg is a' Ghearmailt, gu ceann a tuath na h-Eadait, tro ghleann mòr an Dainiub agus eadhon cho fada ris an Tuirc.



Figear 11 Sgaoileadh nan cànan Ceilteach tro mhòr-thìr na h-Eòrpa

2.3 Ainmean-àite Ceilteach

Tha clàran eachdraidheil ainmean threubhan is àiteachan a' toirt fianais làidir dhuinn mu sgaoileadh nan cànanan Ceilteach. Mar eisimpleir gheibhear lorg air *dunum* no *dunon* 'dùn' ann an *Lugdunum* (a-nise Lyons san Fhraing agus Leyden san Òlaind), *Camulodunum* (a-nise Colchester, Sasainn), *Kambodunon* (Kempten sa Ghearmailt), *Minnodunum* (Moudon san Eilbheis), *Lugidunum* (Legnica sa Phòlainn) agus *Singidunum* (a-nise Belgrade, Serbia). Tha cuideachd clàr againn bhon 2na linn AC de *Tarvedu(nu)m* 'dùn tairbh' ann am fior cheann a tuath na h-Alba, a thathar a' smaoineachadh a bha a' riochdachadh Ceann Dùnaid ann an Gallaidh. Ged a tha cuid mhath de na h-ainmean seo air a dhol à bith ann an cleachdadhlàitheil, tha iad fhathast beò ann an dùthchannan far a bheilear a' bruidhinn chànanan Ceilteach fhathast. Ann an Alba chithear eisimpleirean mar Dùn Dè, Dùn Phàrlain agus Dùn Gabhail.

Tha ainmean tire le *Gal-* anna a' comharrachadh àiteachan a bha fo smachd Cheilteach, oir b' e facal eile a bh' aig na Greugaich airson nan Ceilteach *Galatae*; bha na Ròmanaich a-mach air *Galli*. Tha *Galicia* an dà chuid ann an ceann an iar-thuath na Spàinnt agus air a' chrich eadar Ugràin agus a' Phòlainn.



Figear 12 Eisimpleir de Stele Ceilteach

Tha am buadhair 'Gallic', a' ciallachadh Frangach, a' comharrachadh mar a dh'èirich an dùthach sin à *Gaul* (gu h-inntinneach, bha am facal Gàidhlig *Gall* o thùs a' ciallachadh cuideigin à Gaul). Tha dualchas àrsaидh Ceilteach aig *Galatia* ann am meadhan na Tuirc, a dh'èirich bho imrich Cheilteach à meadhan gleann na Dainiub gu ruige Masadònia agus a' Ghrèig anns an 3mh linn RC. Fhuair na miltean de na Ceiltich seo, an dà chuid àrmainn agus an teaghlaichean, cuireadh a dhol an sàs ann an stri ann an Anatolia; às dèidh làimh, dh'fhuirich iad ann. Tha na Galaitianaich ainmeil airson a bhith a' faighinn litir bhon Abstol Pòl, a tha a-nise na Leabhar anns a' Bhioball. Cho fada air adhart ris an 4mh linn AC, sgrìobh an Naomh Jerome gun robh an aon chànan aca ri daoine a bhuiteadh do sgìre Abhainn Rinn anns a' Ghemailt.



Figear 13 Tha 'An Gall a' Básachadh', iomhaigh Ròmanach stèidhichte air iomhaigh umha Greugach, a' sealltainn gaisgeach Galaitianach. Mar Cheiltich eile, cha bhiodh aodach air na Galaitianaich nuair a rachadh iad ri aghaidh blàir.

2.4 Na Ceiltich Eileanach

Tràth sa chiad mhile bliadhna AC, thàinig na cànanan Ceilteach mòr-thìreach fo bhuaidh chànanan eile, gu sònraichte Laideann nan Ròmanach, agus mu 500 AC, bha eadhon Gallais, a bha uaireigin air a bhith cho làidir, an ìre mhath air a dhol à bith. Ann am Breatainn is Éirinn, ge-tà, bha cànanan is cultaran Ceilteach fhathast beò is beothail. 'S e Ceilteis Eileanach a chanar ris a' bhuidhinn seo, às a bheil a h-uile cànan Ceilteach a th' againn an-diugh air èirigh (eadhon tè na Breatainne Bige).



Figear 14 Mapa a' sealltainn dùthchannan Ceilteach an latha an-diugh – Alba, Èirinn, Eilean Mhanainn, A' Chuimrigh, A' Chòrn agus A' Bhreatainn Bhig. Tha a cànan fhèin aig gach tè dhiubh. Tha iad uile air an seòrsachadh mar cànan Ceilteach Eileanach, fiù 's cànan na Breatainne Bige a thug tuinicheadan à Breatainn gu ruige Armoraca.

Eadhon aig an ìre seo, bha eugsamhlachd taobh a-staigh Ceilteis Eileanach. À sinnsear teòridheach ris an canar Tùs-Cheilteis, bha dà bhuidhinn air a thighinn gu bith – P-Ceilteach (no Brythonic) agus Q-Ceilteach (no Goidelic)⁶. Tha na h-ainmean P- agus Q-stèidhichte air mar a dhèilig gach buidheann ris an t-seann fhuaim 'Q' ann an Tùs-Cheilteis. Rinn an luchd-labhairt Goidelic sìmpleachadh air sin gu 'c', fhad 's a bha na Ceiltich Brythonic ga leasachadh gu fuaim 'p'. Bha gach meur de Cheilteis Eileanach air a riochdachadh, an dà chuid ann an Èirinn is Breatainn, ach 's e luchd-labhairt Goidelic a bha anns a' mhòr-chuid ann an Èirinn, le luchd-labhairt Brythonic sa mhòr-chuid ann am Breatainn.

Chithear an sgaradh mòr sin taobh a-staigh nan cànanan Ceilteach fhathast an-diugh. Tha an fheadhainn Brythonic – Cuimris, Còrnais is Breatannais – car coltach ri chèile, a' leigeil le luchd-labhairt aon chànan beagan dhen fheadhainn eile a thuigsinn. Tha e mar an ceudna do na cànanan Goidelic – Gàidhlig, Gaeilge is Gàidhlig Eilean Mhanainn (Gaelg); faodaidh neach a tha fileanta ann an Gàidhlig na h-Alba, mar eisimpleir, bunaitean de chòmhradh ann an Gàidhlig na h-Èireann a thuigsinn. Eadhon ri linn Chaluim Chille (6mh linn AC), ge-tà, bha feum air eadar-theangair airson còmhradh a bhith ann eadar an naomh agus rìgh Cruithneach: bha cànan Q-Ceilteach aig Calum Cille agus bha tè P-Ceilteach aig na Cruithnich.

Chithear diofar eadar an dà bhuidhinn ann am faclan a thathar a' cleachdadadh fhathast ann an cànanan Ceilteach. Mar eisimpleir tha an Goidelic *mac co-ionann* ris a' Bhrythonic *map*, agus tha an Goidelic *ceann co-ionann* ris a' Bhrythonic *pen*. Seo eisimpleirean eile, a' cleachdadadh fhaclan Cuimreach agus Gàidhlig mar eisimpleirean:

Clàr 2 Coimeas eadar faclan Goidelic agus Brythonic thathar a' cleachdadh fhathast ann an cànanan Ceilteach

Cuimris (Brythonic/P-Ceilteach)	Gàidhlig (Goidelic/Q-Ceilteach)	Beurla
pa	ciod	What
pair	coire	cauldron
plant	clann	children
pump	còig	five
pwy	cò	who

2.5 Na Cànanan Brythonic

Tha na cànanan Brythonic air bàs gu leòr fhlolang ann am Breatainn (mar eisimpleir, dh'halbh Cruithnis agus Seann Bhreatannais ann an Alba linntean mòra air ais), agus tha an fheadhainn a mhair beò ann an suidheachaidhean gu math eadar-dhealaichte bho chèile.

'S e a' Chuimris an cànan Ceilteach as soirbheachaile, le mu 580,000 duine anns a' Chuimrigh ag ràdh gun robh Cuimris aca ann an Cunntas-sluagh 2001. Tha UNESCO ga comharrachadh mar 'cugallach'; tha na cànanan Ceilteach 'ann an cunnart' no 'ann am fior chunnart'.

Tha an uiread de muinntir na Chuimrigh aig a bheil làn-sgillean na Cuimris (tha comas aca a labhairt, a leughadh 's a sgrìobhadh) air a dhol am meud bho 13.6 as a' cheud ann an 1991 gu 16.3 as a' cheud ann an 2001. Tha Cuimris cuideachd air adhartas mòr a dhèanamh ann a bhith a' faighinn inbhe oifigeil nas àirde anns [a' Chuimrigh](#).

Dh'èirich Còrnais, coltach ri Cuimris, às a chànan Brythonic a bh' air a bruidhinn aig aon àm thairis air ceann a deas Bhreatann. Thàinig sgaradh eadar na tirean anns an robh Cuimris is Còrnais gam bruidhinn às dèidh do na Sagsannaich Siarach a' chùis a dhèanamh air na Ceiltich ann am Blàr Dyrham (faisg air Bath) ann an 577 AC.

Thathar a' smaoineachadh gun robh Còrnais aig suas ri 38,000 duine tràth san 14mh linn ach chrion i gu mòr fo bhuaidh na Beurla bho mheadhan an 16mh linn a-mach, agus dh'halbh i mar chànan coimhearsnachd anns an 18mh linn. Tha i a-nise ann an suidheachadh aiseirigh agus tha na ceudan ann aig a bheil i aig ìre fileantachd no leth-fileantachd. Airson tuilleadh fiosrachaidh air eachdraidh Chòrnais, briog [an seo](#) (deas-bhriog airson an ceangal phosgladh ann an uinneag no tab ùr).

Tha dualchas Ceilteach na Breatainne Bige a' tighinn, chan ann bho shinnsealachd àrsaидh Ceiltich Ghail, ach gu ìre mhòr bho in-imrich luchd-labhairt Ceilteis Brythonic à Breatainn, às dèidh do na h-Anglo-Sasannaich dhol a-steach ann bhon 5mh linn a-mach. Mar sin, 's e Còrnais an cànan as dlùithe a th' ann do Bhreatannais.

An-diugh tha mu 300,000 neach anns a' Bhreatann Bhig aig a bheil i, ach tha an àireamh air lughdachadh gu mòr bho mu mhillean ann an 1945. Annas na sgìrean as mothà sa bheil i ga bruidhinn ann an taobh an iar na Breatainne Bige, tha an uiread aig a bheil i air a dhol sìos bho 90 as a' cheud ann an 1900 gu nas lugha na 25 as a' cheud an-diugh.

2.6 Na Cànanan Goidelic

Tha trì cànanan aig a bheil tùsan ann an seann Ghoidelic fhathast gam bruidhinn an-diugh agus tha dùblain mhòr romhpa uile. 'S i Gàidhlig na h-Èireann an tè as làidire. Tha i na cànan oifigeil aig Poblachd na h-Èireann agus bha 340,000 duine ag ràdh gun robh i aca mar chànan làitheil ann an Cunntas-sluagh 2002, le 1,571,000 ag ràdh gun robh i aca gu ire air choreigin (ged a tha mòran eòlaichean a' cumail a-mach gum bi mòran nas lugha na seo ga cleachdad gu làitheil ann an da-rìribh). Ann an Èirinn a Tuath, bha 167,000 duine ag ràdh gun robh Gaeilge aca ann an Cunntas-sluagh na Rìoghachd Aonaichte ann an 2001, timcheall air 10 as a cheud de mhuinntir na mòr-roinne; bha 75,000 a' cumail a-mach gun robh iad an ire mhath fileanta. 'S iad na sgìrean as fheàrr airson Gaeilge a chluinntinn na ceàrnaidhean beaga [Gaeltacht](#), far a bheil prìomhachas oifigeil aig a' chànan; tha a' chuid as mothà de na ceàrnaidhean sin nan sgìrean dùthchail air an taobh an iar.

Tha Gàidhlig na h-Alba, coltach ri Gaeilge, air a comharrachadh le UNESCO mar 'ann an cunnart' ach tha i ann an suidheachadh nas miosa na Gaeilge; thuit i gu dìreach 92,400 neach-labhairt ann an Alba a thuirt gun robh comas cànan de sheòrsa air choreigin aca ann an 2001. Bha sin air a dhèanamh de 58,700 neach-labhairt agus 33,700 a b' urrainn a leughadh, a sgrìobhadh no a tuigsinn. Leis cho truagh 's a tha foghlam Gàidhlig air a bhith ann an Alba, bha 47 as a' cheud dhen luchd-labhairt gun sgilean leughaidh sam bith no le sgilean leughaidh truagh anns a' chànan.

Tha an suidheachadh seo a' dol am feabhas, ge-tà. Eadar 1991 agus 2001 thuit an àireamh de luchd-labhairt 11 as a' cheud, ach dh'àrdaich na bh' ann de dhaoine le comas leughaidh is sgriobhaidh 7.5 as a' cheud agus 10 as a' cheud le chèile. Ged a dh'fhuiling i crionadh mòr, tha Gàidhlig na h-Alba fhathast gu furasta anns an leth as àirde de cànanan an t-saoghal, air a thomhas air àireamh luchd-labhairt agus, às dèidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha an stàite a' cur airgead nach beag dha h-ionnsaigh.

'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann aig Riaghaltas na h-Alba as mothà a tha ag obair às leth na Gàidhlig; tha prìomh thogalach na buidhne ann an Inbhir Nis, prìomh bhaile na Gàidhealtachd. Tha an làrach-lìn [an seo](#).

Tha cànan Goidelic air a bhith ann an Eilean Mhanainn bhon 5mh linn AC a-mach, agus tha an teanga a dh'èirich bhuaipe, Gaelg (Gàidhlig Eilean Mhanainn), air a bruidhinn fhathast an-diugh, às dèidh dhi a bhith fo bhuaidh na Seann Lochlannais agus Beurla fad linntean. Bha Manainn mar phàirt de dhùthaich Thighearnas nan Eilean, a bha a' gabhail a-steach eileanan taobh siar na h-Alba, agus anns an robh prìomhachas aig a' Ghàidhlig. Às dèidh bàs an duine mu dheireadh aig an robh Gaelg mar chiad cànan ann an 1974, bha eòlaichean ag ràdh gur e cànan 'marbh' a bh' innte. Ge-tà, cha do ghabh sin a-steach gun robh fhathast coimhearsnachd aig an robh i, stèidhichte air daoine a dh'ionnsaich i gu fileantachd mar dhàrna cànan.

Tha UNESCO a-nise air Gaelg a chomharrachadh aig an aon ire ri Còrnais – 'ann am fior chunnart'. Ach, air sgàth obair le feedhainn a tha dèidheil air a' cànan agus taic bho Riaghaltas Eilean Mhanainn, tha beatha às ùr air tighinn air Gàidhlig Eilean Mhanainn. Tha beagan foghlaim ann tro mheadhan na Gaelg, agus tha an àireamh de luchd-labhairt air a dhol suas gu mòr thar nan deicheadan a dh'fhalbh, bho 165 ann an 1961 gu 1,689 ann an 2001.

Tha na h-eadar-dhealachaidhean eadar na trì cànan Goidelic air a dhol am meud leis gun do chailleadh dualchainntean a bh' air a bhith mar dhrochaidean eatarra. Mar eisimpleir, bha Gàidhlig Eilean Reachra (gu poilitigeach mar phàirt de dh'Èirinn) gu math dlùth ri Gàidhlig na h-Alba, agus 's iongantach mura robh rudan anns a' chumantas eadar na

dualchainntean a bhathar a' bruidhinn uaireigin ann an Cinn Tire agus Gall-Ghàidhealaibh, agus Gàidhlig Ceann a Tuath na h-Èireann. Eadhon an-diugh tha faclan is abairtean ann an Gàidhlig Earra-Ghàidheal a bhiodh Gàidheil ceann a tuath na h-Alba a' tomhas mar rudeigin 'Èireannach', mar a chithear anns a' chlàr gu h-iosal.

Clàr 3 Coimeas eadar faclan ann an Gàidhlig na h-Èireann, Gàidhlig Earra-Ghàidheal agus dualchainntean ceann a tuath na h-Alba

Gàidhlig na h-Èireann	Gàidhlig Earra-Ghàidheal	Gàidhlig Ceann a Tuath na h-Alba	Beurla
ascaill	asgaill	achlais	armpit
citeal	ceatal	coire	kettle
comharsa	coimhearsnach	nàbaidh	neighbour
cosúil	cosail	coltach	like, resembling
dreoilín	dreòlan	dreathann-donn	wren
go raibh maith agat	gun robh maith agad	tapadh leat	thank you
gruaig	gruag	falt	hair of the head
olann	olann	clòimh	wool
sé	sè	sia	six
siopa	siop	bùth	shop

Mar an ceudna, bhiodh a' chuid a bu mhotha de luchd-labhairt Gàidhlig na h-Alba a' faighinn dualchainnt Thìr Chonaill (Ulaidh) na Gaeilge nas fhasa thuigsinn seach an fheadhainn a tha nas fhaide deas ann an Èirinn (tha an diofar eadar dualchainntean ann an Èirinn nas motha na 'n diofar taobh a-staigh Gàidhlig na h-Alba). Gabhaidh seo faicinn leis an t-seantans: 'Ciamar a tha thu?'

Clàr 4 Ciamar a tha thu?

Albannach	Ciamar a tha thu? / Dè mar a tha thu?
Ulaidh (taobh an iar-thuath na h-Èireann)	Cad é mar atá tú?
Connacht (taobh an iar na h-Èireann)	Cén chaoi a bhfuil tú?
Mumhan (taobh an iar-dheas na h-Èireann)	Conas atá tú?

Ach chan eil an seo ach tomhas bunaiteach, agus uaireannan bidh an dreach à Cúige na Mumhan anns a' cheann a deas rudeigin aithnichte do Ghàidheal Albannach; airson 'Ciamar a tha thu?', mar eisimpleir, bidh cuid de dh'Albannaich ag ràdh: 'Cionnas a tha thu?'!

A dh'aindeoin na th' aca sa chumantas, tha eadar-dhealachaidhean an ìre mhath mòr ann eadar Gàidhlig is Gaeilge a tha gam fàgail mar chànanan fa leth, dlùth-chàirdeach a-nise, seach dualchainntean dhen aon chànan, mar a bha o chionn beagan cheudan bhliadhnaichean nuair a bhathar a' bruidhinn na Gàidhlig gun bheàrn eadar Corcaigh is Gallaitb.

Tha an tràth làthaireach simplidh ann an gniomhairean, a tha mar phàirt de Ghàidhlig na h-Èireann fhathast, air a dhol à bith ann an Gàidhlig na h-Alba far a bheil an tràth làthaireach leantainneach air a dhol na àite; bidh sin a' cleachdadh an ainmeir ghnìomhairich. Mar sin, canaидh na h-Èireannaich *tuigim* ('I understand') fhad 's a chanas

na h-Albannaich *tha mi a' tuigsinn* (gu litreachail ‘I am at understanding’). Agus tha seann riochd àicheil *nichon* air a dhol an giorrad ann an dòigh dhiofraichte anns an dà dhùthaich – *ní* ann an Èirinn agus *chan* ann an Alba (ged a chluinnear *chan* cuideachd ann an Ulaidh). Mar sin, gheibhear *chan eil airgead agam* ann an Gàidhlig agus *níl airgead agam* ann an Gaeilge.

Tha na stràcan, a tha a’ comharrachadh leudachadh fuaimneachadh fuaimreig, eadar-dhealaichte eadar an dà chànan. Ann an Gaeilge tha iad uile geur agus, ann an Gàidhlig, às dèidh ath-chruthachadh air an dòigh-sgrìobhaidh tràth sna 1980an, tha iad uile trom. Mar sin, chithear ‘*Fáilte*’ air soidhnichean ann an Èirinn, agus ‘*Fàilte*’ ann an Alba. Bidh cuid de dh’haelan a’ gabhail cuideam air an lide mu dheireadh ann an Èirinn, gu sònraichte anns a’ cheann a deas, ach bidh Gàidheil Albannach an ire mhath an-còmhnaidh a’ cur cuideam air a’ chiad lide ann am facal. Mar sin, canaидh na h-Èireannaich *bradán* airson *bradan* agus *arán* airson *aran*.

Ghlèidh Gàidhlig na h-Alba an dòigh chlasaigeach airson an riochdair pearsanta iolra *sibh* a chleachdad airson urram fhoillseachadh do dh’aois neach. Mar sin, canaïdh sinn ‘*Ciamar a tha sibh?*’ ri cuideigin a tha ginealach nas sine, seach ‘*Ciamar a tha thu?*’ Ann an Gaeilge, ge-tà, cha chleachdad duine *sibh* ach a-mhàin nuair a bhiodh e a’ bruidhinn ri barrachd air aon duine.

Tha na riaghailtean a thaobh teàrnadh, ’s e sin mar a dh’atharraicheadh falal a rèir na tha a dhìth a thaobh gràmar, eadar-dhealaichte uaireannan cuideachd, agus thug cànanan eile buaidh eadar-dhealaichte air Gàidhlig is Gaeilge aig amannan. Mar eisimpleir, tha Gàidhlig na h-Alba air faclan-iasaid a thoirt bho Albais is Seann Lochlannais ann an dòigh euoltach ri Gàidhlig na h-Èireann (ged a tha faclan-iasaid Lochlannach ann an Gaeilge). Ach tha an dà theanga air faclan a thoirt bhon Bheurla Shasannaich ann an dòigh car coltach.

Tha maothachd nam fuaimean a chluinnear tric aig connragan ann an Gàidhlig na h-Alba mar thoradh air an uiread de shèimheachadh sa chànan (’s e sèimheachadh maothachadh chonnragan a thathar a’ comharrachadh le ‘h’ às dèidh na connraig) agus ro-analachadh, far a bheil ‘h’ no ‘ch’ air a ràdh, gun a bhith sgrìobhte, ron chonnraig). Chan eil a leithid ann an Gàidhlig na h-Èireann ach nochdaidh e ann an Innis Tìlis, Fàrothais agus Nirribhis (agus, gu h-inntinneach ann an cànanan Artach nach eil càirdeach don fheadhainn eile, leithid Sàmi agus Graonlainnis). Air sgàth ro-analachadh, bidh na h-Èireannach ag ràdh ‘*mak*’ airson *mac*; bidh na Gàidheil Albannach ga fhuaimneachadh ‘*machk*’.

Tha na siostaman sgrìobhaidh airson Gàidhlig agus Gaeilge car coltach ri chèile, agus iad stèidhichte air an t-siostam a bh’ ann airson sgrìobhadh na Gàidhlig chlasaigich a bh’ air a cleachdad leis na h-uaislean foghlamaichte anns an dà dhùthaich; mar sin, tuigidh feadhainn a leughas Gàidhlig na h-Alba bunaitean teacsa Gaeilge; tha e ag obair anns an dòigh cheudna air an Rathad eile cuideachd. Ach tha siostam sgrìobhaidh Gàidhlig Eilean Mhanainn gu math eadar-dhealaichte agus doirbh a leughadh do Ghàidheil à Alba is Èirinn. Chaidh a’ siostam sgrìobhaidh a chruthachadh anns an 17mh linn agus tha e stèidhichte gu ire mhòr air na siostaman airson Beurla is, gu ire nas lugh, Cuimris. Chithear cuid de na h-eadar-dhealachaidhean anns a’ chlár gu h-iosal.

Clàr 5 Coimeas eadar na dòighean sgrìobhaidh airson Gàidhlig, Gaeilge is Gaelg

Gàidhlig na h-Alba	Gàidhlig na h-Èireann	Gàidhlig Eilean Mhanainn	Beurla
a’ bhean	an bhean	yn ven	the wife, woman
ceann	ceann	kione	a head

deoch	deoch	jough	a drink
Dimàirt	Dé Máirt	Jemayrt	Tuesday
gu leòr	go leor	di liooar	enough
iasg	iasc	eeast	a fish
loch	loch	logh	a lake
seòmar	seomra	shamyr	a room
teth	te	çheh	hot

2.7 Sgaoileadh nan Ceilteach

Gluais slòigh aig an robh cànanan Ceilteach gu pàirtean eile dhen t-saoghal, a' fàgail gu bheil na milleanan de dhaoine ann an Ameireagaidh a Tuath, Astràilia agus Sealan Nuadh aig a bheil sinnsireachd Cheilteach. Ach lagaich sin na cànanan nan dùthchannan màthaireil agus, anns an fharsaingeachd, cha do thogadh coimhairsnachdan Ceilteach ùr anns na tìrean-tuineachaид; 's ann anns an ìmpireachd Bhreatannaich a bha a' chuid a bu mhotha de na dùthchannan a ghabh ri in-imrich Cheilteach agus bha iad fo làn-smachd na Beurla Shasannaich. Bha Gàidhlig na h-Alba beò airson ùine ann am pàirtean de dh'Astràilia is Sealan Nuadh ach 's e direach àireamh bheag de dh'Albannaich a chaidh a dh'fhuireach anns na dùthchannan sin agus feedhainn gu h-ionadail a tha dèidheil air a' chànan a chumas beò i an-diugh. Ach tha dà dhùthaich a tha eadar-dhealaichte oir chaidh cànan Ceilteach a stèidheachadh gu làidir annta; 's iad sin Patagonia (Cuimris) agus Alba Nuadh (Gàidhlig).

Tha feedhainn aig a bheil Cuimris fhathast a' fuireach ann an Argentina, sliochd dhaoine a thòisich air a dhol a Mhòr-roinn Chubut ann an 1865; bha iad airson coimhairsnachdan a chruthachadh far nach rachadh a' Chuimris agus a cultar à bith mar a bha a' tachairt am measg nan eilthireach chaidh dh'Ameireagaidh a Tuath. Tha strì air a bhith aca an cànan a chumail beò, agus i a' tighinn fo bhuaidh na Spànnish ach, le taic a bharrachd a' tighinn bhon Chuimrigh, tha ùidh às ùr ann a bhith ag ionnsachadh agus ag adhartachadh na Cuimris ann an Argentina ⁷.

Chaidh a' Ghàidhlig Albannach a stèidheachadh ann an Canada na bu tràithe na sin, anns an 18mh linn, mar thoradh air eilthireachd Ghàidheal (air adhbharan eacnomai-geach an toiseach is an uair sin air sgàth nam fuadaichean). Bha coimhairsnachdan anns an robh Gàidhlig ga bruidhinn ann an grunn àiteachan ann an Canada, gu sònraichte Ontario, Quebec, Bronsuig Nuadh, Eilean a' Phrionnsa agus Alba Nuadh. Ann an 1867, nuair a chaidh co-chaidreachas Chanada a chruthachadh, thathar a' dèanamh dheth gun robh a' Ghàidhlig na treas cànan as mothà a bh' air a' bruidhinn ann an Canada, às dèidh Beurla is Fraingis, le timcheall air 200,000 neach-labhairt. Aig an ire sin, bha Gaeilge fhathast aig mòran eilthireach Èireannach cuideachd; mar sin bha dualchas Gàidhlig aig Canada an 19mh linn na bu làidire na fhuaradh ann an dùthaich sam bith eile taobh a-muigh Alba, Éirinn no Manainn.

'S ann an Alba Nuadh gu sònraichte a dh'fhàs is a leasaich Gàidhlig na h-Alba, agus gu seachd àraigheil air Eilean Cheap Bhreatainn. Ged a tha an cànan air a dhol bàs ann an ceàrnaidhean eile de Chanada (taobh a-muigh bhuidhnean beaga de luchd-ionnsachaidh is luchd-taice), ghleidheadh coimhairsnachd de dhaoine aig a bheil an cànan bho dhùthchas ann an Alba Nuadh, ged a tha i sios a-nise gu dìreach beagan cheudan daoine, an coimeas ri faisg air 100,000, an treas cuid de shluagh na mòr-roinne, aig deireadh an 19mh linn.

Coimhead an bhidio gu h-ìosal airson beagan a bharrachd fhaighinn a-mach mu Ghàidhlig ann an Ceap Breatainn

Video content is not available in this format.
A' bruidhinn Gàidhlig ann an Ceap Breatainn

Le cead [BBC](#)

Chan e a-mhàin gun do ghleidheadh an cànan ann an Alba Nuadh, ach tha cultar co-cheangailte ris a' chànan gu math làidir cuideachd, le dualchas ainmeil de cheòl (gu sònraichte an fhìdheall) agus dannsa (gu h-àraidh dannsa-ceum). 'S e an aon àite taobh a-muigh Alba a chùm traidisean iongantach Albannach beò – na h-òrain luaidh – seinn òrain mar bhuidheann airson taic a chur ri luadh a' chlò. Tha Gàidheil à Alba Nuadh air mòran a dhèanamh às leth dualchas cruinneil nan sgeulaichean Gàidhlig, a bharrachd air seinn, sgrìobhadh agus foillseachadh sa chànan. Agus 's e Alba Nuadh an aon àite taobh a-muigh Alba far a bheil a' Ghàidhlig Albannach a' faighinn taic shònraichte bho bhuidheann riaghaltais. Ann an 2006 chruthaich Riaghaltas Alba Nuadh Oifis Iomairtean na Gàidhlig, fo cheannas Ministear, airson a bhith ag obair còmhla ri muinntir na h-Albann Nuaidh air cànan is dualchas na Gàidhlig ùrachadh anns a' Mhóir-roinn'. Chruthaich coimhairsnachd Ghàidhlig Alba Nuadh a bratach fhèin cuideachd, mar a chithear gu h-ìosal.



Figear 15 Bratach coimhairsnachd na Gàidhlig ann an Alba Nuadh

2.8 Luchd-ionnsachaidh is luchd-taice air feadh an t-saoghail


Tha àireamh nach beag de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh a-muigh Alba, agus mòran dhiubh a' cur feum air na cothroman a th' ann airson ionnsachadh le goireasan eadar-lìn, samhail a' [Chùrsa Inntrigidh](#) aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha cuid dhiubh ann an dùthchannan a ghabh ri buidhnean mòra Ghàidheal, leithid Astràilia, Sealan Nuadh, Canada, na Stàitean Aonaichte agus Argentina, a bharrachd air Sasainn, a' Chuimhrigh agus Èirinn.

Video content is not available in this format.

[Blogaire Gàidhlig ann an Los Angeles anns na Stàitean Aonaichte](#)

Ach gheibhear luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, cuid dhiubh a th' air fileantachd a ruigsinn, ann an dùthchannan cho diofraichte ri Brasail, Siona, an Ruis, Casagstan, an Ungair, a' Phòlainn, an Ostair agus an Eilbheis. Chan e sliochd nan Gàidheal a th' anns a' mhòr-chuid de na daoine sin, ach feadhainn a bhuineas do dhualchais eugsamhail a thog ùidh anns a' Ghàidhlig, leis gun d' fhuair iad rudeigin tarraingeach mu Alba is a' Ghàidhealtachd – a ceòl, sgeulachdan, dualchas Ceilteach, a h-eachdraidh, bòidhchead na tire agus/no na daoine fhèin.

'S ann anns a' Ghearmailt a tha a' bhuidheann as mothà de na daoine seo a' fuireach. Tha Micheal Klevenhaus na Ghearmailteach a tha fileanta ann an Gàidhlig. Sgriobh e leabhar ann an Gearmailitis airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (Schottisch-Gälisch: Wort für Wort), agus bidh e a' teagastg a' chànan do 70 oileanach aig Oïlthigh Bhonn. Tha grunn Ghearmailtich air Gàidhlig ionnsachadh gu fileantachd agus tha cuid dhiubh a-nise a' dèanamh bith-beò anns an eaconamaidh Ghàidhlig ann an Alba fhèin.



Figear 16 Cruinneachadh de sgeulachdan goirid ùra air an sgrìobhadh 's am foillseachadh an toiseach ann an Gàidhlig (gu h-àrd) agus air an eadar-theangachadh an uairsin gu Gearmaitis (gu h-ìosal)



Tha luchd-ionnsachaidh a' cur gu mòr ri coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Alba, a' sealltainn (do dh'Albannaich am measg eile!) gun gabh an cànan ionnsachadh gu fileantachd mar inbheach gun duilgheadas mòr sam bith, agus gu bheil a' Ghàidhlig gu math tarraingeach do dhaoine taobh a-muigh a coimhearsnachd thraigiseanta, daoine a bheir leotha dealas is lèirsinn ùr.

3 A' Ghàidhlig san latha an-diugh

3.1 Cò tha bruidhinn Gàidhlig?

3.1.1 'Tha mise!'

Seo eisimpleir de thriùir dhaoine eadar-dhealaichte a tha a' bruidhinn na Gàidhlig.

	<p>Karen</p> <p>'Mise Karen. Tha mi 18 agus tha mi air a bhith a' fuireach an Inbhir Nis fad mo bheatha. Bha Ghàidhlig aig teaghlaich mo sheanair agus bha mo phàrantan airson gum biodh i agamsa cuideachd. Tha mi uabhasach toilichte gun do rinn mi sin. Chaidh mi gu clas Ghàidhlig ann an Inbhir Nis agus tha mi fortanach gu bheil tòrr chothroman air a bhith agam a' Ghàidhlig a chleachdadadh, mar eisimpleir ann an ceòl. San t-Sultain 2011 tha mi dol dhan Oilthigh far am bi mi a' dèanamh Ghàidhlig agus Eachdraidh agus 's dòcha Poilitigs.'</p>
	<p>Crisdean</p> <p>'Mise Crisdean. Bha Fraingis agus Beurla agam san dachaigh agus dh'ionnsaich mi a' Ghàidhlig anns an sgoil agus ann an Colaiste Ghàidhlig. Tha diofar obraichean air a bhith agam ann an saoghal na Ghàidhlig.'</p>
	<p>Dòmhnaill-lain</p> <p>'Mise Dòmhnaill-lain. Chaidh mo thogail ann an sgìre Ghàidhlig anns Na h-Eileanan an lar agus b' i a' Ghàidhlig a' chiad chànan agam. Bidh mi a' bruidhinn Ghàidhlig rim theaghlaich, ri caraidean agus, mus do leig mi dhòm mo dhreuchd, bhithinn ga bruidhinn nam obair-latha.'</p>

3.1.2 An Dealbh Mòr

Bha 58,652 duine a bhruidhneadh a' Ghàidhlig aig àm Cunntas-sluaigh 2001 agus 19,750 eile a thuigeadh a' chànan.

Den luchd-labhairt, bha 33,315 (57% den ionlan) a' fuireach ann an coimhairsnachdan Ghàidhlig sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. 'S ann anns na h-Eileanan an lar (le 15,723 luchd-labhairt) a bu mhotha a bha, le 62.3% den t-sluagh gu lèir agus cuid a sgìrean nas àirde na 80%. Bha 35.5% de shluagh an Eilean Sgitheanaich (3,999 neach gu lèir) comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn agus bha aon sgìre nas àirde na 70%.

Bha an 13,593 a tha air fhàgail sgapte eadar Earra-Ghàidheal agus Bòd agus tìr-mòr na Ghàidhealtachd, a' gabhail a-steach 2,820 ann am baile Inbhir Nis. Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadadh gu làitheil anns a' mhòr-chuid de na coimhairsnachdan sin, gu h-àraidh anns Na h-Eileanan an lar agus san Eilean Sgitheanach.

Clàr 5 Cunntas Sgìrean Ghàidhlig an Alba

Sgìre	Gàidhlig
Comhairle nan Eilean Siar	15,723
An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse	3,999
An còrr den Ghàidhealtachd (Tìr-mòr)	8,670
Earra-Ghàidheal agus Bòd	4,168
Sgìrean Ghàidhlig eile	755
Ionlan, sgìrean Ghàidhlig	33,315

Bha 25,337 de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach an taobh a-muigh de na sgìrean traidiseanta Gàidhlig ann an 2001. Bha iad rim faighinn air feadh Alba, le àireamhan gu h-àraidh àrd ann am bailtean mòra mar Glaschu (5,731), Dùn Èideann (3,132) agus Obar Dheathain (1,420). Tha mòran dhiubh seo cuideachd a bhios a' cleachdadadh na Gàidhlig nam beatha làitheil: ann an seadh tha iad nan coimhairsnachd am broinn coimhairsnachd anns na bailtean sin.

Clàr 6 Cunntas àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba

Sgìre	Gàidhlig
Iomlan, sgìrean Gàidhlig	33,315
An còrr de Alba	25,337
Iomlan	58,652


Gheibhear map a' sealltainn na tha de luchd-labhairt Gàidhlig anns a h-uile sgìre air feadh Alba ann an Aithisg na h-Oifis Clàraighe Choitcheann (GRO) air Cunntas-sluagh 2001 aig: www.gro-scotland.gov.uk/files/gaelic-rep-english-appendix.pdf

B' e 45.9 bliadhna an aois chuibheasach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an 2001, 18% nas àirde na an aois chuibheasach aig sluagh Alba gu lèir (39 bliadhna). Tha an clàr seo a' sealltainn na h-aon dealbh sin o shealladh eile.:

Clàr 7 Aois chuibheasach luchd-labhairt na Gàidhlig

Aois	Luchd-labhairt
0-20 bliadhna dh'aois	10,158
45-64 bliadhna dh'aois	16,855

Chaidh an graf seo ullachadh leis a' bhuidheann-rannsachaidh, Sgrùd.



Anaillis: C Mac Fhionghain © 2003 SGRÙD Rannsachadh

Gheibhear an graf seo agus feadhainn eile de a leithid aig: [Comunn na Gàidhlig](#)

'S e fileantaich a dh'ionnsaich a' chànan anns an dachaigh agus a' choimhhearsnachd, mar as trice air a' Ghàidhealtachd no sna h-Eileanan, a tha anns a' mhòr-chuid den luchd-labhairt as sine. A thaobh an fheadhainn as òige, tha a' mhòr-chuid dhiubhsan a-nise a' togail na Gàidhlig anns an sgoil, gu h-àraidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, air feadh Alba. Tha grunn inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig cuideachd, cuid dhiubh o air taobh a-muigh Alba.

Bogsa 1

Gheibhear fiosrachadh mionaideach bho Chunntas-sluaigh 2001 aig:

- [Aithisg, teacsa](#)
- [Aithisg, clàir](#)
- [Èarr-ràdh, clàir](#)

3.2 Carson crìonadh?

Thàinig a' Ghàidhlig a dh'Alba à Èirinn anns na linnteann tràth RC agus bha i na prìomh chànan san dùthaich ro dheireadh a mhile bliadhna sin. Tha i air as bhith a' crìonadh riamh on uair sin, ge-tà, air diofar adhbhair.

3.2.1 Poilitigs agus Eaconamas

Ghabh Fraingis àite na Gàidhlig ann an cùirt Rìgh Chaluim a' Chinn Mhòir agus na Bànrig Mairead san 11amh linn. On a sin a-mach thàinig a' Bheurla Albannach beag air

bheag gu bhith na priomh chànan anns na bailtean ùra. Thairis air na linntean a lean chaidh a' Ghàidhlig a phutadh air ais ceum air cheum chun an àirde tuath agus an iar.

Am measg nan oidhirpean a rinn Crùn Alba gus a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan fhaighinn fo an smachd bha laghan leithid nan 'Statutes of Iona', Reachdan I ann an 1609 a dh'fheuch ris a' Ghàidhlig a lagachadh am measg nan uaislean le bhith ag iarrайдh gum biodh na mic as sine aca air an oideachadh tron Bheurla ann an sgoiltean Gallda.



Figear 17 Bha birlinnean, samhla de chumhachd nam fineachan Gàidhealach, cuideachd air an toirmeasg le Reachdan I

Thàinig nàdar de 'diglossia' am bàrr tro thìde anns an robh a' Bheurla air a cleachdadòr ann an obair an riaghaltais agus bhuidhnean poblach eile agus a' Ghàidhlig air a cur gu feum dìreach anns an dachaigh agus a' choimhhearsnachd.

Anns na bliadhnaichean mu dheireadh 's e dìth inbhe san lagh an trioblaid as mothà a tha air a bhith aig a' Ghàidhlig seach toirmeasg no dìmeas sam bith a bha air a dhèanamh oirre. Tha cunntas anns an ath earrann air mar a chaidh seo a leasachadh.

Dh'fhuiling Gàidhealtachd agus Eileanan Alba mòran bochdainn, dìth obrach agus imrich thar nam bliadhnaichean, leithid Fuadaichean agus gaise a' bhuntàta san 19amh linn agus cogaidhean mòra na 20amh linn. Bha dà sheòrsa buaidh aig seo air suidheachadh na Gàidhlig.

An toiseach, bha e ciallachadh gun deach coimhhearsnachdan Gàidhlig a bhriseadh an àird agus luchd na Gàidhlig, a' chuid mhòr dhiubh òg, air an sgapadh a dh'aiticheadh mar Glaschu no Canada.

'S e a' bhuaidh a bu mhiosa, ge-tà, gun tug e air daoine a bhith smaoineachadh nach robh luach sam bith anns a' Ghàidhlig. Dh'fhàg seo sgoiltean 'ag ullachadh chloinne airson imrich' agus pàrantan a' roghnachadh gun a' Ghàidhlig a thoirt dhan clann.

3.2.2 Foghlam agus buaidhean cultarach

Ged a bha tomhas de Ghàidhlig anns na sgoiltean eaglaise a thàinig roimpe, cha robh guth air a' Ghàidhlig ann an Achd Foghlaim (Alba) 1872, an reachdas a thug a-steach foghlam dha na h-uile ann an Alba. Mar thoradh air seo cha robh mòran sam bith Gàidhlig air a teagasg, agus bha nas lugha air a chleachdadh mar mheadhan teagaisg, anns na sgoiltean ùra. 'S ann a bha cuid a' peanasachadh chloinne airson a bhith ga bruidhinn mar a chithear san eisimpleir seo.

Bogsa 2


'Archy has a vivid memory of when he was very young sitting on his grandfather's knees, gazing into his intensely blue eyes and white beard, and being told about the persecution the children were subjected to when his grandfather, Archibald, was a boy at school for speaking in Gaelic. They were severely belted and a tessera board (maide-crochaidh) was hung round their neck and if they had not betrayed another Gaelic speaking class-mate by 4pm they got another belting. If the child had not handed over the board by the morning attendance at school another belting was administered and so on.'

The Shielfoot Macphersons and a Journey of Discovery' le Ewen S. L. MacPherson, ann an Creag Dhubh 1994 No. 46, iris Comann Chloinn 'ic a' Phearsain.

Chaidh mòran strì a dhèanamh thar nam bliadhnaichean an aghaidh seo agus chaidh grunn phròiseactan foghlaim a chur air dòigh gus an suidheachadh seo a leasachadh. B' e Achd Foghlaim 1918, a dh'iarr air ùghdarrasan foghlaim 'ullachadh reusanta a dhèanamh airson na Gàidhlig', Pròiseact Dà-chànanach Comhairle nan Eilean agus, o chionn ghoirid, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eisimpleirean den seo: bidh cunntas orra san ath earrann.

Anns na bliadhnaichean às dèidh an Dara Cogaidh, agus gu h-àraidh o na 1960an, dh'fhsogail a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a-mach barrachd ris an t-saoghal mhòr, gu h-àraidh tron telebhisean a bha mar dhoras gu cultar 'pop' an ama. 'S e aon bhuaidh a bha aig seo, am measg rudan eile, gun do thòisich an òigridh gu h-àraidh a' faicinn na Gàidhlig mar rud seann-fhasanta agus thòisich iad a' cur an cùl rithe, glè thric an aghaidh toil am pàrantan agus a dh'aindeoin leasaichidhean ann am foghlam mar Pròiseact Dà-chànanach Comhairle nan Eilean.

Thòisich an Cunntas-Sluaigh Nàiseanta a' clàradh an àireamh a bha a' bruidhinn na Gàidhlig ann an 1881 agus tha seo air a bhith a' sealltainn mar a tha a' chànan air a bhith a' dol air ais on uair sin, bhon 254,415 a bha ga bruidhinn ann an 1891, mar eisimpleir, chun an 58,652 a bha air fhàgail ann an 2001. Chaidh an graf seo ullachadh le Sgrùd:



Gheibhean graf seo agus feadhainn eile de a leithid aig:
www.cnag.org.uk/munghaidhlig/stats/gaelspeakers.php.

3.3 Ath-bheothachadh na Gàidhlig

Ceum 1

Bha bochdainn agus strì mun fhearann cumanta san 19amh linn air a' Ghàidhealtachd ach ro dheireadh na linn bha piseach air töiseachadh a' tighinn air gnothaichean. A thaobh na Gàidhlig, ann an 1891 chaidh buidheann a chur air chois airson a' chiad uair gus a' chànan a neartachadh. B' e a' chiad rud a rinn An Comunn Gàidhealach fèis chiùil nàiseanta, am Mòd, a chur air chois gus ceòl na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus iomhaigh a' chànan a thogail. Chuir an Comunn cuideachd meuran ionadail air chois agus ghabh iad pàirt ann an iomairtean politigeach, leithid na strì airson clàs a' buntainn ri Gàidhlig ann an Achd Foghlaim (Alba) 1918. Thug an Achd seo inbhe oifigeil don Ghàidhlig airson a' chiad uair le bhith ag iarraidh air na h-Ùghdarrasan foghlaim ùra 'ullachadh reusanta a dhèanamh airson na Gàidhlig ann an sgìrean sam bheil a' chànan air a bruidhinn.'



Figear 18 An fheadhainn a stèidhich An Comunn Gàidhealach

Ceum 2

Thòisich an dara ceum de ath-bheothachadh na Gàidhlig às dèidh an Dara Cogaidh agus ruith e gu mu 1980. Chaidh an t-àite a bha aig a' bhuidheann shaor-thoileach An Comunn Gàidhealach ann an obair leasachaideh na Gàidhlig a ghabhail thairis beag air bheag aig an àm seo le luchd-iomairt de sheòrsa ùr, a chuir air chois leasaichidhean ann am foillseachadh, craoladh agus foghlam, an dara cuid tro bhuidhnean stèidhete (mar am BBC no na Comhairlean) no a chuir air chois am buidhnean fhèin, mar a rinn Ruaraidh MacThòmais le Gairm ann an 1952 is Comhairle nan Leabhracinean ann an 1968. 'S e a' phriomh rud a tha a' comharrachadh a' cheum seo mar a thòisich structar-taice proifeiseanta a' tighinn gu buil anns a' Ghàidhlig.

Bha an cuideam ann am foghlam a-nise air cleachdad na Gàidhlig mar mheadhan-teagaisg. 'S e Sgeama Foghlam Gàidhlig Siòrrachd Inbhir Nis (anns na 1960an agus na 1970an) agus Pròiseact Foghlam Dà-chànanach Comhairle nan Eilean dà eisimpleir den seo, a bha ag amas air clann dhà-chànanach a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdad na Gàidhlig mar: 'a natural language for the exploration and description of experience'.

Ceum 3

Tha trì roinnean san treas ceum de ath-bheothachadh na Gàidhlig.

'S e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), stèidhete air eisimpleir na Cuimrig, aon dhiubh sin. Thòisich seo tràth anns na 1980an agus tha e air sgapadh air feadh na dùthcha, le mu 4,000 sgoilear a-nise an sàs aig diofar irean.




Figear 19 Thug 'Latha Mòr na Gàidhlig' a chaidh a chur air chois le Comhairle na Gaidhealtachd ann an 2005, còmhla 500 sgoilear ann an FTG bho air feadh Alba

Ann am foghlam bogaidh mar FTG tha clann air an teagastg gu tur tron chànan ged nach biodh i air a bhith aca o thùs (rud a tha fior mu timcheall air 80% de sgoilearan ann am FTG). Tha a' mhòr-chuid dhiubh seo a' tòiseachadh a' tuigsinn na Gàidhlig luath agus tha iad comasach air iad fhèin a chur an cèill innte air iomadh cuspair mus fhàg iad an sgoil.

Tha FTG air fhaicinn le mòran mar an dòchas as fheàrr airson na Gàidhlig san linn ri teachd leis gu bheil e a' cruthachadh luchd-labhairt ùr ann an coimhearsnachdan far nach eil pàrrantan air fhàgail aig a bheil a' Ghàidhlig. Tha an graf, a rinneadh le Sgrùd, a' sealltainn mar a dh'fhàs foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig bho thòisich e ann an 1985. Chithear an graf seo agus feedhainn eile coltach ris aig:

<http://www.cnag.org.uk/munghaidhlig/stats/bunsgoitcean1.php>



Figear 20

Tha cuideachd clasaichean luchd-ionnsachaидh ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean. Gheibhear fiosrachadh air foghlam Gàidhlig san fharsaingeachd air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig aig: <http://www.gaelicteaching.com/en/>.

Chunnaic an dara ceum san ath-bheothachadh ùrachadh ann an ceòl Gàidhlig (agus Ceilteach) agus seirbheis chunbalach craobh-sgaoilidh a' tighinn gu iùre sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach sianal telebhisein ([BBC ALBA](#)).

Chunnaic an treas roinn den ath-bheothachadh Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005. Chuir seo air chois gu h-oifigeil buidheann ùr, Bòrd na Gàidhlig, a bha gu bhith a' toirt comhairle dhan Riaghaltas, ag ullachadh Plana Nàiseanta airson na Gàidhlig agus a' cuideachadh bhuidhnean eile gus am planaichean fhèin ullachadh. 'S e am priomh phrionnsabal air cùl na h-Achd gu bheil 'co-ionannachd meas' aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. Gheibhear copaidh den Achd (2005) agus de chìad Phlana Nàiseanta Bòrd na Gàidhlig (2007) aig:

<http://www.gaidhlig.org.uk/en/national-plan-for-gaelic>

<http://www.legislation.gov.uk/asp/2005/7/contents>

Fàisneachd

Tha staid na Gàidhlig thairis air a' cheud bliadhna mu dheireadh air a bhith an dà chuid a' fàs nas fheàrr agus nas miosa. Air an aon làimh, tha inbhe na Gàidhlig, agus na

suidhichidhean anns an urrainnear a cleachdad, air a bhith a' sìor fhàs. Aig an aon àm, tha an àireamh a tha ga bruidhinn a' sìor chrònadh (ged a tha an crònadh a' fàs nas slaodaiche). Tha Plana Nàiseanta Bòrd na Gàidhlig (2007) ag amas air gum bi 65,000 de luchd-labhairt na Gàidhlig ann ro 2021. Tha cuid a' meas seo ro dhòchasach ach tha e a' coimhead coltach gun stad an crònadh anns na bliadhnaichean ri teachd, ged is dòcha gum bi sin aig ìre nas àirde na an targaid ud.

3.4 Tha a' Ghàidhlig beò!

Foghlam

Tha sgoilearan a' tòiseachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG) aig aois òg, mar as trice ann an cròileagan no sgoil-àraich. Tha dà sgoil Ghàidhlig ann an Alba (ann an Glaschu agus Inbhir Nis); a bharrachd air sin, 's ann mar chlasaichean ann an sgoiltean dà-chànanach a tha FTG air a thoirt seachad. Chan eil mòran teagastg tro mheadhan na Gàidhlig anns an àrd-sgoil ach tha cothrom aig sgoilearan clasaichean càinain a ghabhail san àrd-sgoil a bheir iad gu deuchainnean SQA ann an Gàidhlig (fileantaich).



Figear 21 Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, sgoil ùr a dh'fhosgail ann an 2007

Cliog an seo airson pìos bhidio far a bheil dà sgoilear à BSGI ag innse mun sgoil: [ww2.highland.gov.uk/gaelic_in_the_highlands/gaelic_school](http://www2.highland.gov.uk/gaelic_in_the_highlands/gaelic_school).

Coimhersnachd

Tha a' Ghàidhlig air a cleachdad ann am beatha làitheil iomadh coimhersnachd, gu h-àraidi sna h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach ach cuideachd, aig ìre nas lugh, ann an iomadh 'coimhersnachd am broinn coimhersnachd' sa bhaile mhòr.



Figear 22 Na Hearadh, far a bheil Gàidhlig fhathast an ìre mhath làidir

Tha grunn eaglaisean - Pròstanach agus Caitligeach – a' cleachdadh Gàidhlig nan adhradh. 'S e aon de na seòrsaichean seinn as annasaiche, agus as cumhachdaiche, anns a' Ghàidhlig, mar eisimpleir, an dòigh air seinn nan salm Ghàidhlig a tha air tighinn ri chèile thar nan linntean ann an Eaglaisean Clèireach nan Eilean. Tha an eisimpleir seo à Leòdhas:

Watch the Video at [YouTube.com](https://www.youtube.com/)

Seinn nan salm ann a Leòdhas

Craoladh

Tha MG ALBA air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba airson prògraman telebhisein Gàidhlig a chruthachadh agus, ann an co-bhoinn ris a' BhBC, tha iad air BBC ALBA a chur air chois, sianal telebhisein digiteach Gàidhlig. Tha BBC ALBA ri lorg air Freeview Sianal 8; Cabal Sianal 188; Sky Sianal 168; Freesat Sianal 110 agus beò air BBC iPlayer. Gheibhear cuideachd 10 uairean a thìde taghte gach seachdain air BBC PC iPlayer agus BBC iPlayer tro Virgin Media. Airson fiosrachadh air MG ALBA faic: www.mgalba.com/index-en.html

Tha seirbheis chunbalach Ghàidhlig ri fhaighinn air BBC ALBA, air telebhisean, rèidio agus an eadar-liòn a-nise, a' gabhail a-steach phrògraman chloinne, seirbheis naidheachdan, àbhachdais agus spòrs. Airson fiosrachadh faic: www.bbc.co.uk/alba

Video content is not available in this format.

Criomag bho Eòropa, prògram de naidheachdan Eòrpach a tha ri fhaicinn air BBC ALBA

Cultar

Tha ceòl Gàidhlig (agus Ceilteach) air a bhith dol o neart gu neart o chionn beagan bhliadhnaichean, mar a chithear aig fèisean ciùil mar Blas (air a' Ghàidhealtachd), HebCelt (Na h-Eileanan Siar) agus Celtic Connections (Glaschu).

Airson tuilleadh mu fhèisean ciùil faic:

- www.blas-festival.com
- www.hebcelfest.com
- www.celticconnections.com

Airson pìosan bhidio à BLAS 2010, cliog air:

<http://www.blas-festival.com/2010-bhideo-video-clips.html>

Tha fèisean ionnsachaидh air an cumail air feadh na dùthcha far a bheil cothrom aig luchd-ionnsachaيدh òg sgilean cultarach Gàidhlig a thogail o phroifeiseantaich.

Tha mu 40 fèis ann aig an àm seo, le taic o bhuidheann nàiseanta, Fèisean nan Gàidheal. Airson tuilleadh fiosrachaيدh faic: www.feisean.org

'S e co-fharbaisean ciùil a tha anns na mòdan, nàiseanta agus ionadail, airson clann agus inbhich a tha air an ruith leis a' Chomunn Ghàidhealach. Airson fiosrachadh faic:

www.ancomunn.co.uk or www.acgmod.org

Tha roinnean eile de chultar na Gàidhlig seach a' chànan fhèin air ath-bheothachadh cuideachd o chionn ghoirid, mar eisimpleir dannsa thraigiseanta leithid 'dannsa-ceum' a chaidh a thoirt air ais à Canada agus a tha a' fàs gu mòr. Airson tuilleadh fiosrachaيدh, faic: www.dannsa.com no www.scottishdance.net/highland.

Soidhnichean

Tha an t-amas aig Achd na Gàidhlig gum bi an aon 'mheas' air a chur air Gàidhlig agus Beurla a' ciallachadh gu bheil a' Ghàidhlig a' nochdadh tòrr nas trice a-nise air soidhnichean de gach seòrsa, a-staigh agus a-muigh.

Cluinnear Gàidhlig ga labhairt ann an suidhichidhean oifigeil cuideachd mar na rabhaidhean sàbhailteachd air aiseagan chun nan Eilean.



Figear 23 Soidhnichean Gàidhlig ann an Alba



Teaghlaich

Bidh pàrтан le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag ionnsachadh na Gàidhlig gus an clann a chuideachadh. A bharrachd air clasaichean-oidhche tha

tachartasan ann far am faod pàrantan agus clann ionnsachadh còmhla. Gheibhear cunntas air a leithid seo a thachartas aig: <http://www.cnag.org.uk/pdfs/curisfas11.pdf>.



Figear 24 Pàrantan agus clann aig cruinneachadh FTG ann an Sabhal Mòr Ostaig ann an 2006

4 A' Ghàidhlig – feallsanachd

4.1 Carson dà-chànanas?

Tha dà-chànanas na rud cumanta air feadh an t-saoghail agus tha a h-uile coltas gur ann nas cumanta a tha e dol a dh'fhàs. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil deagh bhuidh aig dà-chànanas air an neach-labhairt agus air a' choimhairsnachd san fharsaingeachd.

4.1.1 Buaidh air an neach-labhairt

Suas chun nan 1960an, bha a' chuid mhòr den rannsachadh air buaidh dà-chànanas air comas-eanchainn chloinne stèidhite air sluagh a bha air in-imrich a dhèanamh dha na Stàitean Aonaichte, a' mhòr-chuid dhiubh à Ameireaga a Deas, agus b' e an co-dhùnadh mar as trice nach robh a' chlann dà-chànanach a' dèanamh cho math ann an deuchainnean comais ri clann aig nach robh ach aon chànan. Chan eil duine a' cur earbsa san rannsachadh seo a-nise, ge-tà, air grunn adhbhairt ach gu h-àraidh airson gun robh iad a' coimeas chloinne à dachaighean a bha glè eadar-dhealaichte a thaobh cosnaidh, ionmhais agus rudan mar ire foghlaim nam pàrantan.

Chaidh pròiseact rannsachaidh mòr a dhèanamh ann am Montreal ann an 1962 a chuir ceist anns na co-dhùnайдhean seo airson a' chiad uair. Rinn na h-eòlaichean-càinair Ealasaid Peal agus Wallace Lambert coimeas eadar comas 'dà-chànanach chothro-mach' – i.e., clann a bha a' cheart cho fileanta ann am Fraingis agus Beurla – agus clann

aig nach robh ach aon chànan. Rinn na dà-chànanach nas fheàrr sa chuid mhòr de na deuchainnean comais aca agus cho-dhùin Peal agus Lambert on seo: ‘A bilingual child is a youngster whose experience with two language systems seems to have left him with a mental flexibility, a superiority in concept formation, a more diversified set of mental abilities.’

Ged a tha fhios againn a-nise gun robh laigsean ann an rannsachadh Peal/Lambert cuideachd, lean mòran de na h-eòlaichean a thàinig às an dèidh an aon slighe, a’ co-dhùnad mar as trice gu bheil ceangal làidir eadar dà-chànanas agus comas-eanchainn chloinne.

Tha luchd-rannsachaidh a-nise a’ feuchainn ri dealbh nas mionaidiche a thoirt air a’ cheangal seo. Tha cuid a’ coimhead air na cànanan fhèin, mar eisimpleir air dè cho fileanta is a tha na dà-chànanach annta. Tha aon eòlaiche air co-dhùnad gu bheil ire àraidh ann – ‘stairseach’ – a dh’fheumar a ruighinn anns gach cànan mus eil a’ bhuaidh mhath seo aig dà-chànanas air comas-eanchainn. Tha cuid eile air coimhead air an inbhe a tha aig gach cànan, a’ co-dhùnad: ‘Where the home language is that of the majority, ‘additive’ bilingualism is best promoted by providing initial instruction in the second language’ (mar a tha a’ tachairt ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig).

Tha cuid a luchd-rannsachaidh air feuchainn ri dearbhadh dè na dearbh chomasan inntinn air a bheil dà-chànanas a’ toirt buaidh. Mar eisimpleir, tha Ellen Bialystok à Oilthigh York, Toronto, air sealltainn gu bheil clann dhà-chànanach nas fheàrr air dèanamh grunn rudan aig an aon àm agus air an cur an òrdugh agus tha i a’ co-dhùnad on seo gu bheil a bhith a’ cumail rian air dà chànan a’ neartachadh ‘siostam smachd na h-eanchainne’. Ged a tha a’ mhòr-chuid de obair Bialystok mu chlann, dh’fhoillsich i páipear sa Ghearran 2011 a tha a’ co-dhùnad gu bheil a bhith a’ cleachdadh dà chànan a’ cur maill air call na cuimhne ann an seann daoine, air an aon adhbhar. Gheibhear cunntas-naidheachd an [seo](#).



Figear 25 Ellen Bialystok

An co-dhùnad, ged a tha ceistean rim fuasgladh fhathast mun cheangal eadar dà-chànanas agus comas-eanchainn, tha barrachd is barrachd aonta ann mun seo, mar a tha Anne Brasier à Oilthigh Kagoshima (Iapan) a’ mineachadh ann an *The relationship between bilingualism and the cognitive development of bilingual children* (1999): ‘Research has overwhelmingly concluded that bilingualism per se does not have any negative effects on cognition. In fact the opposite increasingly appears to be the case: that high levels of bilingualism have accelerating effects on children’s cognitive development.’

4.1.2 Ag ionnsachadh chànanan eile

Tha daoine a bha fileanta ann an dà chànan aig aois òg mar as trice nas fheàrr na an àbhaist air cànanan eile ionnsachadh. Tha seo fior cuideachd mu dhùthchannan (e.g. An Òlainn no An Eilbheis). Tha diofar adhbhair airson seo.

'S e aon adhbhar gu bheil ionnsachadh dara cànan a' toirt misneachd dhan neach-ionnsachaidd gus feuchainn air an treas no an ceathramh cànan on a tha fhios aca a-nise gun urrainn dhaibh a dhèanamh. Bhon is e dìth misneachd a tha a' cumail mòran gun a bhith nas fheàrr air cànanan ionnsachadh, 's e rud cudromach a tha seo.

A bharrachd air sin, tha fhios aig dà-chànanach a-nise mar a dh'ionnsaicheas iad cànan agus mar a dhèiligeas iad ri duilgheadasan agus faodaidh iad an t-eòlas sin a chur gu feum leis an treas (no an ceathramh) cànan.

Tha rannsachadh air sealltann gu bheil dà-chànanach nas mothachaile aig aois òg air an diofar eadar 'cruth' agus 'brìgh' fhaclan na tha clann aig nach eil ach aon chànan – i.e. tha fhios aca gu bheil barrachd air aon dòigh ann air rudan ainmeachadh. Ann an deuchainnean, mar eisimpleir, bha na dà-chànanach òga nas dualtaiche faclan a chur còmhla air sgàth an ciall seach an coltas no am fuaim. Tha an comas seo na chuideachadh ann a bhith ag ionnsachadh chànanan eile.

Tha rannsachadh air seo a' leantainn ach tha aonta ann gu bheil dà-chànanas aig aois òg a' cuideachadh ann a bhith ag ionnsachadh chànanan eile às dèidh sin. Airson cunntas air an rannsachadh. Cliog an [seo](#).

Sgeulachd Chrìsdein



Figear 26

'Rugadh mi san Eilean Sgitheanach ann an coimhlearsnachd Gàidhlig ach 's e Beurla agus Fraingis a bha mi a' cluinntinn aig an taigh. Dh'ionnsaich mi Gàidhlig nuair a dh'fhosgail aonad Gàidhlig sa Bhun-Sgoil ann am Port Righ. Nuair a dh'fhàg mi an sgoil chaidh mi gu Sabhal Mòr Ostaig, colaiste Gàidhlig na h-Alba, agus tha mi air a bhith ag obair ann an saoghal na Gàidhlig bhon uair sin. Tha mi a' faireachdainn glè fhortanach gu robh cothrom agam Gàidhlig ionnsachadh. '

4.1.3 Buaidh air a' choimhlearsnachd

Bogsa 3 Final report and recommendations of The Nuffield Languages Inquiry, 2000

From the foreword by Sir Trevor McDonald OBE and Sir John Boyd KCMG

Our mandate from the Nuffield Foundation, to look at the UK's capability in languages and to report on what we need to do as a nation to improve it, was timely. Every day we are confronted by evidence that we live in a shrinking world. The breaking down of international

barriers, a process which will move much further and faster in the course of this new century, has placed a premium on our ability to talk to our neighbours in the global village ... The scale of what needs to be done has become ever more striking as our work has gone on. At the moment, by any reliable measure, we are doing badly. We talk about communication but don't always communicate. There is enthusiasm for languages but it is patchy. Educational provision is fragmented, achievement poorly measured, continuity not very evident. In the language of our time, there is a lack of joined-up thinking.

Bogsa 4 Foreign languages in the upper secondary school: the causes of decline

Joanna McPake, Lindsay Lyall (SCRE); Richard Johnstone, Lesley Low (University of Stirling)

Introduction

In November 1996, researchers at the Scottish Council for Research in Education (SCRE) and the Institute of Education at the University of Stirling began a study of the causes of decline in uptake of Higher courses in modern languages in Scottish secondary schools. The study was funded by The Scottish Office Education and Industry Department (SOEID) in response to evidence from the Scottish Qualifications Authority (SQA) that the numbers of students entered for Higher examinations in modern languages had fallen by approximately 50 per cent between 1976 and 1996, and consequent widespread concern about the effects of declining capability in modern languages on Scottish industry and trade and on Scotland's role within Europe.

Tha a' mhòr-chuid ann an Alba, agus ann am Breatainn san fharsaingeachd, ag aontachadh gu bheil.

- a) ionnsachadh chànanan eile ar leth feumail ann an saoghal an latha an-diugh
- b) nach eil sinne math air a seo.

Ged is ann air cànanan mar Gearmaitis no Sionais mar as trice a tha daoine a' smaoineachadh nuair a tha iad a' ràdh rudan mar seo, tha buntannas aig seo ris a' Ghàidhlig cuideachd oir.

- a) tha ionnsachadh aon chànan ga dhèanamh nas phasa t'èile ionnsachadh, ge b'e dè na cànanan a tha ann, mar a chunnaic sinn gu h-àrd
- b) tha a' Ghàidhlig air a teagast is air a bruidhinn air feadh Alba agus mar sin 's e cànan a tha innt leis a bheil e furasta tòiseachadh ag ionnsachadh chànanan
- c) tha ionnsachadh dara cànan mar a' Ghàidhlig a' toirt dhuinn 'uinneag eile air an t-saoghal', rud a tha feumail san linn ioma-chultarach sa bheil sinn beò
- d) bheireadh ionnsachadh na Gàidhlig fosgladh-sùla do shluagh a tha air fàs cleachdte ri bhith bruidhinn direach aon chànan agus aig nach eil am misneachd no am miann a dh'fheumar airson cànanan ùra ionnsachadh.

A bharrachd air sin, tha mòran a dh'fhaodas an fheadhainn a tha an urra ri teagast chànanan eile ionnsachadh o na dòighean-teagaisg a tha air a bhith cho soirbheachail sa Ghàidhlig – gu h-àraidh foghlam bogaidh.

4.2 Carson Gàidhlig?

4.2.1 Freagairt cultarach

'S e fear de na prìomh adhbhair a tha daoine ann an Alba ag ionnsachadh na Gàidhlig no a' cur an clann gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt phrìseil de eachdraidh na h-Alba, cho math ri bhith na pàirt de bheatha chultarach na dùthcha san latha an-diugh.

Tha fiù 's ainm na dùthcha a' tighinn on Ghàidhlig oir 's e 'Scoti' an t-ainm a thug na Ròmanach air an luchd-Gàidhlig (à Èirinn) air an tainig iad tarsaing an seo. Tha ceangal dlùth cuideachd eadar suaicheantais Albannach mar an tartan agus a' Ghàidhlig agus tha dualchas ciùil na Gàidhlig air buaidh a thoirt air ceòl Albannach san fharsaingeachd - agus air a bhith a' dol o neart gu neart o chionn ghoirid.

Tha ainmean-àite a' cumail air chuimhne na cultaran a bha ann an sgìrean o chionn fhada agus a thug buaidh air mar a tha iad an-diugh. Tha ainmean a thàinig on Ghàidhlig air am faighinn sa mhòr-chuid de Alba. Tha cuid dhiubh a' tarraing air cruth na tire, mar eisimpleir canar uaireannan An t-Sròn ri Troon an Siòrrachd Àir agus chithear an gob a tha toirt ant t-ainm sin dha anns a' chaladh. Tha cuid eile nam fianais air eachdraidh a tha air a dhol à cuimhne: mar eisimpleir tha sgìre thaigheadais an Inbhirnis air a bheil Dalneigh. Tha an t-seann ainm Gàidhlig a bha air, Dail an Eich a' toirt sealladh dhuinn air àm nuair a bha an sgìre air a h-àiteach. Gu h-ioranta chaidh seòrsa de cheangal ris an àm sin a dhèanamh as ùr bho chionn ghoirid nuair a chaidh lotaicheadh a stèidheachadh ann.



Figear 27 An t-Sròn ann an Siòrrachd Àir

Airson fiosrachadh air ainmean-àite Gàidhlig, tadhail air làrach-lìn [Ainmean-Àite na h-Alba](#).

4.2.2 Freagairt practaigeach

Tha adhbhair nas bunaithe cuideachd aig daoine airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig – no a' cur air dòigh gun ionnsaich an clann i – agus 's e sin gu bheil grunn ann de chothroman-cosnaidh a-nise far a bheil comas a' Ghàidhlig a bhruiddhinn feumail no do-sheachaint.

Seo dithis a tha a' cleachdadadh na Gàidhlig nan obair.

Sgeulachd Iain

"S ann à Uibhist a Deas a tha mi agus tha mi air fuireach an seo cha mhòr fad mo bheatha. Chaith mo thogail a' bruidhinn Gàidhlig - tha e coltach, nuair a chaith mi dhan sgoil, nach robh facal Beurla agam! Chaith mi dhan oilthigh ann a Sruighlea agus ann an 2008 thug mi mach ceum ann an litreachas Beurla.



Figear 28

An-dràsta tha mi ag obair dhan BhBC mar fhear-naidheachd ann a sgìre Uibhist agus Bharraigh, a' siubhal eadar na h-eileanan sin ag aithris naidheachdan an àite. Nuair nach eil mi ag obair, mar is trice tha mi trang air croitean an teaghlaich agam.'

Sgeulachd Sìne



Figear 29

'Rugadh agus thogadh mi ann an Ceap Breatainn, Canada. Bha Gàidhlig agam fhìn agus mo thriùir bhràithrean ag èirigh suas. Thàinig mi a dh'Alba ann an 1998 agus rinn mi ceum ann an Sabhal Mòr Ostaig. Thrèan mi mar thidsear agus tha mi a' teagastg tro mheadhan na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd. Tha mi fhìn agus an duine agam a' fuireach ann an Inbhir Nis agus tha nighean bheag againn.'

4.3 C òirichean mion-chànanan

4.3.1 Ro-ràdh

'S e freagairt eile dhan cheist 'Carson Gàidhlig?' gu bheil còirichean aig mion-chànanan mar a' Ghàidhlig anns an lagh, gu h-ionadail agus gu h-eadar-nàiseanta, mar a tha e air innse gu h-iosal.

4.3.2 Na Nàiseanan Aonaichte

Ghabh na Nàiseanan Aonaichte, aig an 92amh làn-choinneamh air 18 Dùblachd 1992 ri 'Aithris air Còirichean dhaoine a bhuineas don bheag-chuid a thaobh Nàisean, Cultar, Creideamh no Cànan'. Tha Earrann 1 ag iarraidh:

- 1 gun dòn Stàitean neo-eisimeileachd bhuidhnean a tha sa bheag-chuid a thaobh nàisean, cultar, creideamh no cànan anns na dùthchannan aca agus gun cruthaich iad suidhichidhean a bhios taiceil dhaibh
- 2 gun cuir Stàitean laghan agus riaghailtean an gnìomh le sin san amharc.

4.3.3 Cairt Eòrpach nam Mion-chànan

Tha Artaigil 22 de Chait Eòrpach nan Còirichean Bunaiteach ag innse gu bheil: 'An t-Aonadh a' cur luach air diofar chultaran, chreideamhan agus chànanan.'

Tha seo air a mhìneachadh nas soilleire ann an Cairt Eòrpach nam Mion-chànan, ris an do ghabh Comhairle na h-Eòrpa ann an 1992 mar mheadhan air cànanan dùthchasach air feadh na Roinn Eòrpa a bhrosnachadh agus ath-bheothachadh.

Dh'aontaich Riaghaltas na RA ri Cairt Eòrpach nam Mion-chànan ann an 2000 agus chaidh seo a dhaingneachadh le Pàrlamaid na RA ann an 2001. Bidh Comataidh Eòlaichean Comhairle na h-Eòrpa a' tadhail gu cunbalach air rioghachdan a dh'aontaich ris a' Chait gus dearbhadh gu bheileas ga coileanadh.

4.3.4 Achd na Gàidhlig

Air Giblean 21, 2005 ghabh a' Phàrlamaid Albannach ri Achd na Gàidhlig (Alba). 'S e adhbhar na h-Achd, a rèir an Ro-ràdh:

'To establish a body having functions exercisable with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language, including the functions of preparing a

national Gaelic language plan, of requiring certain public authorities to prepare and publish Gaelic language plans in connection with the exercise of their functions and to maintain and implement such plans, and of issuing guidance in relation to Gaelic education.'

Bogsa 5 G aelic Language (Scotland) Act 2005

The Act – an overview

- 1 These Explanatory Notes have been prepared by the Scottish Executive in order to assist the reader of the Act. They do not form part of the Act and have not been endorsed by the Parliament.
- 2 The Notes should be read in conjunction with the Act. They are not, and are not meant to be, a comprehensive description of the Act. So where a section or schedule, or part of a section or schedule, does not seem to require any explanation or comment, none is given.
- 3 The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 establishes a body, Bòrd na Gàidhlig (the Bòrd), to promote the use and understanding of the Gaelic language and enables the Bòrd to require certain public bodies to prepare and implement plans which will set out how they will use the Gaelic language in the exercise of their functions.
- 4 Section 1 establishes the Bòrd with the functions of promoting the use and understanding of the Gaelic language; promoting and advising on Gaelic language, culture and education matters; and reporting to the Scottish Ministers on the implementation of the European Charter for Regional or Minority Languages in relation to the Gaelic language.
- 5 Section 2 requires the Bòrd to develop a national Gaelic language plan setting out how it proposes to exercise those functions.
- 6 Sections 3 to 8 enable the Bòrd to require relevant public authorities to prepare and implement Gaelic language plans. These plans will set out how the public authority will use the language in connection with the exercise of its functions.
- 7 Section 9 provides for the Bòrd to issue guidance on the provision and development of Gaelic education.

Tha an aithghearrachd seo ann an Ro-ràdh Achd 2005. Chithear copaidh den Achd an [seo](#).

Chaidh [Bòrd na Gàidhlig](#) a stèidheachadh ann an 2005. Dh'ullaich am Bòrd [Plana Nàiseanta](#) airson na Gàidhlig (le ro-innleachd airson foghlam Gàidhlig) an 2007 agus on uair sin tha am Bòrd air iarraidh air grunn bhuidhnean planaichean Gàidhlig ullachadh.

4.4 Thall 's a-bhos: eisimpleirean

4.4.1 Te Reo Maori

Anns a' chuid mhòr den t-saoghal tha dà-chànanas (no fiù 's ioma-chànanas) cumanta. Tha mion-chànanan coltach ris a' Ghàidhlig anns a' mhòr-chuid a dhùthchannan, leis an aon seòrsa dhuilgheadasan agus dhùrachdan. Tha luchd-labhairt nan cànan sin a' fàs nas mothachaile air a sin agus air na dh'fhaodas iad ionnsachadh o chèile.

Aig co-labhairt a chuir Comhairle na Gàidhealtachd air chois ann an 2005, dh'innis Tipene Chrisp, Manaidsear Poileasaidh ann am Ministrealachd Leasachadh Maori aig Riaghaltas Shealain Nuaidh mu shuidheachadh Maori aig an àm sin.

'By the late 1970s, it was predicted that the Maori language would be dead by 2010. This dire prediction sparked significant action to revitalise Maori in the early 1980s.

There was some recognition of the importance of home and community in this early phase. However, this recognition was quickly overtaken by our emphasis on formal education and broadcasting as the primary means for language revitalisation. It wasn't until the Maori Language Conference of 1995 that home and community language development returned to the agenda.

The renewed emphasis on home and community language development was based on Fishman's focus on intergenerational language transmission. We absorbed this theoretical approach over time and were inspired by it. It has been adopted as the central platform of our strategy.

We realised quite early that Government cannot directly influence intergenerational language transmission. We can only take indirect measures that support the creation of an environment that is conducive to intergenerational language transmission in homes and communities. Our research indicated that there were three broad instruments for providing this indirect support:

- Incentives (mainly indirect, such as preferential access to particular schools)
- information (originally text-based for reasons of cost but now involving a range of media, including storylines in TV soaps)
- advice (delivered mainly through language planning at the community level and a system of family language mentors on the home front).'

Tha luchd-brosnachaidh cànan nam Maori den bheachd gu bheil an teaghlach agus a' choimhearsnachd sònraichte cudromach ma tha a' cànan dol a thiginn beò agus mar sin 's e suidheachadh far a bheil i ga toirt le aon ghinealach dhan ath ghinealach a' phriomh amas aca. Tha àite cudromach air a bhith aig na *kohanga reo*, no na 'neadan càinain', a tha toirt seachad tràth-fhoghlam ann am Maori, anns an ro-innleachd seo. Airson bhidio mu na kohanga reo faic gu h-ìosal.

Airson fiosrachadh mun cànan Maori san fharsaingeachd, tadhail air
['He Korero mo Te reo Maori'](#)

4.4.2 Bàrd dà-chànanach

Ged nach eil Aonghas MacNeacail a' cleachdadach ach an riochd Gàidhlig de ainm, tha e cliùiteach airson a bhàrdachd san dà chànan.

Tha grunn luchd-naidheachd, actaran agus craoladairean a' dèanamh an aon rud, rud a tha a' toirt dhaibh barrachd chothroman cosnaidh.



Figear 30 Aonghas MacNeacail

Seo an dàn aig Aonghas air Marilyn Monroe, san dà chànan. Gheibhear làrach-lìn Aonghais aig: www.aonghasmacneacail.co.uk/cv.htm

Marilyn Monroe le Aonghas Macneacail

òr 'na do ghruaig	gold in your hair
òr ann an ìnean do chas	gold in the nails on your feet
òr ann an ruisg chadalach do shùilean beò	gold in the sleepy lids of your living eyes
òr 'na do ghruidhean, 'nam fathann athaidh	gold in your cheeks, in their rumour of a blush
òr ruadh do bhilean	red gold of your lips
òr sa ghualainn mhìn àrd a' fasgadh do smig	gold in the raised shoulder that shelters your chin
òr anns a' bhroilleach ghealltanachd	gold in your breasts, their promise
paisgte 'na bhad	enfolded in wisps
òr 'na do chneas seang, air miadan do chruachan	gold in your slender waist, on the meadows of your hip
ann an lùb nan sliasaid is	in the curve of thigh and
air glùin nan diomhaireachd	on your knee of mysteries
rinn d' adhbrainn òrach	your golden ankle gave
dannsa caol	slim dances
do gach sùil a shealladh	that any eye could see
airgead-beò 'na do chuislean	quicksilver in your veins
airgead-beò 'na do chridhe	quicksilver in your heart
airgead-beò gu na h-iomaill	quicksilver to every corner
dhe d' anam	of your soul
agus d' osnadh, do ghàire	and your sighs, your laugh

do ghuth-seinn, do ghuth-labhairt	your singing, your speech
mar bhraoin de dh'òr	like a mist of gold
agus do gach fear a chùm	and to every man who kept you
air lios leaghteach nan dealbh thu	on the screen's dissolving field
òr, o	gold, from
bhàrr calgach do chlaiginn gu	the maned top of your skull
buinn rùisgte do chas	to the bare soles of your feet
òr, òr, òr,	gold, gold, gold,
beò no marbh	alive or dead
their cuid nach robh thu cho cùbhraidih	some say you weren't so fragrant
's iad a' deothal an t-sùigh	as they suck the substance
à spòran suilt òrach do bhèin	from the fertile purse of your skin
òr, òr , òr	gold, gold, gold

5 Mar a tha a' Ghàidhlig ag obair

5.1 Mar a chanas mi

Seo abairtean cumanta sa Ghàidhlig, Èist riutha le cliogadh air an t-samhla, agus an uair sin feuch rin cantainn.

Ciamar a tha thu?

Audio content is not available in this format.

Tha gu math.

Audio content is not available in this format.

Madainn mhath.*

Audio content is not available in this format.

Feasgar math.*

Audio content is not available in this format.

Thig a-steach.

Audio content is not available in this format.

Mach à seo!

Audio content is not available in this format.

Mòran taing.

Audio content is not available in this format.

Slàinte!

Audio content is not available in this format.

Dè tha dol?

Audio content is not available in this format.

Tha mi trang.

Audio content is not available in this format.

An can thu rithist e?

Audio content is not available in this format.

Mas e do thoil e.

Audio content is not available in this format.

* Faodaidh ainmearan sa Ghàidhlig, mar ann an cànanan eile, a bhith *fireanta* no *boireanta*: sin as coireach gur e 'feasgar **math**' (fireanta) a tha ann ach 'madainn **mhath**' (boireanta).

5.2 A' Ghàidhlig – beagan mu na bunaitean

5.2.1 Gràmar na Gàidhlig, blasad

Tha a' Ghàidhlig na pàirt den teaghlaich chànanan Indo-Eòrpach agus mar sin tha càirdeas fad-às aice ri cànanan mar Beurla agus Fraingis, mar a tha ainmean nan àireamhan 1-3 a' sealltainn.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Clàr 8

	Gàidhlig	Eadailtis	Fraingis	Dànais	Beurla
1	aon	uno	un	een	one
2	dà	due	deux	to	two
3	tri	tre	trois	tre	three

Tha an càirdeas seo a' ciallachadh gu bheil gràmar na Gàidhlig coltach ri gràmar nan cànanan eile sin ann an cuid a dhòighean ach eadar-dhealaichte bhuapa ann an dòighean eile. Mar eisimpleir, tha am buadhair mar as trice às dèidh an ainmeir sa Ghàidhlig – mar a tha ann am Fraingis – ach tha e an rathad eile sa Bheurla. Sin as coireach gu bheil an cuideam air an lide mu dheireadh ann an ainmean-àite mar 'Glenmore' – 'An Gleann Mòr'.

Audio content is not available in this format.

Seo mar a tha seantans shìmplidh Ghàidhlig air a cur ri chèile.

Tha mi a' sgriobhadh litir.

Audio content is not available in this format.

Notaichean:

*1	*2	*3	*4
Tha	mi	a' sgriobhadh	litir.

*1 Tha 'tha' co-ionnan ri 'am' sa Bheurla ach, ged a chanas sinn 'I am', 'you are', 'he is', 's e 'tha' a tha an-còmhnaidh sa Ghàidhlig, i.e.: 'tha mi', 'tha thu', 'tha e'

*2 Tha na faclan ann an òrdugh eadar-dhealaichte sa Ghàidhlig, le 'tha' ro 'mi'

*3 'A' sgriobhadh' = 'writing': smaoinch air 'scribe' no 'scribble'

*4 'Litir' = 'a letter': Chan eil leithid 'a' no 'an' anns a' Ghàidhlig.

5.2.2 Fuaimreagan agus litrichean

Faodaidh fuaimreagan a bhith goirid no fada sa Ghàidhlig. Tha sràc air an fheadhainn fhada, me:

- bata

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

- bàta

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Faodaidh dà fhuaim a bhith aig connragan cuideachd – mar anns a' Bheurla (me, an 'd' ann an 'door' agus ann an 'duke'). Tha 'd' na Gàidhlig, nuair a tha e ri taobh 'a', 'o' no 'u', coltach ris an 'd' ann an 'door':

- 'doras'

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

- 'dà'

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

ach tha e coltach ris an 'd' ann an 'duke' nuair a tha e ri taobh 'e' no 'i':

- 'de'

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

- idir

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Tha fuaim cuid a litrichean ag atharrachadh nuair a tha 'h' a' dol còmhla riutha. Mar eisimpleir, nuair a tha thu ag èigheach air cuideigin leis an ainm 'Màiri', tha an t-ainm ag atharrachadh gu 'Mhàiri'. Tha cuid a' cleachdadh Mhàiri mar ainm sa Bheurla.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Tha barrachd fhuaimean fa leth sa Ghàidhlig na tha sa Bheurla ach tha a' Ghàidhlig a' cleachdadh nas lughalitrichean: mar sin feumaidh na litrichean Gàidhlig obrachadh nas cruidhe ach, a dh'aindeoin sin, tha litreachadh na Gàidhlig glè fharasta a thuigsinn. Can na faclan seo agus an uair sin cliog air an t-samhla airson an cluinntinn.

aran

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



balach

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



còta組

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



deoch組

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.




cidsin組

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



làr

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



madainn mhath

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



rathad

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



seo

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

tòrr

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.

Audio content is not available in this format.



An do mhothaich thu gu
robh diofar dualchainntean
aig an luchd-labhairt?

5.3 Cànan a' mean-fhàs

5.3.1 A' **cruthachadh briathrachas: iomairtean**

Cha robh a' Ghàidhlig air a cleachdadòr mòran ron a seo ann an suidhichidhean mar foghlam no na naidheachdan agus air sgàth sin tha a' chànan gann de fhaclan airson cuspairean mar saidheans no an eacnamaidh: gu seo cha robh feum orra.

Anns an fhichead bliadhna mu dheireadh, ge-tà, thòisich a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadòr tòrr a bharachd airson a leithid sin agus mar sin bha feum air

faclan ùra agus dòighean-labhairt ùra ann an cabhaig.

Nuair a thòisich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 1985, mar eisimpleir, thug na h-ùghdarrasan ionadail còmhla eòlaichean cànan agus foghlaim a dh'aontaich air liosta, 'Faclan Ùra Gàidhlig', de na faclan a bha gu bhith air an cleachdadh anns na sgoiltean agus ann an stuth-teagaisg airson diofar chuspairean sgoile.



Tha an liosta air a bhith air a bhith air ùrachadh grunn thursan on uair sin agus tha a-nise an obair air a gabhail thairis le buidheann ùr, [An Seotal](#).

Rianachd

Dh'fhoillsich A' Phàrlamaid Albannach *Faclair na Pàrlamaid*, liosta fhaclan airson an cleachdadadh ann an obair an riaghaltais, ann an 2001.

Tha liosta den aon seòrsa de fhaclan airson obair riaghaltais ionadail air a dheasachadh le The European Language Initiative (TELI) agus tha e ri fhaoitainn an [seo](#).

Gabhaidh copaidhean de Faclair na Pàrlamaid an [seo](#).



Figear 31 Togalach Pàrlamaid na h-Alba

Na Naid-

heachdan

'S e am BBC as mothà a tha a' cruthachadh agus a' cleachdadhe de fhaclan ùra Gàidhlig, nan obair-naidheachd air rèidio, telebhi-sean agus an eadar-lòn. Chan eil liosta slàn ann de na faclan sin ach tha liosta goirid air a bheil 'Facail Fheumail' ri fhaighinn an [seo](#).

Co-dhùnadh

Tha oidhirpean ga dhèanamh aig an àm seo gus na diofar iomairtean agus liostaichean fhaclan seo a tharraing ri chèile agus tha dòchas ann gun èirich Acadamaidh Ghàidhlig às an obair sìn thairis air an ath bheagan bhliadhnaichean. Airson tuilleadh fiosrachaiddh cliog an [seo](#).

5.3 .2 A' cruthachadh briathrachas: prionnsabail

Tha na còig eisimpleirean seo a' sealltainn nan diofar dhòighean a tha air an cleachdadhe sa Gàidhlig airson faclan ùra a dhèanamh.

Beurla	Gàidhlig	Tùs/Dòigh-obrach
Triangle	triantan	Seann fhacal Gàidhlig - 'trian' – air a chleachdadhe ann an dòigh ùr.

Geography	cruinn-eòlas	<p>Na faclan Gàidhlig 'cruinne' (saoghal) agus 'eòlas' air an cur còmhla gus facal ùr a dheanamh: eisimpleir de bhun-bheachd air a 'mhìneachadh' sa Ghàidhlig.</p>
television	telebhisean	<p>Tha mòran fhaclan Gàidhlig a' tighinn o Laideann no Grèigis, mar a trice tron Bheurla. 'S e faclan eadar-nàiseanta a tha ann an tòrr dhiubh a gheibhear ann an grunn chànanan.</p>
rectangle	ceart-cheàrnach	<p>'Ceart' agus 'ceàrn' air an cur còmhla mar eadar-theangachadh de 'rectangle'. Canar 'loan translation' ri seo sa Bheurla. Tha brigh an fhacail nas soilleire, 's dòcha, on a tha e air a chur ri chèile le faclan Gàidhlig seach Laideann.</p>
credit crunch	staing creideis	<p>'Staing' + 'creideas'. Tha brigh 'creideas' (rud a tha thu a' creidsinn) air atharrachadh gu bhith co-ionnan ri 'credit' (airgead); canar 'loan shift' ri seo.</p>
triantan		

Audio content is not available in this format.

cruinn-eòlas

Audio content is not available in this format.

telebhisean

Audio content is not available in this format.

ceart-cheàrnach

Audio content is not available in this format.

staing creid-eis

Audio content is not available in this format.

5.3.3 Faclan- iasaid Gàidhlig sa Bheurla

Tha a h-uile cànan a' gabhail a-steach faclan à cànanan eile. Tha tòrr

fhaclan sa Ghàidhlig a thàinig on Bheurla ach tha beagan ann a chaidh an rathad eile. Seo cuid aca. Tha an fheadhainn seo a' buntainn ri cruth na tire ann an Alba:

- ben (*beinn*)
- brae (*bràigh*)
- corry (*coire*)
- glen (*gleann*)
- loch (*loch*).

Seo faclan a' buntainn ri cultar na Gàidhlig:

- caber (bho 'cabar').
- ceilidh
- clan (bho 'clann')
- galore ('gu leòr')
- slogan (bho 'sluagh-ghairm')
- sporran (*spora-n*)

- whisky
(bho
'uisge-beatha')

Bidh na h-eisimpleirean seo air an toirt seachad uaireannan ach chan eil e idir cinn-teach gur ann on Ghàidhlig a thàinig iad:

- grotty
(bho
'grod')
- smash-ing (bho
'S
math
sin')
- shoot
(bho
siuthad)
- twig
(bho
tuig)!

5.4 Ag ionnsachadh na Gàidhlig

Video content is not available in this format.

Inbhich a
tha ag
ionnsa-
chadh
Gàidhlig
ag innse
Carson

Le cead [BBC](#)

5.4.1 **Inbhich**

'S e bhith ga
togail san
dachaigh
agus ga
cleachdad
sa choim-
hearsnachd
an dòigh as
cumanta,
agus as
fheàrr, air
cànan ionn-
sachadh.
Tha seo a'
tachairt
fhathast leis
a' Ghàidhlig
ach chan eil
uimhir is a
bha uair-
eigin.

Tha na
dòighean
eile air càna-
nan ionnsa-
chadh de
dhà sheòrsa:

- ionnsa-
chadh,
mar as
trice
ann an
àrd-
sgoil no
sgoil-
oidhch-

e, far a
 bheil an
 cui-
 deam
 air cruth
 a' chà-
 nain,
 i.e. air
 gràmar

- ionnsa-
 chadh
 sa bheil
 an cui-
 deam
 air
 brigh,
 no co-
 luadar,
 i.e. far a
 bheil an
 luchd-
 ionnsa-
 chaidh
 a' togail
 a' chà-
 nain tro
 bhith ga
 cleach-
 dadh,
 mar ei-
 simpleir
 ann am
 fogh-
 lam-bo-
 gaidh
 leithid
 foghla姆
 tro
 mhead-
 han na
 Gàidhli-
 g.

Tha aonta
 ann gur e an
 dara dòigh
 dhiubh sin as
 fheàrr, agus
 as luaithe, a
 bheir luchd-
 ionnsa-

chaidh gu
bhith coma-
sach air con-
altradh sa
chànan – on
a tha am
'bogadh' a'
cruthachadh
iarrtas làidir
gus sin a
dhèanamh –
ach nach eil
an-còmh-
naidh eòlas
math aca air
a' ghràmar.

Tha an dòigh
ionnsa-
chaidh eile
èifeachdach
cuideachd,
gu h-àraidh
le luchd-
ionnsa-
chaidh le alt
airson càna-
nan, ach tha
e toirt nas
fhaide tigh-
inn gu filean-
tachd leis an
dòigh sin –
agus tha tòrr
a' fàgail mus
ruig iad an
ìre sin.

'S ann tro
chlasai-
chean-
oidhche, mu
dhà uair a
thìde a
dh'fhaid
agus a' ruith
fad seach-
dainean a'
gheamh-
raidh, as àb-
haist inbhich
tòiseachadh

ag ionnsachadh na Gàidhlig.
Tha diofar dhòighean-teagaisg ri fhaighinn sna clasai-chean sin ach mar a's trice tha an cuideam air 'structar' a' chàin. Faodaidh iad a bhith stèidhete air leabhar no prògram teilebhisein no, uaireannan, a bhith air an dealbh leis an neach-teagaisg fhèin a dh'aon ghnothaich airson nan oileanach aige.

Tha cursai-chean goirid coltach ri sin ach gu bheil iad a' tachairt thairis air seachdain no dhà, le clasaichean a' dol fad an latha mar a's trice: glè thric bidh na h-oleansaich a' fuireach còmhla agus tha seo a' toirt dhaibh cothrom a'

chànan a
chleachdad
taobh a-
muigh a'
chlas.

Tha cui-
deachd làr-
aich-lìn ann
tro faod
daoine a'
chànan ionn-
sachadh air-
loidhne:
gheibhear
cunntasan
orrasan san
ath earrann.

'S e dòigh
mhath a tha
ann an cla-
saichean-
oidhche, cùr-
saichean
goirid agus
cùrsaichean
air-loidhne
airson tòi-
seachadh ag
ionnsachadh
na Gàidhlig
on a tha iad
a' dol mar as
trice aig as-
tar cofhurtail,
le tòrr taic
agus glè thric
le cothrom
ionnsachadh
mu chultar
na Gàidhlig
agus coin-
neachadh ri
daoine ùra.
Chan eil iad
cho math,
ge-tà, air
luchd-ionn-
sachaidh a
thoirt gu fi-
leantachd

ann an ùine
ghoirid.
Airson in-
bhich aig a
bheil greim
mu thràth air
bunaithean a'
chànan, no
a tha ag iar-
raidh ionnsa-
chadh aig
astar nas
luaithe nan
àbhaist, tha
a' chùrsa
'Ùlpan' a tha
air tighinn
am bàrr o
chionn
greise a'
tabhann
slighe eile gu
fileantachd.
Tha Ùlpan
stèidhte air
dòigh-tea-
gaisg a thòi-
sich ann an
Israel le
Eabhras
agus a
chaidh a lea-
sachadh sa
Chuimrigh.
Tha structar
leantain-
neach air a'
chùrsa agus
tha an cui-
deam air
còmhradh.
Tha 200 ao-
nad sa
chùrsa, a
dh'fhaodar a
dhèanamh
ann an diofar
rioichdan,
mar eisim-
pleir dà

thuras san t-seachdain
thairis air 3
bliadhna no
barrachd
chlasaichean
ann an ùine
ghoirid, rud a
leigeadh leis
a' chùrsa a
bhith dèante
an taobh a-
staigh 10
seachdai-
nean.
Dh'fhaoidte
cuideachd
an dà
dhòigh-
obrach sin a
chur còmhla,
leis an
neach-ionn-
sachaidh a'
dol gu dà
chlas san t-
seachdain
airson greis
ach, o àm gu
àm, a' gab-
hail càrsa
dhian airson
ùine ghoirid.
'S e amas
Ùlpan an
neach-ionn-
sachaidh a
thoirt, ceum
air cheum,
gu bhith fi-
leanta sa
Ghàidhlig aig
crìoch na
càrsa.
Gheibhear
fiosrachadh
mu na càr-
saichean
seo, agus
cunntas air

dè tha dol na
do sgìre-sa,
o Chomunn
an Luchd-
lonnsa-
chaidh,
[Cli Gàidhlig.](#)

Tha BBC
Alba a' ruith
diofar làrach-
lin do luchd-
ionnsa-
chaidh na
Gàidhlig aig
diofar aoi-
sean agus
ìrean.
Gheibhear
liosta an [seo](#).



Figear 32
Cuid de na
làraich
airson luchd-
ionnsa -
chaidh a
lorgar air
làrach-lìn
BBC Alba -
[Colin and](#)
[Cumberland,](#)
[Air Splaoind](#)
agus [Dealas.](#)

Tha na goir-
easan a lea-
nas do
luchd-ionn-
sachaidh air
làrach-lìn
Comhairle
na Gàidheal-
tachd:

- fiosra-
chadh
mun
Gàidh-
lig

- abair-
tean a
ghab-
has
cleach-
dadh
ann an
diofar
suidhi-
chid-
hean:

Gheibhear
liosta de fha-
clan agus
abairtean a
dh'fhaodas
pàrantan a
chleachdad
ri clann an
seo.

Tha 'Cùrsa
Inntrigidh'
Sabhal Mòr
Ostaig air a
dealbh air-
son oiléa-
naich ulla-
chadh airson
nan cùrsai-
chean aca
ach faodaidh
daoine eile
an cùrsa a
ghabhail cui-
deachd. Air-
son tuilleadh
fiosrachadh,
cliog an seo.

Tha inbhich
ag ionnsa-
chadh na
Gàidhlig air

feadh Alba –
agus thall
thairis cui-
deachd. Glè
thric bidh
luchd-ionn-
sachaidh a'
cur bhuidh-
nean-taice
no ceardaill-
còmhraidh
air chois
dhaibh fhèin.
Gheibhear
fiosrachadh
gu h-iosal
mu làraich-
lin trì dhiubh
sin – ann am
Fiobh,
Glaschu
agus As-
tràilia.

'S e Cearcall
Còmhraidh
Fiobha lion-
radh de in-
bhich a tha
ag ionnsa-
chadh na
Gàidhlig ann
am Fiobh.
Bidh iad a'
coinnea-
chadh agus
a' cur tha-
chartasan air
chois tric air
feadh na
sgìre sin.
Chithear an
làrach-lìn
tlachdmhor
aca an [seo](#).

'S e Meetup
Gàidhlig
Għlaschu
buidheann
den aon
sheòrsa ann

an Glaschu.
Tha na pìo-
san seo a
chaidh a
thogail on
làrach-lìn
aca - ag in-
nse beach-
dan cuid
anns a'
bhuidheann:
Dè tha buill
ag ràdh?

'A
b-
u-
n-
ch
of
lo-
v-
ely
p-
e-
o-
pl-
e
w-
ho
m-
a-
de
m-
e
fe-
el
v-
er-
y
w-
el-
c-
o-
m-
e!'
Le-
on-
a
B-
uc-

ha-
na-
n

' It
is
a
v-
er-
y
fri-
e-
n-
dl-
y,
in-
fo-
r-
m-
al
gr-
o-
u-
p.
E-
v-
er-
y-
o-
ne
is
a-
c-
c-
e-
pt-
ed
no
m-
at-
ter
w-
h-
at
le-
vel
th-
eir
G-
a-
el-

ic
is
a-
nd
it
h-
el-
ps
g-
ai-
n
c-
o-
nf-
id-
e-
n-
ce
in
s-
p-
e-
a-
ki-
n-
g. '

Ev-
el-
yn

Agus mu
dheireadh,
seo buid-
heann luchd-
ionnsa-
chaidh
Gàidhlig ann
an Astràilia.

5.5 Cothro- man dhan chloinn

Tha bar-rachd is bar-rachd
dhaoine ann an Alba, co-dhiù a tha
Gàidhlig aca fhèin gus nach eil, a' feuchainn ri dèanamh
cinnteach gu bheil an co-throm aig an clann a'
Ghàidhlig ionnsachadh. Tha grunn ad-hbhair air seo ach 's e na dhà as cudromaiche gu bheil iad mothachail air an àite a tha aig a'
Ghàidhlig ann an dual-chas agus eachdraidh Alba agus gu bheil iad a' faicinn na tha ann de cho-throman cosnaidh anise do dhaoine òga leis a'
Ghàidhlig.

Tha na ro-ghainnean a tha ann do phàrantan agus luchd-ionnsa-chaidh òg eadar-dhealaichte o àite gu àite. Tha a' phriomh fheadhainn air an ain-meachadh an seo. Airson faighinn a-mach dè tha ri fhaighinn na do sgìre fhèin, faighnich dhan t-seirbheis foghlaim ionadail agad no tad hail air làr-ach-lin Bòrd na Gàidhlig aig:

- [http://
www.
gaidh-
lig.org.
uk/en/
our-
work/
educa-
tion](http://www.gaidhlig.org.uk/en/our-work/education)
- [www.
gaidh-
lig.org.
uk/en/
our-
work/
educa-
tion/faq.
html](http://www.gaidhlig.org.uk/en/our-work/education/faq.html) .

Fogh- lam tro mhead- han na Gàidhl- ig

'S e gnè de
'fhoghlam
bogaidh' a
tha ann am
foghlam tro
mheadhan
na Gàidhlig
(FTG) anns a
bheil sgoi-
learan ag
ionnsachadh
a' chànan
aig an aon
àm ri bhith
ga cleach-
dadadh gus ru-
dan eile
ionnsa-
chadh.

Chan eil
Gàidhlig aig
a' mhòr-
chuid de na
sgoilearan
ann an FTG
nuair a thòi-
sicheas iad
(mar as trice
aig aois ea-
dar 0-3
bliadhna).

Tha iad ag
ionnsachadh
na Gàidhlig
tro bhith ga
cluinntinn
mun cuairt
orra agus ga
cleachdadadh

agus tha iad
a' faighinn
beagan de
theagasc cà-
nain cui-
deachd, tro
gheaman-
nan, òrain is
sgeulach-
dan. Tha an
ìre mhath a
h-uile sgoi-
lear ann an
FTG coma-
sach air a'
chànan a
bhruidhinn
mun àm a
dh'fhàgas
iad an sgoil.
Tha foghlam
bogaidh air a
chleachdadadh
ann am
mòran a'
mhion-chà-
nanan, mar
a' Chuimrigh,
ach tha e air
a chleach-
dadadh le cuid
de nas cà-
nanan 'mòra'
cuideachd,
mar eisim-
pleir Fraingis
ann an Ca-
nada.



Figear 33
 Sgoil
 Ghàidhlig
 Għlaschu

Tha fogħlam
 tro mhead-
 han na
 Gàidhlig air a
 thoirt sea-
 chad le ûgh-
 darrasan io-
 nadail far a
 bheil pàra-
 ntan ga iar-
 raidh. Tha
 poileasaidh
 ûghdarrasan
 air a seo ag
 atharra-
 chadh o àite
 gu àite ach
 mar as trice
 tha iad a'
 coimhead
 airson
 dearbhadh
 gu bheil iarr-
 tas gu leòr
 ann airson
 an seòrsa
 fogħlaim seo
 a chumail a'
 dol ûine.
 Uaireannan
 faodaidh

duilgheadas
 èirigh a
 thaobh cos-
 gais, gain-
 nead rùm
 ann an sgoil
 no dìth thid-
 searan. Air-
 son fiosra-
 chadh mun t-
 suidhea-
 chadh san
 sgìre
 agadsa,
 bruidhinn ri
 do sheirb-
 heis foghlaim
 ionadail, a'
 bhuidheann
 phàrantan

Comann
 nam Pàrant

no Bòrd na
 Gàidhlig.
 Gheibhear
 na dhà mu
 dheireadh
 aig:

- [www.
 gaidh-
 lig.org.
 uk/en/
 our-
 work/
 educa-
 tion](http://www.gaidhlig.org.uk/en/our-work/education)
- [www.
 gaidh-
 lig.org.
 uk/en/
 our-
 work/
 educa-
 tion/faq.
 html](http://www.gaidhlig.org.uk/en/our-work/education/faq.html)

Luchd-ionnsachaidh sa Bhunscoil (GLPS)

'S e sgeama nàiseanta a tha ann an GLPS a tha a' toirt trèanadh agus stuth-teagaisg do thidsearan a leigeas leotha beagan Gàidhlig a theagasc do sgoilearan, mar as trice aig ceann àrd na bun-sgoile.
'S e an tamas aig GLPS beagan eòlais a thoirt do sgoilearan air cànan agus cultar na Gàidhlig gus an cùm iad orra ga hinionnsachadh san àrd-sgoil.

Clasai-

chean Gàidh- lig san àrd- sgoil

'S àbhaist do
chlasaichean
Gàidhlig air-
son luchd-
ionnsa-
chaidh tòi-
seachadh
ann an AS1
agus gab-
haidh iad
sgoilearan
aig nach
robh sgath
Gàidhlig ron
a sin. Tha na
clasaichean
seo a' ruigh-
inn ire nan
Teisteana-
san Nài-
seanta aig
SQA agus
tha iad rim
faighinn ann
an àrd-sgoil-
tean air
feadh Alba.
Tha cui-
deachd cla-
saichean
Gàidhlig ann
do fhilean-
taich anns na
h-àrd-sgoil-
tean ann an
sgìrean far a
bheil FTG sa
bhun-sgoil.
Tha an Teis-
teanasan
Nàiseanta

fhèin aig na
sgoilearan
seo a tha
coltach ri na
deuchain-
nean aig an
aon ire ann
am Beurla.

Tha beagan
chuspairean
air an tea-
gasg tro
mheadhan
na Gàidhlig
anns an àrd-
sgoil ach 's e
glè bheag a
tha ann an
cuid a dh'ài-
tichean.

Gheibhear
fiosrachadh
mu GLPS
agus mu
theagasg na
Gàidhlig mar
chuspair air
làrach-lìn

Bòrd na
Gàidhlig.

6

Cultar

nan

Gàid-

heal:

maoin

nài-

seant-a

6.1 Ealain na Gàid- heal- tachd

Chan eil
mòran
againn ann
an sgrìob-
hadh mu
eachdraidh
nan ealain
dhealbhach
air a' Ghàid-
healtachd,
ged a tha
eachdraidh
chudromach
aca. 'S e call
a tha an sin
oir tha an in-
bhe a tha air
a thoirt do
dhualchas
lèirsinneach
sluaigh, gu
h-eachdraid-
heil agus san
latha an-
diugh, a' toirt
buaidh air
mar a tha an
saoghal a'
faicinn chul-
taran agus
mar a tha na
cultaran gam

faicinn
fhèin⁸.
Tha rudan
leithid Leab-
har Dhurrow
agus Leab-
har Chea-
nannais (no
'Kells') ain-
meil gun
teagamh.
Ach a bhar-
rachd air na
làmh-sgrìob-
hainnea sin,
a chuireadh
ri chèile ann
an Eilean ì,
thug a'
Ghàidheal-
tachd dhuinn
cuideachd
Leabhar
Dhèir (Leab-
har de na
Soisgeil ann
an Laideann
on 10amh
linn a thàinig
á Seann Dèir
ann an Sior-
rachd Obar
Dheathain)
agus an
Leabhar
Shalm Cheil-
teach on
10amh agus
an 11amh
linn (anns a
bheil na
sailm Lai-
deann air an
sgrìobhadh
le làimh, le
dealbhan).
Agus anns
na 14amh,
15amh agus
16amh linn-

tean tha
obair snaid-
headair-
eachd
mhìorbhai-
leach againn
ann an cloich
ànn an
stoidhle na
Gàidheal-
tachd an lar
o am Tigh-
earnan nan
Eilean.



Figear 34
Chaidh
Leabhar
Dhèir a
sgriobhadh
ann an
Laideann
anns an

10mh linn
ann an
Siorrachd
Obair
Dheathain
ach tha
notaichean
ann an
Gàidhlig air
oirean nan
duilleagan.
Lorgar
dealbh dheth
an seo.

'Se ar-a-
mach nan
Seumasach
a bu choir-
each gun
deach toir-
measg a
chur air an
tartan, eisim-
pleir de ea-
lain shòn-
raichte a
chaidh a
chrutha-
chadh air a'
Ghàidheal-
tachd ach a
chaidh a reic
ris an t-sao-
ghal gun
mòran buan-
nachd dhan
Ghàidheal-
tachd fhèin.

Ach tha e
cudromach
ann an ea-
lain na Gàid-
healtachd,
leithid obair
peantair
Clann
Ghrannad san
18amh linn,
Richard
Waitt, no

obair luchd-dhealbh
leithid John
Blake McDonald (1829-
1901) san
19amh linn.
Air a' chiad
sealladh 's
dòcha gun
saoilear
nach eil ann
an Glencoe
1692 aig an
Dòmhnaillach
ach dealbh
airson taic a
chur ri each-
draidh no li-
treachas.
Ach nuair a
chuimhni-
chean gun
deach a
pheantadh
ann an 1879,
àm Strì an
Fhearrainn a
thàinig gu
ceann le
Achd nan
Croitearan
an 1886 (a
thug còiri-
chean fear-
ainn do
chroitearan),
chithean gur
ann a tha e
ag ath-
bheotha-
chadh
dhuinn àm
cudromach
eile ann an
eachdraidh
na Gàidheal-
tachd. Tha
an dealbh
mar sin a'

dèiligeadh ri
poilitigs an
ama a'
cheart cho
cinnteach is
a tha an
dealbh air
imrich, Lo-
chaber No
More, a rinn
John Watson
Nicol (1856-
1926) ceithir
bliadhna às
dèidh sin.



F i g e a r
35 Glen-
coe 1692 le
Iain Blake
Dòmhnullach
(1829-1901)


Tha e inntin-
neach gur e
neach-ealain
le Gàidhlig à
Ceann Tire,

Uilleam Mac an t-Sagairt (1835-1910), a bharrachd air duine sam bith, a stèidhich bu-naitean ealaean Alban-nach an latha an-diugh. Tha astar mòr eadar an stoidhle ùr-nodha aig Mac an t-Sagairt agus an dealbh àbhaisteach a gheibhte den Ghàidhealtachd..

Ann an 1911 sheall an neach-ionn-sachaидh Gàidhlig iomraiteach sin, Èideard Dwelly (a rugadh faisg air Arundel ann an 1864), anns an obair ainmeil aige, Faclair Gàidhlig le dealbhan, gun robh e mothachail air dualchas ealain na Gàidhealtachd. Chuidich fear-dhealbh à Steòrnabhagh, Calum

Dòmhnaillach, Dwelly a' dèanamh nan dealbhan airson an fhaclair. B' esan fear den a' chiad luchd-ealain ionnsaichte a thàinig às na h-Eileanan Siar. Bha e na oileanach ann an Sgoil Ealain Ghlaschu agus an École des Beaux-Artes ann am Paris. Rinn e grunn de dhealbhan math de Leòdhais agus de bhàtaicheansìuil. Mun àm sin bha cuid de luchd-dhealbh na 19amh linn mar Anndra Gibb agus Seumas Drummond air croisean àrda Eilean ì agus ìle agus obair eile ann an stoidhle snaidheadaireachd na Gàidhealtachd an lar a chlàradh⁹. A' leantainn


air seo, thàinig ath-bheothachadh mòr air Ealain Cheilteach. 'S e fear de leabhair-cean mòra an Ath-bheothachaidh Cheiltich – agus gu dearbh a' Ghluasad 'Arts and Crafts' – an cruinneachadh bàrdachd agus beul-aithris, *Carmina Gaelica*, a dheasaich agus a dh'eadar-theangaich Alasdair MacGilleMhìcheil agus a chaidh fhoill-seachadh ann an 1900.



Figear 36
Duilleagan
bho *Carmina
Gaedelica*,
Leabhar 1,
cruinneachadh de
laoidean
agus
orthachan.

Tha àite cùdromach aig
a' chiad chlòbhualadh
den leabhar
seo ann an
eachdraidh
nan ealain
dhealbhach
Gàidhlig.
Chan e a-
mhàin gu
bheil e a' cur
an cèill feall-
sanachd ea-

lain an ama
sin aig ìre
àrd ach tha e
cuideachd a'
dol air ais
còrr is mìle
bliadhna
chun na
seann
Ghàidheal-
tachd, mar
eisimpleir gu
Leabhar
Dhèir. B' e
bean Alas-
dair MhicGil-
leMhicheil,
Màiri, a rinn
na deal-
bhan¹⁰. Bha
buaidh aig
*Carmina Ga-
delica* air
duilleag-
aghaidh a'
chiad chlò-
bhualadh
den fhaclair
aig Dwelly, a'
sealltainn gu
bheil ceangal
ealain cho
math ri
ceangal cà-
nain eadar
an dà
leabhar¹¹.



Figear 37
Duilleag à
Faclair
Gàidhlig
Dwelly

Mar sin, mu
thoiseach an
20amh linn

bha a h-uile
coltas gum
fàsadh na h-
ealain
dhealbhach
gu bhith nam
pàirt chudro-
mach de
chultar na
Gàidhlig san
fharsain-
geachd. Carson nach do
thachair sin,
co-dhiù ann
an dòigh
leantain-
neach?
'S e aon ad-
hbhar airson
sin gun do
chaillleadh
uimhir de
shluagh na
Gàidheal-
tachd san t-
seòrsa im-
rich a
dhealbhaich
Uilleam Mac
an t-Sagairt
cho drùidh-
teach ann an
*Sailing of the
Emigrant
Ship*, a
pheant e ann
an 1895.



Figear 38
*The Sailing
of the
Emigrant
Ship* (1895)
Ie Uilleam
Mac an t-
Sagairt

Cuideachd
aig an àm
sin, aig deir-
eadh na
19amh linn,
bha buaidh
Achd Fogh-
laim 1872 air
tòiseachadh
ga faireach-
dann. 'S e
an teach-
daireachd
ann am
foghlam
nach robh
feum sam
bith sa
Gàidhlig
mar chànan
agus, mar
sin, nach

robh feum
ann an dual-
chas nan
ealain
Ghàidhlig
nas mò.
Tha buaidh
air a bhith
aig dealbhan
Mhic an t-
Sagairt air
luchd-
dhealbh an
latha an-
diugh mar
Will Macll-
leathain, gu
h-àraidh a
thaobh an
dòigh a tha
iad sin a'
dèiligeadh ri
cuspairean
mar seilbh
air an ta-
lamh. Tha na
càirn-cuimh-
neachaidh
aig Macll-
leathain ann
am Baile Ai-
lein, Aiginis
agus Grianis
ann an
Leòdhais nan
eisimpleir-
ean math
air seo.



Figear 39
Aon de na
càirn
cuimhne-a-
chaidh a
thog Will
MacIIIe-a-
thain ann a
Leòdhas.

Tha buaidh
làidir air a
bhith aig
bàrdachd
Ghàidhlig air
luchd-ealain
cuideachd.
Ann an 2002
thug
[An Leabhar](#)
[Mòr / The](#)
[Great Book](#)
[of Gaelic](#)
còmhla deal-
bhan a rinn

100 luchd-ealain à Alba agus Éirinn fo bhuaidh bàrdachd Ghàidhlig. Bha seo a' gabhail a-steach Will MacIlea-thain ag obair comhla ri

[Aonghas MacNeacail,](#) Mhairi Killin le Meg Bate-man, Kate Whiteford a' toirt beò fa-clan Mhurchaidh Mhic-Phàrlain, Flòraidh Nic-Coinnich le faclan

[Ruaraidh MhicThò-mais,](#) Elizabeth Ogilvie ag obair le òran a rinn bana-bhàrd na 17amh linn, Màiri nighean Alasdair Ruaidh, agus Calum Aonghas MacAoidh a' sgrùdadh bàrdachd

[Dhonnoch-](#)

[aidh Bhàin.](#)

Thàinig tais-beanadh-siubhail eadar-nàiseanta a-

mach às a
phròiseact
seo aig
Pròiseact
Nan Ealan a
chùm a' dol
deich
bliadhna às
dèidh dha
bhith air a
chur ri chèile
an toiseach.
Bu chòir a
ràdh cui-
deachd gu
bheil am
prògram
Luchd-ealain
air Muinntir-
eas a chuir-
eadh air
chois aig
Sabhal Mòr
Ostaig ann
an 2007 air a
bhith glè
chudromach,
gu h-àraidh
air sgàth
obair Gill
Russell agus
Eoghan Mac
Colla. Bha
taisbeanadh
a' tarraing
aire as ùr gu
ealain na
Gàidheal-
tachd air a
chumail ann
an Ionad Ea-
lain Dhùn Èi-
deann bho
Samhain
2010 gu Màrt
2011 a bha e
a' gabhail a-
steach cuid
den luchd-
ealain a

ghabh pàirt
san Leabhar
Mhòr, nam
measg – a
bharrachd air
an fhead-
hainn a
chaidh ain-
meachadh
roimhe – Ei-
lidh Macalister,
Dòmhnull
Mac a'
Ghobhainn,
Dòmhnull
Urchadan,
Tormod
Seathach
agus
Frances
Walker.



Figear 40
Ionad Ealaín

D hùn
Èideann
Am measg
nan taisbea-
nidhean a
bha ann ron
a seo bha *As
an Fhearrann*
*/ From the
Land: Clear-
ance, Con-
flict and
Crofting*
(1986) agus
Togail Tir /
Marking
Time: The
Map of the
Western
Isles (1989),
agus an tais-
beanadh *Ca-
lanais* ann an
1995,
beachdan
luchd-ealain
an latha an-
diugh air làr-
ach arc-eò-
lais cliùi-
teach Gàid-
healach.
Am measg
na h-obrach
a rinneadh
anns na
bliadhnaí-
chean mu
dheireadh
tha an cruth-
umha cudro-
mach,
Crannghal, a
chaidh a
dhealbh le
Will MacL-
leathain
agus Artair
Watson agus
a chaidh a

chur suas aig Sabhal Mòr Ostaig ann an 2006. Tha an cruth bàta a tha air a' sealltainn mar a bha fiosrachadh a' gluasad air feadh na Gàidhealtachd; chan eil coltas 'criosch-naichte' air, rud a tha ag innse nach eil an obair sin fhathast ullamh. Tha ceistean cà-nain agus talmhainn air an snìomh na chèile anns a leithid sin de ealain. Tha na gnothai-chean sin air am faicinn mar chus-pairean cu-dromach air feadh an t-saoghal, gu h-àraidh bho shealladh na h-àrain-neachd. Tha e ceart a ràdh mar sin gu bheil ea-lain dhealbhach Gàidhealtachd Alba a' dèili-geadh ri ceistean a

tha cudromach aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.



Figear 41
Cranngħal,
cruth-umha
Ie Will
MacIīleathain agus
Artair
Watson aig
Sabhal Mòr
Ostaig.
Dealbh le
Murchadh
Dòmhnaillach

6.2 Ceòl agus Òrain

Chan eil
crìoch air an
fhuaim ris an
can sinn
'ceòl Gàidh-
lig', biodh sin
na cheòl rock
no pop agus
rap, bho òr-
ain luaidh gu
puirt-a-beul,
bhon chlàr-
saich gu na
pioban (beag
agus mòr),
seinn nan
salm agus
opara.

Anns an
fharsain-
geachd, bidh
ceòl is òrain
Ghàidhlig air
an roinn ea-
dar 'traidi-
seanta' agus
'measail'
agus tha
grunn roin-
nean a bhar-
rachd air sin,
mar eisim-
pleir na sailm
agus òrain
luaidh a tha
a' comharrach-
adh na
Gàidhlig mar
chànan le
taghadh far-
saing de

ghnè agus
stoidhle.
Tha beul-ai-
thris làidir
anns an
dualchas
agus tha sin
a' cialla-
chadh gu
bheil dreach
gu math
pearsanta ga
chur air òrain
agus iad a'
sior atharra-
chadh. 'S e
gnothach
caran ùr a th'
ann a bhith
a' sgrìob-
hadh fuinn.
Tha òrain
luaidh fur-
asta an aith-
neachadh le
sèist, fuai-
mean is fa-
clan, agus a-
rithist faclan
a-mhàin.
Bhiodh na h-
òrain sin gan
cleachdad
mar dhòigh
air ìmpidh na
h-obrach a'
lughdachadh
agus boir-
eannaich a'
luadh.



Figear 42
Banal luaidh
à Uibhist a
Deas.

Cliog [an seo](#)
airson òran
luaidh a
chluinntinn.

A' cur a-mach na loidhne

Tha seinn
nan salm gu
math eadar-
dhealaichte.
'S e dòigh gu
math àraid a
th' ann air a
bhith a' co-
sheinn nan
salm. Bidh
aon neach a'
cur a-mach
na loidhne,
agus an

coitheanal
ga leantainn,
a' togail air
gach
loidhne.

Tha luchd-
ciùil air
dreach ùr a
chur air an
dìogh seinn
seo. Chaidh
grunn eisim-
pleirean a
chlàradh beò
gun deisea-
lachadh, a'
foillseachadh
an dùigh
seinn air
feadh an t-
saoghal.
Chaidh a
ràdh gur e
seo 'an aon
cheòl ea-
glaise ann
am Bre-
tainn le tom-
has de
dh'anam'.

Èist ri Salm
72, air fonn
Steòrnab-
hagh, le
Aonghas
Dòmhnaillach
a' togail an
fhuinn as an
Eaglais
Shaor,
Steòrnab-
hagh
an 1969.

Audio
content is
not avail-
able in
this
format.

Seinn nan
salm

Ceòl ionns- ramaid

Tha trì
ionnsramai-
dean ciùil a
tha cudro-
mach ann an
dualchas
nan Gàid-
heal – a'
chlàrsach,
am fidheall
agus a'
phìob. Tha
fèill às-ùr
orra air fad
agus ginea-
lach ùr a'
ceasna-
chadh nan
cleachdaid-
hean àbhais-
teach agus
eachdraid-
heil, ach aig
an aon àm
gan dearb-
hadh fhèin
dileas dhan
dualchas.

Cliog an seo

airson ceòl
na clàrsach
a chluinntinn
air a chluich
le Wendy
Stiùbhart air
an CD aice
About Time.

Tha dlùth
cheangal ea-

dar seinn
Ghàidhlig
agus pò-
baireachd
nach gabh
briseadh.
Tha dà
sheòrsa pò-
baireachd
ann sa chu-
mantas -
ceòl mòr, an
ceòl clasai-
geach air a
bheil 'pi-
broch'; agus
an uair sin
ceòl beag –
bho chais-
meachd gu
puirt airson
dannsa
leithid
dannsa dù-
bailte, ruidh-
lichean, sio-
gaichean
agus dann-
saichean
mara.
Tha ionad
Nàiseanta na
Plobair-
eachd, àrd-
ionad na h-
ionnsramaid
agus ceòl na
pìoba, stèid-
hichte ann
an Glaschu,
faisg air
Conserva-
toire Rìoghail
na h-Alba
ann an Alba.
Tha mòran
ghoireasan
anns an io-
nad phò-
baireachd

eadar seòm-raichean
cluiche, talla
mòr, ionad
eachdraidh,
leabharlann
agus taigh-
òsta agus
goireasan
co-labhairt.
Tha am
Prionnsa
Teàrlach na
Neach-taice.
Faodar èis-
teachd ri ceòl
na pìoba air
an làrach-lìn
aig
Ionad Nài-
seanta na
Piobair-
eachd.

An cèi- lidh – da- chaigh nan òran agus ceòl Gàidhl- ig

Far am bi
cruinneachadh sam
bith de
Ghàidheil,
bidh cèilidh,
no cruinneachadh le òr-

ain is ceòl na theis-mheadhain. Fao-daidh an cèilidh a bhith foirmeil no neo-fhoir-meil, na chruinneachadh de charaidean ag innse sgeulachdan agus a' gabhail òrain.

'S e am fasan anns an latha an-diugh gum bi dannsa an lùib cèilidh ann an suidheachadh foirmeil gu math tric. Tha cèilidhean fhathast cùdromach getà anns a' choimhhearsnachd mar dhòigh air a bhith an co-luadar ri car-aidean agus cumail suas ri gnothai-chean an latha.

Gu ire mhòir tha 'cèilidh' air atharrachadh gu bhith na 'chonsairt' agus tha iad gu math tric aig cridhe tachartasan

is fèisean
mòra mar na
Co-chruin-
neachaid-
hean Ceil-
teach ann an
Glaschu
gach Faoil-
leach, Fèis
Innse Gall
anns na h-
Eileanan an
Iar agus Fèis
Eadar-nài-
seanta nan
Dathan Ceil-
teach ann an
Ceap Breat-
tainn.
Airson tuil-
leadh fiosra-
chaidh:

- [www.
celtic-
connec-
tions.
com](http://www.celtic-connections.com)
- [www.
celtic-
colours.
com](http://www.celtic-colours.com)
- [www.
heb-
celtfest.
com](http://www.heb-celfest.com)

Am
Mòd
Nài-
seanta

Rìo-ghail

‘S e Am Mòd
Nàiseanta
Rìoghail fèis
òrain, cultar
agus ealain
nan Gàidheal, a tha
ga chumail
gach
bliadhna coltach ris an
Eisteddfod
anns a’
Chuimrigh.
Tha An Comunn Gàidhealach a’
stiùireadh a’
Mhòid anns
a bheil farpaisean
agus iomall
gu math
beòthail
taobh ri
taobh.
Chaidh am
Mòd a chumail airson a’
chiad uair
ann an 1892
anns an
Òban agus
tha inbhe is
cliù aige
fhathast mar
phrìomh thachartas cul-tarail na
Gàidhlig.
Èist ri clàr-aidhean bho
na Mòdan an
seo.

Fèi-sean nan Gàidheal

‘S e ‘fèis’ falcal eile ann an Gàidhlig airson cuirm no fleadh.

Tha am falcal a-nis air a cheangal gu dlùth ri buidheann leis an aon ainm a tha a’ cur air dòigh tachartasan fon bhratach ‘Fèisean’, far am bi òigridh a’ tighinn còmhla a dh’ionnsachadh mun Ghàidhlig agus mu cheòl gu h-àraidh.

Tha òigridh a’ faighinn cothrom aig na Fèisean sgilean dràma, dannsa agus seinn traidiseanta ionn-sachadh no a thoirt air adhart agus tha cothroman ann raon farsaing de dh’ionns-

ramaidean a làimhseachadh.

Chaidh a' chiad Fhèis a chumail air Eilean Bharraigh ann an 1981.

Deich bliadhna an dèidh sin, ann an 1991, chaidh Co-mann Nàiseanta nam Fèisean Ealain Ghàidhlig airson òigridh a chur air bhonn.

Tha timcheall air 50 tachartas nis gan cumail gach bliadhna air feadh Alba le mu 5,000 gam frithealadh.

Tha iomairt nam Fèisean air a mheas mar in-nleachd ealain cho èifeachdach 's a th' ann an Alba agus 's ann tro na fèisean a tha uimhir de dh'ùrachadh air tighinn air a' bheachd a th' aig òigridh air feadh Alba gu h-àraigdh air

Gàidhlig, òr-ain agus ceòl.

Bliadhna nan Òran

Chomharraich BBC Radio nan Gàidheal agus BBC ALBA 2010 mar Bliadhna nan Òran agus rè na bliadhna chaidh sreach de phrògraman iomraiteach co-cheangailte ri ceòl a chraoladh, le òran eadar-dhealaichte air a thaghadh gach latha.

Tron làrach-lìn

www.bbc.co.uk/oran tha cothrom ann èisteachd ri clàraighean agus sealltainn ri bhidiothan de mhòran de na h-òrain a chaidh a chraoladh à tasglann Gàidhlig a' BhBC. Tha còrr air 800

òran ann le na facail air-son mòran dhiubh; tha cunntais-beatha ion-madh sein-neadair ann agus fiosrachadh mu chòrr air 300 bàrd.

Cruin-nea-chaidhean

Chaidh am pròiseact [Tobar an Dualchais/ Kist o Riches](#)

a stèidheachadh a ghlèidheil grunn mhiletan de dh'uairean a thìde de chlàradh òrain agus sgeulachdan ann an Gàidhlig agus Albais, agus an cur air-loidhne ann an riochd didsiteach.

Tha an làrach-lìn seo luma-làn de bheul-aithris, òrain, ceòl, eachdraidh,

bàrdachd,
dualchas,
sgeulachdan
agus fiosra-
chadh eile.

Chaidh a
chruinnea-
chadh bho
na 1930an
air feadh
Alba agus
thall thairis.
Tha an stuth
stèidhichte
air na chaidh
a chlàradh le
Sgoil Eòlais
na h-Alba
(Oilthigh
Dhùn Èi-
deann), BBC
Alba agus an
cruinne-
chadh aig
Iain Latharna
Caimbeul fo
chùram Ur-
ras Nài-
seanta na h-
Alba ann an
Eilean Cha-
naigh.

Am measg
an stuth sin
tha sgeu-
lachdan a
chaidh a
chlàradh le
Iain Latharna
Caimbeul air
uidheaman
uacs ann an
1937 agus
beul-aithris a
chaidh a
chruinnea-
chadh le Ca-
lum MacL-
I'Eathainn
anns na

1950an air
feadh Alba;
òrain an Al-
bais a thog
Hamish Ma-
cEanruig bho
luchd-siub-
hail na dùth-
cha anns na
1960an agus
clàraighean
le
[BBC Radio](#)
[Nan Gaid-
heal.](#)

Sàr luchd- ciùil na Gàidhl- ig

Tha cliù ea-
dar-nài-
seanta a-nis
aig grunn
sheinne-
dairean agus
luchd-ciùil
Gàidhlig.
Tha iad air
duaisean
mòra a
bhuinnig
agus tha fèill
mhòr orra air
feadh an t-
saoghail.
Tha a'
bhana-shein-
neadair Julie
Fowlis agus
an còmhlan
Runrig nam
measg.

Ghlac
[Julie Fowlis](#)
aire dhaoine
agus luchd-
leantainn ùra
air feadh
Bhreatainn
nuair a choi-
sinn i duai-
sean ciùil
agus a
nochd i aig
fèisean air
feadh Bhreat-
ainn agus
ann an Èir-
eann.

Ged a chaidh
a comhair-
leachadh gu
làidir saoghal
nas fhar-
sainge de
cheòl a lean-
tainn,
ghlèidh Julie
a co-fhair-
eachdainn
dhan dual-
chas aice
fhèin.

'S ann anns
a' Ghàidhlig
a tha i a'
seinn fad na
h-ùine, a' to-
gail a mis-
neachd agus
a' crutha-
chadh a
saoghal air
stòras de
cheòl, each-
draidh agus
cultar a
dualchais
fhèin.

Bhon fhuair i
an duais mar
Sheinnea-

dair Dual-chais na Bliadhna air BBC Radio 2 ann an 2008 bhon bhana-sheinneadair KT Tunstall, tha an Daily Telegraph air a ràdh gur fhaodadh gur i Julie Fowlis 'a' chiad shàr-shein-neadair Gàidhlig a thig am bàrr ann an sao-ghal na Beurla.'

Tha Julie Fowlis air mòran a dhèanamh ann an ùine ghoirid. Tha i air grunn dhuaisean a thogail, le cliù agus in-bhe às-ùr dha-rèir.

Choisinn i an duais mar Sheinneadair Gàidhlig na Bliadhna agus Clàr na Bliadhna aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba ann an 2007 agus ghlèidh i Clàr na Bliadhna a-rithist ann an 2010. Chaidh a h-

ainmeachadh trì
bliadhna
sreach a
chèile mar
Sheinneadair Dual-chais na
Bliadhna air
BBC Radio
2. 'S i a'
chiad sheineadair
Gàidhlig a
thog an
duais iomraiteach seo
nuair a fhuair
i e ann
an 2008. 'S i
cuideachd a'
chiad sheineadair
Gàidhlig a
nochd air a'
phrògram
ainmeil ciùil
telebhisein
'Later...with
Jools Holland,' ann
an 2007.
Chan eil
duais a
fhuair i a tha
cho cudromach leatha
fhèin ri urram
'Tosgaire na
Gàidhlig', a
fhuair i bho
Phàrlamaid
na h-Alba
ann an 2008/
9, a' chiad
neach a
fhuair an
duais.

Ceòl is Còmh-lain

Tha an còmhlan rock [Runrig](#), a chaidh a stèidheachadh ann an 1973 anns an Eilean Sgitheanach agus an còmhlan [Capercaille](#) air barrachd a dhèanamh ann an saoghal a' chiùil le Gàidhlig na buidhnean sam bith eile.

Chlàr Runrig barrachd air 15 clàr, agus bha a' mhòr-chuid dhen stuth sin ann an Gàidhlig. Dh'fhoillsich iad cui-deachd leabhar le 150 òran agus fiosrachadh eile mun eachdraidh aca fhèin ann an 2000.

Tha mòran dhen stuth aig Runrig air a tharraing à tobar àraig de làthair-

eachd, each-draidh, poilitigs agus daoine a tha air am bonn-tachadh anns na h-Eileanan Siar.

Tha an luchd-lean-tainn aca rin lorg air feadh an t-saoghal bho Bhreatann gu taic làidir anns an Danmharg agus anns a' Ghearmailt, a bharrachd air àiteachan nas 'Alban-naiche' mar Alba Nuadh.

Chluich Run-rig a' chiad chuirm riamh aca anns na Stàitean Aonaichte às leth a' charthannais 'Glasgow the Caring City', air Giblean 4, 2006 aig lonad Nokia ann an New York.

Opara 'Hiort'

Chaidh ceòl Gàidhlig a chur air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta le

Pròiseact
nan Ealan, a
tha a' stiùir-
eadh pròi-
seactan ea-
lan Gàidhlig.
Dh'innis
'Hiort', a
chaidh a
dhealbh a
dh'aona-
ghnothach le
ceòl bho
Jean-Paul
Dessy agus
David Gra-
ham, agus
sgeulachd le
Iain Fionn-
lagh Ma-
cLeòid, mar
a thachair do
mhuinnir ei-
leanan Hiort
agus mar a
bha iad a'
tighinn beò
mas deach
an toirt bho
na h-eilea-
nan ann
an 1930.
Cheangail
neart, co-
fhaireach-
dann agus
ùidh dhaoine
anns an
sgeulachd
seo Gàidhlig
ri cultar na h-
Eòrpa aig io-
madh ire
agus chuir e
cànan agus
cultar na
Gàidhlig air
àrd-ùrlar ea-
dar-nài-
seanta ann

an suidheachadh fior.



Figear 43
Dealbh bhon
opara Hiort
Le cead bho
Phròiseact nan
Ealan


Bha an
opara St
Kilda: L'île
des
Hommes-Oi-
seaux air an
àrd-ùrlar aig
Theatre Fèis
Dhùn Èi-
deann, mar
phrìomh tha-
chartas aig
an Fhèis Ead-
dar-nài-
seanta ann
an 2009.

An toiseach,
latha mead-
han samh-
raidh 2007,
chaidh an
opara fhai-
cinn ann an
còig àitea-
chan aig an
aon àm –
Steòrnab-
hagh an
Alba, anns a'
Fhraing,
anns an Os-
tair, anns a'
Bheilg agus
anns a'
Ghearmailt.
Bha deal-
bhan a' tigh-
inn beò à
Hiort mar
phàirt den
opara as
gach àite.
Faigh a-
mach an tuil-
leadh air an
làrach-lìn
seo.

Gàidhlig agus clàir pop

‘S iongan-tach gun robh tachartas nas ain-meile le seinneadair Gàidhlig an lùib clàir òrain pop na an t-òran ‘Japanese Boy’ air a sheinn le Aneka ann an 1981 a ràinig àireamh 1. Thagh an seinneadair Màiri Sandeman an t-ainm bho leabhar fòn. Sgaoil a h-ìomhaigh agus an riochd a ghabh i thuice fhèin ann an èi-deadh lapanach gu mòr. Ach an dèidh a bhith a’ cuartachadh ann an saoghal pop a’ chiad ghreis, chuir Màiri (agus Aneka) an cùl ris agus choisinn i

deagh chliù
dhith fhèin
na bana-
sheinneadair
air an àrd-
ùrlar le òrain
nas traidi-
seanta.



Figear 44 An còmhdaich a bha air clàr Aneka, Japanese Boy, ann an 1981

Nuir a chlàr Runrig an dreach ain-meil a thug iad air an òran 'Loch Lomond (Hampden Remix)', a chuidea-chadh le Clann ann an Èis aig a' BhBC, bha luchd-taic sgioba ball-coise eadar-nàiseanta na h-Alba (an t-Arm Tartan) agus an seinneadair ainmeil Rod

Stiùbhart
mar
thaic aca.
Anns an t-
samhradh
1995 rinn
Runrig rud
nach do rin-
neadh riamh
roimhe le
òran Gàidh-
lig. Thug iad
an-t-òran, An
Uibhal As
Àirde, dhan
phriomh
chlàr 20 am
Breatainn.
Tha Runrig
a-nis am
measg an
fheadhainn a
chaidh a
chur do
Thalla lom-
raiteach an
Luchd-ciùil
Traidiseanta,
tro dhua-
sean Ceòl
Traidiseanta
na h-Alba.
Tràth ann an
2011, dh'
fheuch
còmhlan ùr
'Mànran', le
òran 'Latha
math' ri na h-
uimhir eile a
dhèanamh 's
a rinn Run-
rig. Chaidh
leotha gu ìre,
suas gu àir-
eamh 61
anns a' chlàr
am Brea-
tainn, a' reic

faisg air
5,500 clàr.
Fhuair an
còmhlan gu
àireamh 1
ann an clàr
nan seinnean-
dairean/
sgriobhai-
chean Brea-
tannach
agus thad-
hail daoine
air an làrach-
lin aig a'
chòmhlan
55,000 turas
an latha an
dèidh dhaibh
fhoillsea-
chadh.

Ceòl Gàidh- lig agus foghla- m

Tha Roinn a'
dèligeadh ri
Ceol na h-
Alba ann an
Conserva-
toire Rìoghail
an h-Alba
agus 's e seo
an aon àite
anns an t-
saoghal far
am faighear
ceum le ur-
ram ann an
ceòl traidi-
seanta Alba.
Gheibh oi-
leanaich le

tàlantan ann
an ceòl co-
throman
tréanaidh
farsaing a
tha nan
deagh bhu-
nait airson a
dhol air ad-
hart gu ìre
foghlaim eile,
no airson
ceòl a lean-
tainn mar
bhith-beò.

Tha ceum
oilthighe ann
am piobair-
eachd ga
thairgse an
co-bhuinn ri
lonad na
Piobair-
eachd, aig a
bheil sea-
samh is cliù
eadar-nài-
seanta mar
phrìomh io-
nad-teagaisg
na piobair-
eachd.

Bha
[Màiri Anna](#)
[NicUalraig](#)
na h-oilea-
nach aig
[Conser-
toire Rìoghail](#)
[an h-Alba](#)
agus tha i nis
am measg
priomh
luchd-ciùil
agus crao-
laidh am
Breatainn.
Tha i a' fuir-
each ann a
Loch Abar

far a bheil
stiùdio ciùil
Watercolour
aice fhèin
agus a cèile.

An dèidh a
foghlam ann
an saoghal
ciùil traidi-
seanta na h-
Alba agus
tréanadh
clasaigeach,
thug 15
bliadhna
deug ag
obair dhan
BhBC eòlas
is inbhe dhith
ann an io-
madach
raon.

Tha saoghal
ciùil Mhàiri
Anna io-
madh-fhillte,
mar shein-
neadair agus
neach-ciùil,
riochdaire,
sgriobhaiche
agus neach-
teagaig.
Choisinn i
grunn dhuai-
sean ainmeil
eadar-nài-
seanta, nam
measg Con-
cours Inter-
nationale de
l'Harpe Cel-
tique agus
an dà Bhonn
Òr aig a'
Mhòd Nài-
seanta.

Mar chraola-
dair tha Màiri
Anna air a

bhith ag
obair do BBC
Radio Alba,
BBC Radio
3, RTE agus
BBC Radio
nan Gàid-
heal. Tha i
cuideachd
air a bhith a'
libhrigeadh
phrògraman
telebhisein
air BBA Alba,
BBC2, TG4
agus BBC4,
prògraman
sònraichte
mu cheòl an
t-saoghal
agus ceòl
traidiseanta
ann an Alba
agus Èir-
eann.

Tha
[Seumas](#)
[Greumach](#)
cuideachd
air clù a
chosnadh
dha fhèin
mar shàr
neach-ciùil
an dèidh
ceumna-
chadh à
Conserva-
toire Rìoghail
na h-Alba.
Buinidh e do
dh'Asainte
agus thòisich
e a' frithea-
ladh farpai-
sean aig
Mòdan nuair
a bha e
glè òg.

Tha e nis aig
àrd a cho-
mais mar
phìobaire
agus mar
sheinneadair. Chaidh
fhoghlam mu
òrain
Gàidhlig le
Kenna
Chaimbeul, a
tha am
measg an
fheadhainn
as cudro-
maiche ann
an saoghal
na Gàidhlig a
thaobh a
bhith ag
ionnsachadh
sgilean
seinn.

'S e Seumas
a ghlèidh an
duais mar
Òganach
Ciùil Traidiseanta na
Bliadhna aig
a' BhBC ann
an 2004, a'
chiad fhir-eannach
agus a' chiad
sheinneadair
Gàidhlig a
thog an
duais.

Bhuinig e am
Bonn Òir aig
a' Mhòd Rìoghail Nàiseanta ann
an 2007
agus bhon
uair sin tha e
air grunn

CDan fhoill-seachadh.

Tachartasan coimhearsnachd

'S e sgoil shamhraidh airson dannsa agus ceòl a th' ann an Ceòlas far am faigh daoine sàr oideachadh ann am pòbaireachd, fidhleir-eachd, seinn, danns ruidhlichean is eile, dannsa ceum agus a' Ghàidhlig.

Tha [Ceòlas](#) stèidhichte ann am fior choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Uibhist a Deas. Tha an sgoil shamhraidh a' rannsachadh gach ceangal eadar ceòl traidseanta na h-Alba, òrain Ghàidhlig agus

dannsa,
agus aig an
aon àm a'
toirt cothrom
do dhaoine
toileachas
fhaighinn
asta aig cèi-
lidhean agus
nan da-
chaighean.

Ceòl na Gàidh- lig a-nis 'cool'

Ann an 1999,
mar thoradh
air a' bheair-
teas de cheòl
traidiseanta
a chaidh a
bhrosna-
chadh le na
Fèisean
agus buidh-
nean eile,
chuir Com-
hairle na
Gàidheal-
tachd air ad-
hart plana
airson lonad
Sàr-
mhathais le
àitichean-
fuirich a
stèidhea-
chadh.

Chaidh leis
a' phlana
agus chaidh
an t-lonad
Sàr-
mhathais
Nàiseanta

airson Ceòl
Traidiseanta

-
Sgoil Chiùil
na Gàidheal-
tachd – air
taobh siar
Rois fhos-
gladh anns a'
Chèitein
2000 le taic
airgid
£500,000
bho Riaghala-
tas na h-Alba
agus tuil-
leadh bho
Chomhairle
na Gàidheal-
tachd.

Bha e cudro-
mach gur
ann air an
taobh an iar
a chaidh a
stèidhea-
chadh. Tha
sgìre a'
Phluic, air
taobh an iar
Rois, mu
choinneamh
an Eilein
Sgithean-
aich, an
teis-mhead-
hain coim-
hearsnachd
a th' air a
bhith taiceil
do cheòl
traidiseanta
agus cultar
na Gàidhlig
bho chionn
fhada.

Bha pròi-
seact a'
Phluic sòn-
raichte am

measg iona-dan sàr-mhathais eile a chaidh a stèidheachadh aig an àm. Bha e ag amas air aon sheòrsa ciùil – ceòl traidiseanta. Bha aithne mar seo dhan cheòl na theisteanas air an dà chuid mar a bha fèill a-nis air, agus cui-deachd mar a bhathas a' cur luach air. Fhuair an sgoil sea-chad air trio-blaidean ionmhais ann an 2011 le taic a' mhòr-shluagh agus tha mòran dhen chloinn a chaidh troimhe a-nis air cliù a chosnadhbhaibh fhèin aig àrd-ìre ann an saoghal a' chiùil gu proifeiseanta.

6.3

Danns-a

Gu h-ion-gantach 's dòcha, 's e dannsa as lugha aig a bheil buaidh is follai-seachd de na seòrsai-chean cur-seachad a th' ann an sao-ghal na Gàidhlig. 'S ann tro na geamai-chean Gàid-healach as fheàrr as aithne dhuinn dannsa an-diugh.

Tha cruth is dreach ùr air dannsa an latha an-diugh seach mar bha, biodh sin mar thoradh air atharrain-chean a thàinig air deas-ghnàthan, no air tighinn gu bhith nas coltaiche ri cluich is cur-seachadan chloinne.

A bharrachd air sin, leasaicheadh cui-deachd dio-

far ghnè
dannsa le
leithid an
airm a thug
dreach gu
math ainmeil
is àraig air
dannsa tro
fhoillsea-
chadh aig
leithid Tatù
Rioghaile
Airm Dhùn
Èideann.

Tha dannsa
Gàidhealach
air aithnea-
chadh air
feadh an t-
saoghail mar
thè de
shamhlaid-
hean na h-
Alba agus
tha sin gu ìre
mhòir ag èir-
igh à eilthir-
eachd nan
Gàidheal
agus mar a
sgap iad gu
sònraichte
anns an
19mh linn.

Bha an
Dannsa
Gàidhealach
mar sheòrsa
de dh'acaire
culturail a
bha ceangal
dhaoine ris
an t-seann
dhùthaich
agus na
seann
chleachdaid-
hean, mar a
chì sinn, mar
eisimpleir,


ann an Gee-long, Às-tràilia.

the principal accommodation (Ulensack) and public functionaries, the clergy taking precedence. The firman then being presented to the Viceroy with the customary formalities, it was handed to one of the Secretaries of State, who read it in a loud voice. The Viceroy made a brief speech in reply. The Ulensack, or priests, offered up a prayer, the canon, from the fortress saluted, and the

ANNUAL GATHERING OF THE COMUNN NA FEINNE-OR FINGALIAN SOCIETY, AT GEELONG, AUSTRALIA.

THE Comunn na Feinne, whose annual gathering at Geelong we have engraved, is a Highland Society of Australia, instituted in 1856, for the cultivation of the Gaelic language and Highland nationality,

under the auspices of the Committee
by the Mayor of Geelong, and a
to the young folks by the Rev. M.
proceedings in connection with the
pronounced a success far beyond
justified us to expect."



Figear 45
Dealbh as
an *Illustrated
London
News*
an 1857. Bha
e an cois
iomradh air
na
Geamachan
Gàidhealach
an Geelong ,
Astràilia, air
an cur air
dòigh le
Comunn na
Feinne. Bha
taisbeanaid-
hean agus
farpaisean
dannsa aig
cridhe nan

Greamachan.

Dannsa ceum an Ca- nada

Ged nach
lorgar
dannsa
ceum ach an
Canada a-
mhàin, tha trì
diofar sheòr-
saichean an
sin fhèin:
Stoidhle
Cheap Brea-
tainn,
Stoidhle
Frangach
Chanada
agus
Stoidhle
Ghlinn Mhòir
Ottawa. Tha
na trì a' tar-
raing gu mòr
air dualchas
dhannsa na
h-Alba agus
na h-Èireann
agus chaidh
an toirt dhan
dùthach le
eilthirich bho
Ghàidheal-
tachd na h-
Alba agus na
h-Èireann.
Tha dannsa
ceum luath,
clis agus
lùthmhòr le
taic mar as
trice bhon
fhidhill. Gu

cunbalach
chan eil cus
gluasad làt-
hair na lùib
agus 's ann
ag amas air
gluasad
coise le bea-
gan de
dh'oibreac-
chadh
làimhe agus
gàirdein a
tha an dann-
sair.

Mar as trice
's ann air
bùird le
còmhdaich
cruaidh is
còmhnaidh a
tha an
dannsa a' dol
air adhart.
Bidh brògan
àraig gan
cleachdad
a rèir an
dannsa, le
gliogairean
sònraichte
ceangailte ri
aghaidh
agus cùl nam
bròg. Cleas
mar a tha a'
tachairt ann
an dannsa
Gàidhealach
agus dannsa
na h-Èir-
eann, tha
farpaisean
gan cumail
an dannsa
ceum a
bharrachd air
e bhith na
dhannsa sòi-
sealta na

coimhears-nachd.

Tha ochd buillean gach ceum anns a' chumantas anns an dannsa ceum. Ged a tha e san àbhaist a bhith a' dannsa le cas dheas air adhart agus an uairsin a' chas cheàrr, gu math tric bidh dann-sairean a' dannsa gu cruthachail air an aon chois mas gluais iad air adhart chun ath cheum. Mar as trice tachraig seo nuair a thathas a' dealbh ceumannan ri pìos ciùil àraid.

Tha tòrr sheòrsai-chean dannsa ann. Tha iad uile le luaths, astar agus buillean faleth. Am measg nan dannsa tha ruidhlichean, sigichean, dannsa col-gais,

dannsa-deise,
dannsa
pioba, dann-saichean
slaodach
bròige-fiodha, polca
agus dannsa
dùbailte.

Dannsa Gàid- hea- lach

Tha 'Dannsa
Gàidhealach'
a-nis air a
chleachdad
mu dhòigh
dannsa
lùthmhòr
aon-neach a
chaidh a
chrutha-
chadh ann
an Gàidheal-
tachd na h-
Alba.

Aig Geama-
chan Gàid-
healach, tha
priomh fhar-
paisean an
Dannsa
Gàidhealach
an teis-
mheadhan
chùisean, a'
glacadh aire
an t-saoghal
agus a' tà-
ladh dann-
sairean bho
air feadh an

t-saoghail.
Tha an
seòrsa
dannsa seo
gu math ea-
dar-dhea-
laichte bho
dhannsa aig
cèilidhean
neo anns a'
choimhears-
nachd.

Thàinig
dreach an
latha an-
diugh air an
Dannsa
Ghàidheal-
lach anns an
19mh agus
20mh linn,
gu ìre mhòir
ann an suid-
heachadh
nan Geamai-
chean Gàid-
healach far a
bheileas a'
dannsa ris a'
phiob-mhòir.
Na lùib cui-
deachd tha
structar mio-
naideach de
bhritheam-
hachd agus
deas-ghnàth
libhrigidh.

Chan ionann
an Dannsa
Gàidhealach
agus dannsa
dùthchail na
h-Alba, a tha
na dhannsa
sòisealta ('s
e sin dannsa
le càraidean
no buidh-

nean) cleas
dannsa
seòmrai-
chean bàl
agus dannsa
structarail –
far a bheil
pàtran glu-
said nan
dannsairean
na phàirt cu-
dromach –
coltach ri
dannsa
ceàrnaig.

Tha cuid de
Dhannsa
Ghàidhe-
lach ann
ged-tà le
freumhan
ann an
dannsai-
chean traidi-
seanta sòi-
sealta. 'S e
aon eisim-
pleir dhen sin
an Ruidhle
Gàidhea-
lach, ris an
canar cui-
deachd
Ruidhle
Cheathrar,
far a bheil
buidhnean
de cheathrar
a' dol bho
cheumannan
mu choin-
neimh a
chèile gu
dealbh de
dh'ochd a
shniomh nan
gluasad. Tha
a' mhòr-
chuid de na
Dannsai-

chean Gàid-healach do dh'aon neach.

Bu chòir a bhith mothachail cui-deachd gu bheil Dannsa Gàidhealach air a mheas mar spòrs leis a' bhuidhinn oifigeil SportScotland.

Dannsa le claid- heam- han agus fèilid- hean

Tha e colltach gu bheil seann laoich is gaisgich air feadh na Roinn Eòrpa air a bhith a' dannsa le claidheamhan fad linn-tean. Bha dannsai-chean samhlachail agus an riochd sabaid agus suidheachaidhean

blàir rim faotainn ann an
traidisean
agus beul-ai-
thris na h-
Alba.

Thàinig poi-
leasaидh
mùthchail
Riaghaltas
Bhreatainn
an aghaidh
cultur na
Gàidheal-
tachd gu àird
na teasaich
ann an 1747
le Achd an
Toirmisg, a'
casg fhirean-
nach nach
robh anns an
arm bho
bhith air an
èideadh le
fèileadh.
Chaidh an
Achd a chur
an dàrna
taobh ann an
1782 agus
tràth anns an
19mh linn
chaidh tionnd-
dadh caran
romansach a
chur air cul-
tar na Gàid-
healtachd le
cuid.



Figear 46 A' foillseachadh prìomh eile am ai-dean 'cultar na Gàidhealtachd' ann an 1881, bha danss a' faighinn prìomhachas.

Fhuair an tionndadh romansach taic rioghail nuair a nochd an Rìgh Seòras IV air beulaibh an t-sluaigh le fèileadh ann 1822; bho sin a-mach bha taic dhan fhèi-

leadh cinn-teach.
Nochd a'
Bhanrigh
Bhictoria
ùidh ann an
cuid de
ghnothai-
chean culta-
rail na Gàid-
healtachd
leithid pio-
baireachd
agus
dannsa,
agus 's ann
aig an àm
seo a tho-
gadh ùidh
ann an
dannsa aig
na Geamai-
chean Gàid-
healach.
Bha Dannsa
Gàidhealach
aig cridhe
nan Geamai-
chean bho
thùs an ùra-
chaidh, ach
tric 's ann
airson brit-
heimhan a
riarachadh a
bha na
dannsai-
chean.
Chaidh tòrr
dhannsai-
chean eile a
bha gu math
nas sine a
chall aig an
àm seo
seach nach
robh feum
orra ann an
saoghal nam
farpaisean.

Tha Bòrd Oifigeil Alban-nach an Dannsa Ghàidhealaich (SOBHD), air a mheas mar bhuidheann-riaghlaidh an t-saoghal le tàrr de na cruinneachaidhean Gàidhealach air feadh an t-saoghal agus cha mhòr a h-uile gin anns na Stàitean Aonaichte. Tha Priomh Fharpais an t-Saoghal airson Dannsa Gàidhealach air a chumail aig Geamai-chean Còmhdhail bho 1934.

Dann-sai-chean Gàid-hea-lach

Dannsa nan Claidheimh
Tha e air aithris gun

deach
dannsa nan
claidheimh a
dhealbh le
Gàidheil 'mar
dheisearla-
chadh dea-
tamach air-
son giùlain a'
chlaidheimh
mhòir...air a
chleachdad
ann an cuid
de dhannsai-
chean airson
an sùbail-
teachd a
shealltainn.'
(Logan, Seumas. *The Scottish Gael* td. 440)

Bha seo a'
gabhal a-
staigh
dannsa os
cionn dà
chlaidheimh
rùisgte air an
càradh tar-
sainn air a
chèile, le
dannsair a'
gluasad gu
h-ealanta
timcheall
orra.

A' càradh
chasan gu
mionaideach
eadar gach
claidheamh,
mar ann an
'Gille Cha-
luim', tha
ceangal ea-
dar na dann-
sachean seo
agus deisea-
lachadh air-

son batal no
mar dhòigh
air buaidh
blàir a
chomharra-
chadh.

Tha e air in-
nse gum
biodh cinn-
feadhna ag
iarraidh air
sàr-dhann-
sairean
nochdad
ron bhlàr air-
son Dannsa
nan Claid-
heimh. Nan
seachnad
na dannsair-
ean na claid-
heimhan,
bhiodh sin air
fhaicinn mar
fhàisneachd
gur ann
leotha a
bhiodh am
blàr.

Tha ciall nas
pragtaigeach
airson an
dannsa ri
lorg ann an
trèanadh
agus oidea-
chadh seann
stoidhlichean
sabaid le
claidheimh,
nuair a
bhiodh oilea-
naich a' lea-
sachadh an
obair-coise
le bhith a'
leantainn
phàtrain
chrois-tar-
sainn, ceàr-

nagan agus
triantain air
an comhar-
rachadh air
an lär.

Am Fling
Gàidhealach
'S dòcha
nach eil
dannsa cho
ainmeil ann
ris a 'High-
land Fling' a
bha, a rèir
aithris, air a
chleachdad
mar chom-
harradh
buaidh aig
deireadh
blàir. Tha
smuain eile
(nach eil cho
romansach)
ag ràdh gu
robhas ga
dhèanamh
ron bhlàr
(cleas Danns
nan Claid-
heamh), air
mullach
sgiath an t-
saighdeir.
Bhiodh stob
ann an teis-
mheadhain
na sgèith,
agus bhiodh
aig an dann-
sair ri chasan
a chath gu
cùramach
timcheall air,
a' leum agus
a' dannsa
mas fhìor a'
feuchainn ri

droch-spior-
adan a chu-
mail air falbh.
Chan fhao-
dadh an
dannsair
gluasad
bhon aon
àite.

Ruidhle
Thulaichean

Tha e ri ràdh
(ged 's
dòcha nach
e an fhìrinn a
th' ann) gun
do thòisich
Ruidhle Thu-
laichean
(ann am
Beurla 'The
Reel of Tul-
loch') nuair a
bha coithean-
nal bainnse
a' feitheamh
taobh a-
muigh ea-
glaise air
latha fuar. A
rèir na sgeòil
thòisichear a'
feadalaich
fonn Gàid-
healach fhad
's a bha cui-
deigin eile a'
dealbh
dannsa.

Tha aithris
eile nach eil
cho càilear
ag innse gun
deach an
dannsa a
dhealbh le
luchd-obrach
a lorg clai-

geann anns
an talamh
aig caisteal
agus a
chluich
seòrsa de
bhall-coise
leis. Car col-
tach ri sin tha
sgeulachd
eile a tha ag
ràdh gu robh
muinntir
Thulaich
dualach a
bhith cluich
ball-coise le
ceann nàm-
haid an
dèidh blàr.

Tha each-
draidh an òr-
ain air a
mhìnea-
chadh ann
an aiste '*The
reel of Tul-
loch in fact
and fiction*'
mun bheul-
aithris a tha
ceangailte
ris, agus an
gnothach ris
an canar
Cùis-mhulaid
Thulaich, ri
fhaighinn
ann am pài-
pearan Co-
munn Gàidh-
lig Inbhir Nis
(Leabhar
LIX, duillea-
gan
118-128).

Tha an t-
òran ri lorg
ann an co-
chruinneag-

chadh Mhic
na Ceàr-
daich, 'An t-
Òra-
naich-
e' (1879).

<i>Their britheamhan na tire</i>	The judges of this land
<i>Ma labhras iad an fhirinn</i>	Will say if you believe them;
<i>'De na thig de cheòl à fidhlean</i>	'When music comes from any fiddle
<i>'S e righ dhiubh 'Na Tulaichean.'</i>	The Reel of Tulloch's the King'.

Seann
Triubhas

Tha ceangal
romansach
eadar Seann
Triubhas (no
Seann
Bhriogais)
agus an casg
a chaidh a
chur air an
Èideadh
Ghàidhe-
lach an dèidh
ar-a-
mach 1745.
Tha mòran
chrathadh
casan ann,
mar shamhla
air a bhith a'
cath na brio-
gaise ghrài-
neil. Tha na
ceumannan
mu dheir-

eadh, nas
luaithe bui-
leach, a'
nochdad
gàirdeachas
ri tilleadh na
fèlidh. Ach
chan eil ceu-
mannan an
dannsa cho
sean ri sin,
leis a' chuid
as mòtha air
an dealbh
anns an
19mh linn.

Cleas ioma-
dach tradi-
sean dannsa
eile, tha an
rud ris an
canar an-
diugh
'Dannsa
Gàidhealach'
stèidhichte
air cao-
chladh
sheòrsai-
chean
dannsa eile a
bha a' sìor
atharra-
chadh a rèir
cleachdaid-
hean na h-
ama agus
beachdan air
gnothai-
chean
roimhe sin.
Ged a
bhiodh cuid
de na h-ei-
leamaidean
ceudan
bhliadhnaí-
chean de
dh'aos, tha

cuid eile a
tha mòran
nas ùire.
Buinidh a'
mhòr chuid
de dhannsai-
chean an
latha an-
diugh dhan
19mh linn.



Figear 47
Tha Dannsa
Gàidhealach
air a bhith a'
s ì o r
a t h a r r a -
chadh thairis
air ùine

Dannsa
dùthchail

Tha dann-
saichean
dùthchail na
h-Alba air an
roinn eadar
ruidhlichean
(nam measg
dannsai-
chean
pioba), sigi-

chean agus
dannsa-
deise a rèir
a' chiùil. Tha
a' chiad dhà
dhiubh sin
(ris an canar
cuideachd
dannsai-
chean luath)
air an com-
harrachadh
le astar,
gluasadán
aithghearr
agus
beòthalachd.
Tha an treas
seòrsa
(dannsa-
deise) gu
math nas
slaodaiche
agus nas
fhoirmeil,
stàiteil.
Gheibhear
cuideachd
sigichean aig
9/8, minuets
agus ualtsai-
chean ged
nach eil an
sin ach pàirt
bheag de na
th' ann gu h-
iomlan.

Dannsairean
agus
Seataichean

Tha dannsa
dùthchail na
h-Alba ga
dhèanamh
ann an cu-
madh ris an
canar 'sea-
taichean'.
Mar as trice

tha trì no
ceithir de
chàraidean
anns na
seataichean,
ach ann an
cuid de
dhannsai-
chean tha
feum air
seataichean
nas mothà le
còig, sia no
barrachd
chàraidean.
Bidh firean-
nach agus
boireannach
anns gach
càraig mar
as trice, ach
bidh boir-
eannaich a'
dannsa le
boireannaich
agus fir le fir
a-rèir mar a
bhios anns a'
chuideachd.
'S e
gnothach gu
math cairdeil
agus in-
ghabhalach
a th' ann an
dannsa
dùthchail na
h-Alba. Tha
e na thoilea-
chas do
mhòran, de
gach aois.
Bidh buidh-
nean dannsa
Albannach a'
taisbeanadh
an comasan,
a' sealtainn
gach taobh
dhen dannsa

aig fior
àrd-ìre.

Dannsa
Dùthchail an
latha an-
diugh/
Comunn
Dannsa
Dùthchail
Alba (SCDS)

Tràth anns
an 20mh
linn, bha
Dannsa
Dùthchail na
h-Alba gu
math cudro-
mach ann an
seadh sòi-
sealta gu
sònraichte
ann an sgìr-
ean dùth-
chail, ged a
bha an àir-
eamh de
dhannsai-
chean ris an
robhar ea-
dar-dhea-
laichte. Bha
dannsa
dùthchail an
cunnart a
dhol à bith
nuair a
stèidhichear
Comunn
Dannsa
Dùthchail na
h-Alba
(SCDS) leis
an amas a
bhith a'
gleidheadh
'dannsai-
chean dùth-
chail mar a
thathas gan
dannsa an

Alba.' Chan
eil ùine mhòr
sam bith
bon chaidh
seo atharra-
chadh gu
'dannsai-
chean dùth-
chail na h-
Alba'.

Thòisich an
SCDS a'
cruinne-
chadh agus
a' foillsea-
chadh na bh'
air fhàgail de
na dannsai-
chean agus
gan ath-
chrutha-
chadh no ag
ùrachadh
dannsai-
chean nach
robhas a'
dèanamh.
Mar phàirt
dhen obair,
chaidh na
dannsai-
chean agus
mar a
bhathar gan
dèanamh
anns na dio-
far sgìrean
às an deach
an cruinnea-
chadh, a
shocrachadh
gu cunbha-
lach.

Chaidh inbhe
Rìoghail a
bhuilea-
chadh air a'
Chomunn
ann an 1947
agus chaidh

ainmea-chadh mar
RSCDS (a' cur 'Rioghail' ris an ainm SCDS).

Cha tug e fada sam bith an dèidh stèidh an SCDS gus an do thòisi-chear a' cruthachadh dhannsai-chean ùra coltach ris an fheadhainn roimhe sin, agus cui-deachd ag ùrachadh chùisean tro dhannsai-chean le in-nleachdan ùra.

An-diugh tha barrachd air 11,000 dannsa clàr-achte, ach tha nas lugh a na 1,000 dhiubh 'traidiseanta'.

Dannsa Innse Gall

'S e ainm an ìre mhath ùr a th' ann an 'Dannsa Innse Gall' agus tha e coltach gun deach a chleachdadh an toiseach aig Fèill Co-

mann
Dannsa agus
Òran Dùth-
chail Sha-
sainn aig
Talla Rio-
ghail Albert,
Lunnainn
ann an 1934,
nuair dh'iar-
radh air
Fearchar
MacNèill à
Barraigh
dannsai-
chean bho
Uibhist a
Deas agus
Barraigh a
shealltainn.
Tha dùil gun
deach ainm
Innse Gall a
cheangal
riutha airson
an comhar-
rachadh bho
na dannsai-
chean Gàid-
healach eile
air an robhas
eòlach, agus
cuideachd
son an
ceangal ris
na h-Eilea-
nan an lar.
'S iad na
dannsai-
chean aon-
neach a tha
nis fon ainm
'dannsai-
chean Innse
Gall', le bar-
rachd air aon
rioichd de
gach fear,
Tulloch
Gorm, High-

land Laddie,
Over the
Water to
Charlie,
(Scotch)
Blue Bon-
nets, Flow-
ers of Edin-
burgh, First
of August,
Scotch Mea-
sure agus
Aberdonian
Lassie.

Chan eil ach
criomagan
de na dann-
saichean
Jacky Jar,
The Lads wi'
the Kilt, Over
the Water
and Over the
Hill, Carraig
Fhearghais,
Over the
Hills and Far
Away agus
Petronella
rim faighinn
an-diugh.

Chan eil
fhios le cinnt
sam bith cò
às a dh'èirich
na dannsai-
chean sin
ach tha fhios
againn gu
robh an t-sàr
mhaighstir
dannsa Eò-
ghann Ma-
cLachlainn,
(c. 1799-
1879) gan
teagast mar
bu trice do
dhaoine ann
am Beinn na

Fadhla,
Uibhist a
Deas, Èiris-
geigh agus
Barraigh,
anns na
meadha-
n 1800an.

Tha na
dannsai-
chean, mar
as aithne
dhuinn an-
diugh iad,
gan lìbhri-
geadh gu
sèimheil
agus ann an
dìogh nas
saor-thoilich
na Dannsa
Gàidhe-
lach, agus gu
math tric
cluinnear
barrachd
faram coise.

Anns na
meadhan
1980an
ghluais
muinntir
Bharraigh
agus Uibhist
a Deas a
chaomhnadh
dhannsai-
chean eagal
's gun ra-
chadh iad à
bith. Bha
cuid de
dhaoine
fhathast beò
aig an robh
eòlas air na
dannsai-
chean bhon
òige, an
dèidh an

ionnsachadh
bho Eò-
ghann Ma-
cLachlainn.

Chaidh na
dannsai-
chean a
thoirt air ad-
hart an dèidh
sin aig Fèis
Bharraigh
agus fhuair
òigridh ann
an Uibhist a
Deas agus
Barraigh an
cothrom an
ionnsachadh
bho dhaoine
aig an robh
iad bhon
dualchas.

Dannsa ùr
nodha

Tha
[Alba](#)
[Chruthachail](#)

a' cuide-
chadh
dannsa le
taic a thoirt
do bhuidh-
nean, toga-
laichean
agus luchd-
oideachaidh
agus a' feu-
chainn ri àir-
eamhan
luchd-com-
pàirt fhàs. 'S
e

[Theatre](#)
[Dannsa na](#)
[h-Alba](#) com-
panaidh
dannsa na
dùthcha
agus tha e

air a mhaoi-neachadh le Alba Chruthachail.

6.4 Litrea-chas

6.4.1 **Bàr-dachd**

Tha dual-chas farsa-ing agus beairteach aig a' Ghàidhlig a tha a' dol air ais iomadh linn ach 's ann san leth-cheud bliadhna mu dheireadh gu h-àraidh a tha litreachas na Gàidhlig air tighinn gu bhith air fhaicinn na phàirt chudromach de litreachas na h-Alba san fharsain-geachd.

Tha bàr-dachd Ghàidhlig na 17amh linn nas cudromaiche airson an t-so-

lais a tha i a'
cur air sao-
ghal nan cin-
nidhean san
t-seann
Ghàidheal-
tachd na air-
son na bàr-
dachd fhèin.
'S e dàin
molaidh do
na cinn-
feadhna a
tha sa chuid
mhòr dhi,
bàrdachd
'phoiliti-
geach' ann
an seadh.

Anns an
18amh linn
thòisich a'
Ghàidheal-
tachd a' fos-
gladh a-
mach dhan t-
saoghal
mhòr mar
thoradh air
mar a bha
foghlaм a'
leudachadh
agus siubhal
a' fàs nas
fhasa (gu h-
àraighe as
dèidh Chùil
Lodair).
Thòisich
dòigh-beatha
ùr a' tighinn
gu bith a tha
nas fhaisge
air saoghal
an latha an-
diugh agus
tha an t-ùra-
chadh seo ri
fhaicinn cui-
deachd sa

bhàrdachd,
sa bheil
stoidhlichean
ùra agus
raon fharsa-
ing de chus-
pairean a'
nochdad, h,
leithid bàr-
dachd nàdair
Dhonchn-
aidh Bhàin,
òrain gaoil
Uilleim Rois
agus aoirean
a' bhàird
Chataich,
Rob Donn.

